BÒRD NA GÀIDHLIG

Coinneamh a' Bhùird-stiùiridh	Board Meeting	
Diardaoin 23/06/2022 09.30-15.00	**Thursday 23/06/2022 09.30-15.00**	
Air loidhne tro MS Teams	**Online via MS Teams**	
CLÀR-GNOTHAICH	**AGENDA**	
1.0	**TOISEACH AN T-SEISEIN FHOSGAILTE**	**OPEN SESSION START**	09.30
1.1	Fàilte bhon Chathraiche	Welcome	
1.2	Leisgeulan	Apologies	
1.3	A' nochdadh chom-pàirtean	Declarations of interest	
2.0	**AONTAIDHEAN MHAOINEACHAIDH**	**FUNDING AGREEMENTS**	09.35–09.55
2.1	**Airson Fiosrachadh** Lèirmheas air na Cùmhnantan Iomadh Bliadhna *Taisbeanadh bho D C Research*	**For Information** Review of Multi-year Contracts *Presentation by D C Research*	
3.0	**IONMHAS**	**FINANCE**	09.55-10.05
3.1	**Airson Fiosrachadh** * Aithisg Ionmhais *Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Chùisean Corporra*	**For Information** * Finance Report *Nicola Pearson, Head of Finance and Corporate Affairs*	d.4
4.0	**STIÙIREADH REACHDAIL AIRSON FOGHLAM GÀIDHLIG**	**STATUTORY GUIDANCE ON GAELIC EDUCATION**	10.05-10.20
4.1	**Ri Aontachadh** Ùrachadh air an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig *Jim Whannel, Stiùiriche Foghlaim*	**For Decision** Update on Statutory Guidance on Gaelic Education *Jim Whannel, Director of Education*	d.6
5.0	**PLANA GNÌOMH IS COILEANADH**	**OPERATIONAL PLAN AND PERFORMANCE**	10.20-10.45
5.1	**Airson Fiosrachadh** * Prìomh Chomharran Coileanaidh 21/22 Coileanadh a' Phlana Gnìomh 21/22 *Shona C NicIllinnein, Ceannard*	**For Information** * KPIs 21/22 Delivery of Operational Plan 21/22 *Shona C MacLennan, Ceannard*	d.8
5.2	**Airson Fiosrachadh** * Aithisg air Planaichean Gàidhlig *Christie NicIlleathain, Manaidsear Phlanaidh* *Jim Whannel, Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig*	**For Information** * Gaelic Language Plans Report *Christie MacLean, Planning Manager* *Jim Whannel, Director of Gaelic Education*	d.24
6.0	**RIANACHD MHÌ-CHINNTEAN**	**RISK MANAGEMENT**	10.45-11.00
6.1	**Ri Aontachadh** Clàr mhì-chìnntean Ro-innleachdail *Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Chùisean Corporra*	**For Decision** Strategic Risk Register *Nicola Pearson, Head of Finance and Corporate Affairs*	d.30
	STAD	**BREAK**	11.00-11.15
7.0	**CÙISEAN CORPORRA**	**CORPORATE MATTERS**	11.15-11.45
7.1	**Airson Fiosrachadh*** Aithisg Slàinte is Sàbhailteachd *Louise NicIlleathain, Manaidsear Gnìomhan*	**For Information*** Health & Safety Report *Louise Maclean, Operations Manager*	d.35
7.2	**Ri Aontachadh** Gnàth Riaghailtean *Shona NicIllinnein, Ceannard*	**For Decision** Standing Orders *Shona MacLennan, Ceannard*	d.38
7.3	**Ri Aontachadh** **Bun-riaghailtean nan Comataidhean** PT1 – Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd PT2 – Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan *Shona NicIllinnein, Ceannard*	**For Decision** Committee Terms of Reference PT1 – Audit & Assurance Committee PT2 – Policy and Resources Committee *Shona MacLennan, Ceannard*	d.58 d.60 d.65

7.4	**Ri Aontachadh** Plana-obrach a' Bhùird-stiùiridh PT1 – Plana-obrach a' Bhùird-stiùiridh 22/23 *Shona NicIllinnein, Ceannard*	**For Decision** Board Workplan PT1 – Board workplan 22/23 *Shona MacLennan, Ceannard*	d.69
7.5	**Airson Fiosrachadh** Plana Trèanaidh *Louise NicIlleathain, Manaidsear Gnìomhan*	**For Information** Training Plan *Louise Maclean, Operations Manager*	d.72
7.6	**Ri Aontachadh** Aithisg Bhliadhnail nan Comataidhean PT1 Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd PT2 Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan *Shona NicIllinnein, Ceannard*	**For Decision** Committee Annual Reports PT1 Audit & Assurance Committee PT2 Policy & Resources Committee *Shona MacLennan, Ceannard*	d.77 d.79 d87
8.0	**AM PLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG 2023-28**	**NATIONAL GAELIC LANGUAGE PLAN 2023-28**	11.45-12.00
8.1	**Airson Fiosrachadh*** Am Plana Nàiseanta na Gàidhlig *Shona NicIllinnein, Ceannard* *Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh (Eadar-amail)*	**For Information*** National Gaelic Language Plan 2023-28 *Shona MacLennan, Ceannard* *Iain MacMillan, Director of Development (Interim)*	d.92
9.0	**GISBE**	**AOCB**	12.00-12.05
	SEISEAN DÙINTE	**CLOSED SESSION**	
	Ceann-latha na h-ath coinneimh 06/10/2022	**Date of next meeting 06/10/2022**	
	Dùnadh na coinneimh	**Close of meeting**	
	Lèirmheas air a' choinneamh	***Review of meeting***	

Pàipearan Fiosrachaidh

Tha pàipearan '*Airson Fiosrachadh'* airson toirt-fa-near agus chan eil ùine deasbaid no còmhraidh air a chur mun coinneamh sa chlàr-ghnothaich.

Far a bheil cothrom ann deasbad is còmhradh a chumail air pàipearan '*Airson Fiosrachadh'*, bidh na pàipearan sin air an comharrachadh le rionnag * air a chlàr-gnothaich.

Bidh cothrom aig Buill deasbad iarraidh air pàipearan '*Airson Fiosrachadh'* air nach eil rionnag * le bhith a' leigeil fios do Chathraiche a' Bhùird-stiùiridh co-dhiù latha ron choinneimh.

Far a bheil ceistean aig Buill co-cheangailte ri leithid clàr-ghnìomhan, poileasaidhean, planaichean no cùisean ionmhais a th' anns na pàipearan, thathar gam brosnachadh gus na ceistean sin a chur air post-d gu oifis@gaidhlig.scot co-dhiù dà latha obrach ron choinneimh. Cuiridh an sgioba rianachd a' cheist sin air adhart chun an oifigeir iomchaidh airson freagairt, agus airson a bhith cothromach thèid an fhreagairt a' sgaoileadh air na Buill gu lèir gus am bi an aon thuigse an uair sin aig a h-uile neach.

For Information Papers

'For Information' papers are for noting and time for debate or discussion is not allocated in the agenda.

Where there is an opportunity to debate and discuss 'For Information' papers, these papers will be marked with an asterisk * on the agenda.

Members will have the opportunity to request a discussion on unstarred 'For Information' papers * by notifying the Chair of the Board at least one day in advance of the meeting.

Where Members have questions related to items such as agendas, policies, plans, or financial matters contained in the papers, they are encouraged to email these questions to oifis@gaidhlig.scot at least two working days in advance of the meeting. The administrative team will forward that question to the appropriate officer for an answer, and in the interests of fairness, the answer will be circulated to all Members so that everyone has the same understanding

Seisean Fosgailte : Open Session
Cuspair 3.1

For	Board Meeting
Date of Meeting	23/06/2022
Location:	Online
Item on Agenda	3.1

Paper Title	Finance Report	
Recommendation	For Information *	
Spokesperson	Nicola Pearson, Head of Finance and Corporate Affairs	
Governance Route	**Date of Meeting**	**Decision**
Policy and Resources Committee Leadership Team	10/05/2022 27/04/2022	For information For information
Appendices:	n/a	

1.0	**Purpose**
1.1	To give information to the Board on the financial position as at 31 March 2022. The paper is in English as it is presented by the Head of Finance and Corporate Affairs.
2.0	**Background**
2.1	At the start of 21-22, Bòrd na Gàidhlig were been awarded £5,179k in Grant in Aid which was the original budget for the financial year. However, in June BnG were awarded a further £400k, taking the Grant in Aid budget to £5,579k - £200k towards additional staffing in BnG and £200k for additional Gaelic officer posts. The adjusted high level income and expenditure budgets are detailed below: **Income:** **£m** Grant-in-aid 5.579 Other income (CnaP) 0.100 **Total** **5.679** **Expenditure:** **£m** Development 3.845 Running Costs 1.834 **Total** **5.679**
3.0	**Main Points**
3.1	At the end of the financial year, total spend was just 1.5% under budget. This was primarily driven by running cost spend which was under by £129k and this was offset by a £41k overspend in Development costs. When last reported, development spend was lagging budget by £900k. With significant effort and focus from the Funding and Projects team over the final quarter, this was brought in a little ahead of budget.

A number of factors led to the underspend position in running costs, the biggest of which was being unable to recruit into the posts for which additional grant in aid had been provided.

The summary end of year position is below:

Bòrd na Gàidhlig Aithisg Ionmhais

31 March 2022	BUDGET £m	ACTUAL £m	VAR £m
Using Gaelic	1.938	2.047	0.109
Learning Gaelic	1.584	1.513	(0.071)
Promoting Gaelic	0.322	0.326	0.004
DEVELOPMENT SPEND	**3.845**	**3.886**	**0.041**
Salaries	1.412	1.162	(0.250)
Other Costs	0.422	0.543	0.121
RUNNING COSTS	**1.834**	**1.705**	**(0.129)**
IOMLAN	**5.679**	**5.591**	**(0.088)**

With funding brought forward from the previous financial year, there was an overall cash underspend of £155k at the 31st March 2022. We obtained agreement to carry forward this underspend to be used in development in the first three months of the new financial year.

4.0	**Recommendation**
4.1	Members are requested to consider the report and note the information.
5.0	**Main Strategic Impacts**
5.1	**Impact on Finance**
	As described above.
5.2	**Impact on Staff**
	n/a.
5.3	**Impact on Training**
	n/a
5.4	**Links to Strategic and Corporate Aims**
	This paper supports the Board in fulfilling the aims for the year.
5.5	**Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta/ Links to the National Performance Framework**
	n/a
5.6	**Buaidhean air Cliù/Impacts on Reputation**
	It is important the BnG continues to demonstrate effective management of its finances.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd/Impacts on Health and Safety**
	n/a
5.8	**Buaidhean Laghail/Legal Impacts**
	n/a
5.9	**Buaidhean air Co-ionannas/Impacts on Equality**
	n/a
5.10	**Buaidhean air Àrainneachd/Impacts on the Environment**
	n/a

Seisean Fosgailte : Open Session
Cuspair 04.1

A' freagairt ri	Coinneamh a' Bhùird-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	23.06.2022
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	4.1

Tiotal a' Phàipeir	Plana airson A' Cho-chomhairleachaidh Fhoirmeil air an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig	
	Airson Aonta*	
Neach labhairt:	Seumas Whannel	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	08/06/2022	Ri Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	Chan eil gin	

1.0	**Adhbhar**
1.1	Airson plana air co-chomhairleachadh air an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig a thoirt seachad dhan Bhòrd-stiùiridh.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Chuir an Stiùiriche Foghlaim Buidheann-fòcais nàiseanta air an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam air bhonn ann am 2021. Ghabh na buidhnean a leanas pàirt sa bhuidhinn-fòcais: Comann nam Pàrant Nàiseanta Foghlam Alba Sgioba-taice Gàidhlig is Albais, Riaghaltas na h-Alba Cathraiche Lìonra Ùghdarrasan Ionadail Gàidhlig (GLAN) Oifigear Leasachaidh-càileachd airson FtG Comhairle Baile Ghlaschu. Tha molaidhean againn bhon bhuidhinn-fòcais a ghabhas sinn a-steach san dreachd ath-leasaichte dhen Stiùireadh a thig dhan Bhòrd-stiùiridh san Dùbhlachd 2022, ma tha am Bòrd-stiùiriche riaraichte leis a' phlana ann 3.1.
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Thathar a' moladh a' phrògraim a leanas: 1. Às dèidh aonta aig coinneamh Bhòrd na Gàidhlig air 23 Ògmhios 2022, ullaichidh an Stiùiriche Foghlaim Dreach Ath-sgrùdaichte dhen Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig, a' gabhail a-steach beachdan bhon Bhuidhinn-fhòcas Nàiseanta – Thèid seo a chrìochnachadh airson 31.07.22. 2. Taisbeanaidh an Stiùiriche Foghlaim an Dreachd do bhuill na Buidhne-obrach Beatha-ghoirid agus nithear atharrachadh sam bith a tha a dhìth. Thèid ath-sgrùdadh a dhèanamh le Harper Macleod, na comhairlichean laghail againn, agus a-rithist thèid atharrachaidhean sònraichte sam bith a tha a dhìth a chur ris an dreachd. Bidh an Dreachd deiseil ro 31.08.22 às dèidh ath-sgrùdadh leis an Àrd Sgioba-stiùiridh agus le Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig. 3. Bidh Co-chomhairle Phoblach ann san t-Sultain agus san Dàmhair 2022, agus thig seo gu crìch air 14.10.22. 4. Thèid Dreachd Ath-sgrùdaichte a chur ri chèile a' toirt feart air na cùisean a chaidh a thogail sa Phròiseas Co-chomhairleachaidh. Thèid seo a thoirt dhan Àrd Sgioba-stiùiridh airson aonta ro 31.10.22.

	5. Thèid an Dreach Dheireannach a thaisbeanadh do choinneamh Bhòrd na Gàidhlig air 15.12.22. 6. Às dèidh atharrachaidhean sam bith a bhith air an cur a-steach agus aonta le Bòrd na Gàidhlig, thèid an Dreachd a chur a-steach do Mhinistearan na h-Alba airson aonta às dèidh coinneamh Bhòrd na Gàidhlig air 15.12.22.
4.0	**Moladh**
4.1	Gun aontaich am Bòrd-stiùiridh ris a' phrògraim.
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Cha bhi buaidh ann
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Bidh obair a bharrachd aig Stiùiriche Foghlaim agus aig an sgioba Foghlaim mar thoradh air seo, gu sònraichte a thaobh measadh bheachdan a thig a-steach às dèidh a' cho-chomhairleachaidh.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Cha bhi buaidh ann
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**
	Tha an stiùireadh seo a' cur ris a' ghnìomh: "A' toirt comhairle seachad air poileasaidhean agus a' toirt stiùireadh dhan obair gus ro-innleachdan a dhealbh airson foghlam na Gàidhlig.
5.5	**Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR	**AR LUACHAN**
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☐	Clann agus Òigridh	☒
Cultar	☐	Coimhearsnachdan	☐
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-Nàiseanta	☐
Foghlam	☒	Eaconamaidh	☐
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			☐

5.6	**Buaidhean air Cliù**
	A' neartachadh cliù na buidhne mar bhuidheann ro-innleachdail nàiseanta.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Cha bhi buaidh ann
5.8	**Buaidhean Laghail**
	Thèid comhairle laghail a shireadh mar phàirt dhen phròiseas.
5.9	**Buaidhean air Co-ionannas**
	Cha bhi buaidh ann
5.10	**Buaidhean air an àrainneachd**
	Cha bhi buaidh ann

*Fosgailte airson deasbad aig a' choinneimh

LUIG – Lìonra Ùghdarrasan Ionadail Gàidhlig (GLAN: Gaelic Local Authority Network))

FtG – Foghlam tro Ghàidhlig

Seisean Fosgailte
Cuspair 5.1

A' freagairt ri	Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	23/06/2022
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	05.1

Tiotal a' Phàipeir	Coileanadh a' Phlana Gnìomh 2021/22	
Moladh do Bhuill	Airson Fiosrachadh *	
Neach-labhairt:	Shona NicIllinnein, Ceannard	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	27/04/2022	Airson aontachadh
Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan	10/05/2022	Airson fiosrachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	PT1 – PCC-2122 PT2 – Coileanadh a' Phlana Gnìomh 2122	

1.0	**Adhbhar**
1.1	'S e as adhbhar don phàipear seo fiosrachadh a thoirt seachad air coileanadh nam prìomh chomharran coileanaidh (PCC) ann an 2021/22 mu choinneamh na chaidh a chur ron bhuidhinn ann am Plana Chorporra 2018/23 agus Plana Gnìomh 2021/22.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Tha am Plana Corporra aig Bòrd na Gàidhlig a' comharrachadh 9 builean coileanaidh a bhios gan cleachdadh airson measadh a dhèanamh air coileanadh mu choinneamh phrìomhachasan ro-innleachdail a tha rin coileanadh ro 2023.
2.2	Bha Plana Gnìomh 2021/22 a' comharrachadh ghnìomhan sònraichte a thèid a choileanadh gus adhartas a dhèanamh le prìomhachasan ro-innleachdail bhon Phlana Chorporra. Tha na clàran san aithisg an cois seo a' toirt iomradh air an adhartas a tha ga dhèanamh leis a seo.
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Tha am fiosrachadh gu lèir ann airson na bliadhna 21/22. Bha dàil air beagan ghnìomhan air sgàth dìth luchd-obrach, cùisean taobh a-muigh na buidhne no buaidh COVID air buidhnean eile. Thathar den beachd gur ann mar seo a tha an suidheachadh: Àireamh de Ghnìomhan uile gu lèir: 51 Air an coileanadh: 41 (80%) Air an toiseachadh tron bhliadhna: 5 (10%) Nach deach a lìbhrigeadh air sgàth atharrachaidhean sa bhuidhinn no COVID-19: 5 (10%) A thaobh nam PCC, chaidh measadh a dhèanamh mar a leanas ann am PT1. Tha sin a' sealltainn gun deach na PCC uile a choileanadh.
4.0	**Moladh**
4.1	Tha am pàipear seo airson fiosrachadh is thathar ag iarraidh air a' Bhòrd-stiùiridh toirt fa-near don fhiosrachadh seo.
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**

	Tha an obair sa Phlana Gnìomh a' bualadh gu mòr air an ionmhas againn. Chaidh an obair seo a lìbhrigeadh taobh a-staigh nam buidseatan againn.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Bha buaidh mhòr air an luchd-obrach oir tha an aithisg seo a' toirt iomradh air iomadh gnìomh a thug an sgioba air adhart, a' mhòr chuid a bha sa Phlana Gnìomh 21/22 ach bha obair eile a' nochdadh tron bhliadhna cuideachd.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air trèanadh ach le cuid de na gnìomhan, bha iad a' ciallachadh gum bi trèanadh a bharrachd a dhìth air cuid.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**
	Tha am pàipear seo a' cur ris na ceithir amasan corporra aig Bòrd na Gàidhlig.
5.5	**Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR		AR LUACHAN	
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach		'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach	
AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☐	Clann is Òigridh	☒
Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☒
Àrainneachd	☒	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☒	Eaconamaidh	☒
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			☒

5.6	**Buaidhean air Cliù**
	Thathar an dùil gum bi an aithisg seo a' cur ri cliù na buidhne leis an eòlas a tha ri fhaighinn air obair na buidhne.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air Slàinte is Sàbhailteachd.
5.8	**Buaidhean Laghail**
	Chan eil buaidh laghail dhìreach sam bith aig an aithisg seo.
5.9	**Buaidhean air Co-ionannachd**
	Chan eil buaidh sam bith a bharrachd aig an aithisg seo air co-ionannachd.
5.10	**Buaidhean air Àrainneachd**
	Tha an dòigh-obrach ùr a' dèanamh feum dhan àrainneachd oir cha robh ach beagan siubhail ann tron bhliadhna is bidh na dòighean-obrach ùra a' bualadh air mar a bhios sinn ag obair sna bliadhnaichean ri teachd.

Seisean Fosgailte
Cuspair 05.1 PT1

Comharran Coileanaidh

Sa Phlana Chorporra againn airson 2018-2023 chomharraich sinn naoi prìomh chomharran coileanaidh (PCCan) gus tomhas a dhèanamh air an adhartas a nì sinn leis na prìomhachasan ro-innleachdail a tha sinn airson coileanadh airson 2023. 'S iad na prìomhachasan ro-innleachdail sin:

1. Gum bi barrachd dhaoine a' cleachdadh Gàidhlig agus a' faighinn bhuannachdan bhon chànan nan obair, aig an taigh agus sa choimhearsnachd.
2. Gum bi barrachd chothroman ann do dhaoine aig aois sam bith na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart agus gum bi e nas fhasa dhaibh na cothroman sin a ghabhail.
3. Gum bi barrachd dhaoine ann an Alba taiceil is bàidheil dhan Ghàidhlig agus dhan chultar aice.
4. Gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige.

Coltach ri gach buidheann eile, thug COVID-19 buaidh leantainneach air na bha sinn an dùil lìbhrigeadh agus tron bhliadhna, bha againn ris an t-suidheachadh a chumail fo ath-sgrùdadh fad an t-siubhail feuch na ghabhadh dèanamh ann an co-theacsa nan glasaidhean-sìos, dùnadh sgoiltean, buaidhean air coimhearsnachdan, com-pàirtichean lìbhrigidh, ùghdarrasan poblach agus an sgioba againn fhèin ag obair aig an taigh. Thug seo buaidh dhìreach air an adhartas againn a thaobh nam PCCan againn. Tha an suidheachadh fhathast caochlaideach agus feumar tòrr den obair againn atharrachadh fad an t-siubhail mar thoradh air atharrachaidhean.

PCC 21/22	Targaid	Fianais	Buil
PCC 1 Barrachd chothroman do dhaoine na sgilean Gàidhlig aca a chleachdadh	Taic do choimhearsnachdan traidiseanta agus bailteil	15 pròiseactan air am maoineachadh ann an coimhearsnachdan eileanach 14 pròiseactan air am maoineachadh ann an Glaschu, Dùn Èideann agus Dùn Dè tro GhLAIF agus sgeamaichean eile	AIR A CHOILEANADH
	BnG a' coileanadh dhleastanasan airson siostam nam planaichean Gàidhlig	14 fiosan ath-nuadhachaidh air an cur a-mach Chaidh iarraidh air 56 buidhnean aithisgean dearcnachaidh a chur a-steach Aithisg dearcnachaidh air a thoirt dhan Bhòrd Aon litir fios tràth air a chur 66 pròiseactan air am maoineachadh tro GhLAIF (Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig)	AIR A CHOILEANADH
PCC 2 Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh ris an abairt, "Tha a' Ghàidhlig a' dèanamh diofar nam bheatha."	ColmCille 1500, Bliadhna nan Sgeul 2021 agus brosnachadh #Cleachdi Thoir taic do Sheachdain na Gàidhlig agus ri Latha na Gàidhlig	B' e cumha maoineachaidh airson gach buidheann a fhuair taic-airgid ann an 21/22 na gnìomhan sin a bhrosnachadh.	AIR A CHOILEANADH
	10 pròiseactan air-loidhne a' faighinn taic; Cùm oirnn a' lìbhrigeadh #Cleachdiaigantaigh le com-pàirtichean	7 pròiseactan air-loidhne air am maoineachadh tro GhLAIF; Seachdain na Gàidhlig air a mhaoineachadh; agus prògram de thachartasan air-loidhne air an lìbhrigeadh leis a' Chomunn Ghàidhealach; Fèisean nan Gàidheal agus Comann na Gàidhlig a' gabhail a-steach #Cleachdiaigantaigh.	AIR A CHOILEANADH

	Stèidhich Caraidean cleachdaidh Coimisean 3 pìosan rannsachaidh air buaidh COVID-19 air luchd-labhairt na Gàidhlig.	Rinneadh rannsachadh air caraidean cleachdaidh ach cha deach a stèidheachadh; 1 pròiseact air a dhèanamh; chuir dìth luchd-obrach bacadh air pròiseactan eile a bhith air an toirt air adhart.	GUN CHOILEANADH
PCC 3 Barrachd taic do sholar sheiseanan sna tràth-bhliadhnaichean	Stèidhich 4 sgeamaichean pìleat le oifigearan nan Tràth-bhliadhnaichean aig BnG agus aig Ùghdarrasan Ionadail	Bha atharrachadh ann an luchd-obrach ann an 20/21 a' fàgail nach robh seo iomchaidh tuilleadh.	N/A
	Comharraich prìomh àite conaltraidh airson BnG agus Ùghdarrasan Ionadail.	Bidh Sgioba Foghlaim BnG a' frithealadh a h-uile coinneamh de Lìonra Ùghdarrasan Ionadail Gàidhlig (GLAN) a' toirt seachad aithisg sgrìobhte ro-làimh air an tèid bruidhinn aig a' choinneimh.	AIR A CHOILEANADH
	Ann an com-pàirteachas le CnamP, dìon maoineachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil maoineachadh a bheir CORRA seachad a' coileanadh nam Prìomh Chomharran Coileanaidh aca	Chaidh PCCan a leabachadh ann an cumhaichean maoineachaidh airson pròiseactan le maoineachadh bho ChORRA le aithisgean ràitheil air an cur gu CORRA air adhartas.	AIR A CHOILEANADH
	Cuir aghaidh air buaidh COVID-19 le bhith a' toirt taic do Bhuidhnean Tràth-bhliadhnaichean gus dòighean ùra a chruthachadh airson a bhith ag obair air-loidhne agus air a' bhlàr a-muigh, a' gabhail a-steach a bhith a' lìbhrigeadh 24 seiseanan tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig air-loidhne	Choinnich 10 buidhnean air-loidhne le 2,678 duine-cloinne; 303 seisean uile gu lèir le 2,209 teaghlaichean. Tha 16 buidhnean a-nis fosgailte iad agus a' lìbhrigeadh sheiseanan a-muigh, le 2,407 clann a' gabhail pàirt, le 282 seisean agus 1,020 teaghlach.	AIR A CHOILEANADH
	A' toirt cothrom do bhuidhnean Tràth-bhliadhnaichean obrachadh tro lìbhrigeadh Sgeamaichean Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean agus tro cheannach àrachas airson buidhnean thràth-bhliadhnaichean.	Fhuair 19 buidhnean taic-airgid (2020/21 – 16). Fhuair 34 buidhnean àrachas tron bhliadhna.	AIR A CHOILEANADH
PCC 4 Barrachd chothroman do dhaoine na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart	Co-labhairt Luchd-teagaisg Ùr-theisteanaichte air a lìbhrigeadh air-loidhne le com-pàirtichean; Cùrsaichean ceannardais airson àrd-luchd-stiùiridh (an dà chuid airson FtG agus dhaibhsan le uallach airson FtG) air an ullachadh le com-pàirteachas a tha a' gabhail a-steach BnG	Chaidh co-labhairt air-loidhne a lìbhrigeadh gu soirbheachail le 31 luchd-frithealaidh. Stèidhich Foghlam Alba lìonra le com-pàirtichean a' gabhail a-steach BnG; chaidh comhairle a thoirt do sholaraiche trèanaidh luchd-teagaisg; agus chaidh beachdan a chur a-steach	AIR A CHOILEANADH

		do cho-chomhairle air riaghailtean clàraidh do thidsearan.	
	3 tachartasan air an lìbhrigeadh le BnG aig Fèis Ionnsachaidh na h-Alba; 8 cothroman trèanaidh airson nan tràth-bhliadhnaichean air an lìbhrigeadh ann an com-pàirteachas le Stòrlann agus CALA	Chaidh an Fhèis a ruith air-loidhne agus cha robh mòran cothrom ann bùthan-obrach a lìbhrigeadh. Chaidh 6 a thoirt seachad; chaidh barrachd a thabhann ach cha deach gabhail riutha mar thoradh air buaidh COVID-19.	COVID-19
	Cuir taic ri àrdachadh ann an àireamhan luchd-obrach Foghlam Gàidhlig tro lìbhrigeadh iomairt brosnachaidh; Beachdan air a chur a-steach mu Theisteanas Teagaisg a Bharrachd (ATQ) do Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig; Lìbhrigeadh sgeama maoineachaidh airson oileanaich is tidsearan Foghlaim Gàidhlig; Chaidh ceithir tachartasan dreuchdan a lìbhrigeadh gus barrachd dhaoine òga a thàladh gu trèanadh foghlam Gàidhlig proifeiseanta	Chaidh DèanDiofar a lìbhrigeadh gu soirbheachail air-loidhne agus tro na meadhanan sòisealta. Mar thoradh air comhairle phroifeiseanta agus taic-airgid chaidh cùrsa ATQ a stèidheachadh . 47 tagraiche soirbheachail airson Sgeama Thabhartasan nan Oileanach le luach £60k (2020/21 – 47). Thug COVID-19 buaidh air seo agus cha deach a thoirt air adhart ann an 2021/22.	AIR A CHOILEANADH
	An Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig air a chleachdadh barrachd le ath-sgrùdadh air a dhèanamh; agus 50% de mholaidhean air an cur an gnìomh ron Mhàrt 2022 le plana agus clàr-ama ann gus an còrr a chur an gnìomh	Buidheann-obrach air a stèidheachadh gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air an Stiùireadh; iomairt brosnachaidh (sanasachd is tachartasan) air a lìbhrigeadh le cleachdadh soirbheachail den stiùireadh mar thoradh air, agus planadh le clàr-ama airson nan ceumannan eile.	AIR A CHOILEANADH
PCC 5 Tha barrachd dhaoine ag aontachadh ris an abairt, “Tha mi air na sgilean Gàidhlig agam a thoirt air adhart.”	Cuir ri sgilean cànain tro structaran airson lìonraidhean eadar-ghinealaich agus barrachd chothroman gus Gàidhlig a chleachdadh ann an coimhearsnachdan traidiseanta agus ùra; Barrachd leasachaidhean air an comharrachadh tro mheasadh air goireas 'ionad uile-fhreastail' airson pàrantan a tha ag iarraidh Gàidhlig ionnsachadh agus/no a chleachdadh san t-Sultain 2021 Thoir seachad slighe eile gu fileantas do phroifeiseantaich foghlaim le sgeama bogaidh	Tha àireamh mhòr de bhuidhnean poblach, coimhearsnachd agus foghlaim air taic fhaighinn bho sgeamaichean maoineachaidh BnG gus cur ri sgilean cànain (grantnav) Làrach-lìn ùr air a cruthachadh agus air a cur air bhog san t-Samhain 2021 mar thoradh air a’ mheasadh. Chaidh maoineachadh airson sgeama bogaidh aontachadh agus bha 2 thidsear air a’ chùrsa bogaidh ann an Oilthigh Ghlaschu ann an 21/22.	AIR A CHOILEANADH

	airson cleachdaichean foghlaim Gàidhlig air a mhaoineachadh; agus air a lìbhrigeadh le com-pàirtichean		
	Taic gus cur ri àireamhan an luchd-ionnsachaidh agus nan slighean gu fileantas le bhith a' gabhail pàirt ann an leasachaidhean SpeakGaelic	Chaidh SpeakGaelic a chur air bhog air 15.10.2021, le comhairle agus maoineachadh bho BhnG. Chaidh barrachd maoineachaidh aontachadh airson eileamaidean B1 agus B2.	AIR A CHOILEANADH
PCC 6 A' dèanamh cinnteach gu bheil barrachd àite aig a' Ghàidhlig ann an aithne nàiseanta na h-Alba, aithne-dùthcha fhosgailte le iomadh taobh is cultar	Cuir freagairtean a-steach gu co-dhiù 12 cho-chomhairleachadh phoblach gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' beachdachadh air a' Ghàidhlig: Brosnaich co-dhiù 5 buidhnean ùra gus poileasaidhean Gàidhlig a thoirt a-steach gus a' Ghàidhlig a neartachadh san obair aca; Brosnaich 5 pròiseactan ùra gus comas a thoirt do buidhnean planaichean Gàidhlig saor-thoileach a chruthachadh a bhios a neartachadh na Gàidhlig san obair aca: 6 conaltraidhean le luchd-poilitigs (gu dìreach, tro fhoillseachaidhean, agus tro Bhuidheann Thar-phàrtaidh na Gàidhlig) gus tuigse agus gnìomhan a mheudachadh	36 freagairtean co-chomhairle air an cur a-steach. Còmhraidhean air an cumail le 6 buidhnean ùra. 7 pròiseactan ùra air am brosnachadh gus planaichean Gàidhlig saor-thoileach a chruthachadh. 6 conaltraidhean air an lìbhrigeadh tro cheangal dìreach, artaigilean ann an Holyrood Magazine agus Scottish Local Authority News ; agus coinneamhan de Bhuidheann Thar-phàrtaidh air Gàidhlig.	AIR A CHOILEANADH
	Leudaich ruigsinneachd iomairt #Cleachdi; Leudaich ar ruigsinneachd sna meadhanan sòisealta le 20% (tha a' bhun-loidhne ann an aithisg bhliadhnail 2020/21)	Barrachd cleachdaidh den taga-hais anns na meadhanan sòisealta, gu h-àraidh rè Seachdain na Gàidhlig agus cùmhnant sgaoilidh airson stuthan #Cleachdi an sàs bhon Lùnastal 2021. Àrdachadh de 23% air a choileanadh.	AIR A CHOILEANADH
	Stiùireadh do bhuidhnean, thachartasan agus dualchas na Gàidhlig air fhoillseachadh agus ri fhaighinn air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig; Stèidhich seirbheis fiosrachaidh tro sholaraiche bhon taobh a-muigh	Adhartas air a dhèanamh le lìbhrigeadh làrach-lìn ùr Cleachdi.scot a chaidh a chur air bhog air 1 Ògmhios 2022.	GUN CHOILEANADH
PCC 7 Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt,	Iomairt gus a' Ghàidhlig aithneachadh mar phàirt de shunnd ann an Alba air a cur an gnìomh;	Bha an iomairt a' gabhail a-steach prìomh theachdaireachdan a chaidh a sgaoileadh le oifigearan agus ann am fiosan naidheachd mu phròiseactan a	AIR A CHOILEANADH

"Tha a' Ghàidhlig cudromach do dh'Alba".	Barrachd cheanglaichean ann eadar Gàidhlig agus sunnd tro bhith a' cur fòcas air sunnd ann an sgeamaichean tabhartais; Bithear a' coimiseanadh rannsachadh air a' cheangal eadar Gàidhlig agus sunnd gus cur ri cothroman gus togail air seo	fhuair maoineachadh. Maoineachadh ga thoirt seachad airson rannsachadh le Comhairle Baile Ghlaschu air sunnd agus Gàidhlig. Às dèidh ath-sgrùdadh air slatan-tomhais maoineachaidh, chaidh sunnd a ghabhail a-steach mar slat-tomhais ann an sgeama Taic Freumhan Coimhearsnachd. Rannsachadh air a mhaoineachadh le BnG air sunnd agus Gàidhlig ann an Glaschu; agus lèirmheas air pàipearan acadaimigeach air ceanglaichean eadar sunnd agus mion-chànanan.	
	Com-pàirteachadh nàiseanta san ath Phlana tro bhith ga chur a-mach airson co-chomhairle ro 1 Dàmhair	Air sgàth neo-làthaireachd luchd-obrach cha robh e comasach seo a thoirt air adhart gus aonta a' Bhùird fhaighinn taobh a-staigh na h-ùine a chaidh a shuidheachadh. Bha co-chomhairleachadh poblach a' dol air adhart aig àm aithris.	N/A
PCC 8 Barrachd den luchd-obrach againn ag aontachadh ris a' bheachd "Tha m' obair aig BnG a' toirt toileachas dhomh agus tha i a' dèanamh diofar"	Tha luachan na buidhne leabaichte aig cridhe gach rud a nì sinn gus cur ri com-pàirteachas agus riarachas	Cleachdaidh sinn na luachan againn mar phàirt de na coinneamhan Dè tha Dol againn gach cola-deug agus aig gach coinneamh plana obrach pearsanta gach 6 seachdain, agus aig coinneamhan ad-hoc	AIR A CHOILEANADH
	Bidh sinn air plana gnìomh a chur an sàs gus na poileasaidhean aig Bòrd na Gàidhlig, agus an conaltradh mun deidhinn, ùrachadh gus dèanamh cinnteach gu bheilear gan tuigsinn agus gu bheilear gan leantainn; Bheir sinn a-steach 3 cleachdaidhean ùra de theicneòlas gus uallach obrach a lùghdachadh agus gus a bhith nas èifeachdaiche	Prògram ath-nuadhachaidh airson poileasaidhean an gnìomh agus a' dol air adhart a rèir clàr-ama agus conaltradh cunbhalach tron phròiseas inntrigidh agus coinneamhan an luchd-obrach air fad gach cola-deug. 3 siostaman ùra air an cur an gnìomh airson rianachd sgeamaichean maoineachaidh, iarrtasan trèanaidh agus measaidhean; agus Microsoft Planner airson stiùireadh gnìomhan agus aithris.	AIR A CHOILEANADH

PCC 9 Tha barrachd den luchd-ùidh againn ag aontachadh ris a' bheachd "Tha BnG a' coileanadh a dhleastanasan gu h-èifeachdach agus tha e a' cur ris na tha sinn a' dèanamh."	80% den Phlana Leasachaidh againn air a chur an gnìomh ro 31 Màrt 2022 gus am bi sinn nar buidheann nas fheàrr do luchd-obrach agus luchd-ùidh; Coilean no rach thairis air na targaidean san Aithris Luach as Fheàrr againn gus dèanamh cinnteach gun dèan sinn am feum as fheàrr de ghoireasan poblach; Bidh plana siubhail gnìomhachais an gnìomh againn a bhios a' cur ris na targaidean lùghdachaidh carboin againn.	100% den Phlana Leasachaidh air a bhuileachadh ron t-Samhain 2021. Aithisg air a cruthachadh agus air a cur gu Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd, a' sealltainn gun deach targaidean a choileanadh. Plana siubhail gnìomhachais gus cur ri targaidean lughdachadh carboin air aontachadh sa Ghearran 2022.	AIR A CHOILEANADH

PCCan a chaidh a choileanadh

Bliadhna	PCCan a chaidh a choileanadh		PCCan nach deach a choileanadh		PCCan air an tug COVID-19 buaidh	
	Àir.	%	Àir.	%	Àir.	%
2021/22	8	89%	1	11%	0	0%
2020/21	4	40%	1	10%	5	50%

A' COILEANAIDH A' PHLANA GNÌOMH 2021-22

Ar Lèirsinn: Gum bi a' Ghàidhlig air a faicinn is air a cluinntinn gu làitheil air feadh Alba, chun na h-ìre 's gum bi i air a h-aithneachadh mar phàirt bhunaiteach de bheatha muinntir na h-Alba agus mar chànan prìseil a tha a' cur ri cultar is eaconamaidh na dùthcha.	**Our Vision:** Gaelic is seen and heard on a daily basis across Scotland, such that it is widely recognised as an integral part of Scottish life and a national and economic asset

1. A' Cleachdadh na Gàidhlig

1. Using Gaelic

Prìomhachasan Ro-innleachdail 1: Gum bi barrachd dhaoine a' cleachdadh Gàidhlig agus a' faotainn bhuannachdan bhon chànan nan obair, aig an taigh agus sna choimhearsnachdan aca	**Strategic Priority 1:** More people are using and benefiting from Gaelic at work, at home and in the community

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 31/03/2022	Coileanadh gu 31/03/2022 Dearg/Orains/Liath / Uaine	Oifigear-stiùiridh aithris
Prìomh Chomharra Coileanaidh 1: Barrachd chothroman do dhaoine na sgilean Gàidhlig aca a chleachdadh	**Coimhearsnachdan** 1.1 Neartaich a' Ghàidhlig anns na sgìrean traidiseanta le bhith a' toirt taic agus maoineachadh do co-dhiù 10 pròiseactan anns na coimhearsnachdan traidiseanta anns na h-eileanan agus na sgìrean dùthchail.	Chaidh 11 pròiseact maoineachadh tro GhLAIF 21/22 airson sgìrean sna na h-Eileanan Siar, agus 4 pròiseactan le ceanglaichean coimhearsnachd ann an sgìrean traidiseanta air a' Ghàidhealtachd.	U	Ceannard
	1.2 Tog lìonraidhean nas treasa ann an sgìrean bailteil le bhith a' cumail taic is maoineachadh ri co-dhiù 10 pròiseactan ann an cathair-bhailtean is bailtean mòra.	Chaidh 12 pròiseactan maoineachadh airson Comhairlean Ghlaschu, Dhùn Èideann is Dhùn Dè tro GhLAIF 21/22, is 2 pròiseact eile ann an Glaschu gu ruige seo.	U	Ceannard
	Planaichean Gàidhlig - A' gabhail a-steach Dhleastanasan Reachdail 1.3 Dèan cinnteach gu bheilear a' cumail sùil air adhartas le bhith ag iarraidh 58 aithisg dearcnachaidh	Chaidh fios gus aithisgean iarraidh a sgaoileadh gu 56 buidhnean poblach. Cha robh e iomchaidh an dà litir eile a chur a-mach aig an àm sin.	U	Ceannard
	1.4 Dèan cinnteach gu bheil planaichean iomchaidh agus ùraichte le 14 litrichean lèirmheis a' dol a-mach	Chaidh 14 litrichean lèirmheis a chur.	U	Ceannard
	1.5 Meudaich buaidh nam Planaichean Gàidhlig le bhith a' cur a-mach 1 fios tràth gum feumar plana ullachadh	Chaidh aon litir le fios tràth a-mach.	U	Ceannard
	1.6 Dèan measadh air adhartas le bhith a' cur aithisg sgrùdaidh bhliadhnail chun a' Bhùird air planaichean airson 2019/20 (stèidhichte air dàta meatrach nam planaichean)	Chaidh pàipear mu adhartas le planaichean Gàidhlig 2019/20 air beulaibh a' Bhùird air 16/06/2021. Chaidh am pàipear seo, a tha dà-chànanach, a sgaoileadh do gach ùghdarras poblach a tha air aithisgean a chur thugainn no a tha air dheireadh leis na h-aithisgean aca.	U	SPCLC
	1.7 Cuidich le bhith a' buileachadh 40 pròiseact gus geallaidhean Phlanaichean Gàidhlig a chur an gnìomh tro GhLAIF	Gu ruige seo, chaidh aontachadh ri 52 pròiseactan GLAIF 21-22 (le luach £580k) agus chaidh aontachadh ri 14 pròiseactan ann am prionnsabal aig an ìre seo.	U	SPCLC
	1.8 Meudaich cleachdadh na Gàidhlig le bhith a' sgaoileadh fiosrachadh gach ràithe mu #Cleachdi do gach ùghdarras poblach a tha an sàs ann am pròiseas nam planaichean Gàidhlig reachdail	Bha an gnìomh seo ro àrd-amasach leis nach eil conaltradh ann leis gach ùghdarras gach ràithe.	D	Ceannard
Prìomh Chomharra Coileanaidh 2: Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt, "Tha a' Ghàidhlig a' dèanamh diofar nam bheatha."	**Tachartasan** 2.1 Meudaich cleachdadh na Gàidhlig le bhith a' toirt taic do ghnìomhan mar phàirt de Cholmcille 1500, Bliadhna nan Sgeul agus #Cleachdi tro bhith a' lìbhrigeadh nan sgeamaichean maoineachaidh againn	Thathar ag iarraidh air gach pròiseact a gheibh maoineachadh a bhith a' cur air adhart nan iomairtean seo.	U	Manaidsear Chom-pàirteachasan is Maoineachaidh (MCM)
	2.2 Cuir ri cleachdadh na Gàidhlig le bhith a' toirt taic do chom-pàirtichean gus Latha na Gàidhlig agus Seachdain na Gàidhlig a chumail	Chaidh aontachadh ri £25k a thabhann do Hands Up for Trad airson Seachdain Gàidhlig na Cruinne a chumail tràth ann an 2022.	U	MCM
	Air-loidhne 2.3 Dèan cinnteach gum bi a' Ghàidhlig nas ruigsinniche tro bhith a' maoineachadh co-dhiù 10 pròiseactan air-loidhne	Chaidh 7 pròiseactan a mhaoineachadh tro GhLAIF a thèid a lìbhrigeadh gu tur air-loidhne no a bhios a' cur air adhart na Gàidhlig air-loidhne. Chaidh cuideachd taic a	U	SPCLC

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 31/03/2022	Coileanadh gu 31/03/2022 Dearg/Orains/Liath / Uaine	Oifigear-stiùiridh aithris
		thabhann do Hands Up for Trad airson Seachdain na Gàidhlig, pròiseact mòr air-loidhne gus a' Ghàidhlig a chur air adhart.		
	2.4 Cruthaich drochaidean eadar fileantaich agus luchd-ionnsachaidh tro bhith a' stèidheachadh "Caraidean cleachdaidh"	Bhathar an dùil gun tèid a pròiseact seo air adhart tron làrach ùr cleachdi.scot ach tro rannsachaidh dh'fhàs e follaiseach gum biodh e nas iomchaidh seo a stèidheachadh uaireigin eile (nuair a bhios e follaiseach gu bheil cleachdi.scot soirbheachail).	D	MCM
	2.5 Thoir cothrom air gnìomhan bogaidh tro bhith a' lìbhrigeadh na h-iomairt #Cleachdiaigantaigh le com-pàirtichean	Thòisich seo sa Mhàrt 2020 agus tha e air a bhith a' leantainn on uair sin. Tha BnG air a bhith a' co-òrdanachadh, le buidhnean lìbhrigidh a' cur air dòigh nan tachartasan fhèin. Thàinig an iomairt gu crìch anns a' Ghiblean 2021 aig àm saor-làithean na Càisge. Às dèidh bruidhinn ris na buidhnean lìbhrigidh bha iad an dùil tachartasan aghaidh-ri-aghaidh a ruith leis gun robh na bacaidhean a lagachadh. Tha na buidhnean lìbhrigidh fhathast a' cleachdadh logo "#cleachdiaigantaigh". Tha an hashtag cuideachd fhathast ri fhaicinn air na meadhanan sòisealta.	U	SPCLC
	Fiosrachadh 2.6 Faigh fianais mu na buannachdan/na dùbhlain a tha ann do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig mar thoradh air a' ghalar sgaoilte tro bhith a' coimiseanadh co-dhiù trì pìosan rannsachaidh	Chaidh aon phròiseact a chur air bhonn ach cha deach an dà eile air sgàth beàrn san sgioba.	O	Ceannard

2. 0 Ionnsachadh na Gàidhlig **2. Learning Gaelic**

Prìomhachas Ro-innleachdail 2: Gum bi leudachadh anns na cothroman do dhaoine aig aois sam bith na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart agus gum bi e nas fhasa dhaibh na cothroman sin a ghabhail	**Strategic Priority 2:** Opportunities for people to develop their Gaelic skills at any age have increased and are more accessible

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 31/03/2022	Coileanadh gu 31/03/2022 Dearg/Liath/Uaine	Oifigear-stiùiridh aithris
Prìomh Chomharra Coileanaidh 3: Barrachd taic do sholar sna Tràth-bhliadhnaichean	3.1 Ullaich ro-innleachd airson an àm ri teachd tro bhith a' cur an gnìomh 4 sgeamaichean pìleat com-pàirteachais a mhaireas 4-6 mìosan le Ùghdarrasan Ionadail	Leis na h-atharrachaidhean ann am BnG, cha bhi sinn a' dèanamh a' ghnìomh seo. Nan àite, tha sinn air gluasad gus ro-innleachd a chur air dòigh le CNAG agus Comann nam Pàrant airson pròiseact pìleat gus taic a thoirt seachad do bhuidhnean tràth-bhliadhnaichean ann an 16 Ùghdarrasan Ionadail.	**N/a**	Stiùiriche Foghlam
	3.2 Cuir ri èifeachdas le bhith a' comharrachadh prìomh phuingean conaltraidh airson an dà chuid BnG agus Ùghdarrasan Ionadail.	Tha an Sgioba Foghlaim air fad a' frithealadh gach coinneamh le GLAN le oifigearan a' bruidhinn mun aithisg sgrìobhte a tha an sgioba a' deasachadh airson gach coinneimh (coinneamhan An Dàmhair 21 / An Gearran 22 is tha sinn an dùil An t-Ògmhios 22).	U	Stiùiriche Foghlam
	3.3 Ann an com-pàirteachas le CnamP, dìon maoineachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil maoineachadh a bheir CORRA seachad a' coileanadh nam Prìomh Chomharran Coileanaidh aca.	Chaidh Prìomh Chomharran Coileanaidh fhighe a-steach do chumhaichean buidhnean tràth-bhliadhnaichean anns na cùmhnantan aca. Chaidh fios a thoirt seachad ann an Aithisgean Adhartais gu CORRA gach cairteal.	U	Stiùiriche Foghlam
	3.4 Cuir aghaidh air buaidh COVID-19 le bhith a' toirt taic do Bhuidhnean Tràth-bhliadhnaichean gus dòighean ùra a chruthachadh airson a bhith ag obair air-loidhne agus air a' bhlàr a-muigh, a' gabhail a-steach a bhith a' lìbhrigeadh 24 seiseanan tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig air-loidhne	Tha 10 buidhnean a' coinneachadh air-loidhne le àireamhan de 2678 an làthair bhon Ghiblean gu deireadh a' Mhàirt le 303 seiseanan uile gu lèir le 2209 teaghlaichean; 16 buidhnean a-nis air fhosgladh agus a' lìbhrigeadh seiseanan air a' bhlàr a-muigh le 2407 de chloinn a' gabhail pàirt ann an 282 seiseanan agus 1020 teaghlaichean an làthair bhon Ghiblean gus am Màirt 2022.	U	Oifigear Leasachaidh Foghlaim (Tràth-bhliadhnaichean)

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 31/03/2022	Coileanadh gu 31/03/2022 Dearg/Liath/Uaine	Oifigear-stiùiridh aithris
	3.5 A' toirt cothrom do bhuidhnean Tràth-bhliadhnaichean obrachadh tro lìbhrigeadh Sgeamaichean Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean agus tro cheannach àrachas airson buidhnean thràth-bhliadhnaichean.	Dh'fhosgail Sgeama Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean 2021/22 sa Chèitein agus dhùin e 13mh Iuchar 2021. Chaidh post-dealain a-mach chun a h-uile buidheann a fhuair maoineachadh roimhe seo; chaidh an sgeama a shanasachd air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig agus air na meadhanan sòisealta. Fhuair 19 buidhnean taic (20/21 – 16). Tha àrachas aig 34 buidhnean bhon Màrt 2021 gus am Mart 2022. Tha 36 buidhnean air àrachas fhaighinn airson an seisean 2022/23.	U	Oifigear Leasachaidh Foghlaim (Tràth-bhliadhnaichean)
Orains Prìomh Chomharra Coileanaidh 4: Barrachd chothroman do dhaoine na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart	**Ionnsachadh Proifeiseanta** 4.1 Cuir ri misneachd agus ri lìonrachadh tro cho-labhairt Luchd-teagaisg Ùr-theisteanaichte air a lìbhrigeadh air-loidhne le com-pàirtichean	Co-labhairt air-loidhne gu math soirbheachail (05.21) le 31 an làthair is sgòraichean measaidh aig 4/5.	U	Stiùiriche Foghlam
	4.2 Cuir ri sgilean agus comas tro chùrsaichean ceannardais airson àrd-luchd-stiùiridh (an dà chuid airson FtG agus dhaibhsan le uallach airson FtG) air an ullachadh le com-pàirteachas a tha a' gabhail a-steach BnG	Bha sinn ann an còmhraidhean proifeasanta le institiud airson seo a thoirt air adhart agus bha coinneamh ann an Lùnastal 2021 le oifigearan Ùghdarrasan Ionadail airson molaidhean fhaighinn bhuapa. Chaidh lìonra nàiseanta air ceannardas ann an FtG a stèidheachadh le Foghlam Alba is buidhnean nàiseanta eile; bha coinneamh eile ann san Lùnastal 2021. Bha an Stiùiriche Foghlaim a' toirt comhairle phroifeasanta do SMO air na molaidhean aca air ceannardas ann am FtG agus thug BnG freagairt dhan cho-chomhairleachadh phoblach aig an GTCS mu cho-theacsa ùr (Riaghailtean Clàraidh air làrach-lìn BnG).	U	Stiùiriche Foghlam
	4.3 Cuir ri sgilean agus faicsinneachd FtG tro BhnG a bhith a' lìbhrigeadh 3 tachartasan ann am Fèis Ionnsachaidh na h-Alba no a leithid air-loidhne	Fèis Ionnsachaidh na h-Alba air-loidhne le fòrmat lùghdaichte air sgàth COVID-19. Lìbhrig BnG aon seisean air 21.09.2021 le Siorrachd Àir a Tuath mu chur air dòigh FtG. Cha robh cothrom ann 3 tachartasan a dhèanamh mar a bha sinn an dùil air sgàth format eadar-dhealaichte.	L	Stiùiriche Foghlam
	4.4 Cùm oirnn a' toirt taic do leasachadh sgilean chleachdaidhean FtG sna Tràth-bhliadhnaichean le 8 cothroman trèanaidh airson nan Tràth-bhliadhnaichean air an lìbhrigeadh ann an com-pàirteachas le Stòrlann agus CALA	Chaidh 6 seiseanan a ruith ach ged a bha sinn a' tabhann 2 a bharrachd, cha deach iad air adhart air sgàth buaidh COVID-19	L	Oifigear Leasachaidh Foghlaim (TB)
	Cleachdaidhean Foghlam Gàidhlig (FG) 4.5 Cuir ris na h-àireamhan de luchd-obrach FG tro iomairt gus obraichean ann am FG a bhrosnachadh	Lìbhrig an t-Oifigear Trusadh is Glèidheadh Luchd-teagaisg an iomairt DèanDiofar (fiosrachadh air làrach-lìn BnG).	U	Stiùiriche Foghlam
	4.6 Dèan cinnteach gun tèid barrachd Gàidhlig 1+2 a thoirt seachad tro bhith a' cur ri Teisteanas Teagaisg a Bharrachd (ATQ) airson luchd-ionnsachaidh sa Ghàidhlig	Thòisich an cùrsa san t-Samhain 21 agus tha e a' ruith gus an Dùbhlachd 22, le cùrsaichean FLI ann an àrd-sgoiltean a' tòiseachadh anns an Lùnastal 23 (Seisean 23-24). Tha an cùrsa maoinichte (03.21) le 10 tagraichean (Glaschu; Dùn Èideann; Siorrachd Lannraig a Tuath; Siorrachd Dhùn Breatann an Iar). Comhairle phroifeiseanta a' leantainn bhon Sgioba Foghlaim airson Srath Chluaidh/ Glaschu /CCTA (GTCS) a tha an sàs leis a' phròiseact.	U	Stiùiriche Foghlam
	4.7 A' tàladh agus a' cumail oileanaich ann an trèanadh FG le bhith a' lìbhrigeadh sgeama maoineachaidh airson oileanaich is tidsearan ann am FtG obair còmhla ris a' phrìomh luchd-ùidh uile gus cothroman leasachaidh a chomharrachadh tro rannsachadh a chaidh a choimiseanadh gus beachdachadh air gach taobh de dh'fhoghlam Tidsearan Tùsail Gàidhlig	Bha Sgeama Tabhartasan nan Oileanach fosgailte gu 2mh Sultain 2021. Bha 47 tagraidhean soirbheachail ann le taic-airgid £60k (20/21 – 47). Gu math brosnachail gu bheil na h-àireamhan eadar an dà bhliadhna aig an aon ìre, a dh'aindeoin COVID-19.	U	Stiùiriche Foghlam
	4.8 Ann an com-pàirteachas le Leasachadh Sgilean na h-Alba agus buidhnean eile, tarraing barrachd dhaoine òga a-steach do thrèanadh proifeasanta airson FG tro bhith a' lìbhrigeadh ceithir tachartasan dreuchdail	Bha COVID agus suidheachadh nan sgoiltean a' bualadh air a' ghnìomh seo is cha do thachair iad mar a bha sinn an dùil.	L	

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 31/03/2022	Coileanadh gu 31/03/2022	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Liath/Uaine	
	Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig 4.9 An Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig air a chleachdadh barrachd (le ath-sgrùdadh air a dhèanamh; agus 50% de mholaidhean air an cur an gnìomh ron Mhàrt 2022 le plana agus clàr-ama ann gus an còrr a chur an gnìomh)	Chaidh coinneamhan ath-sgrùdaidh a dhèanamh le GLAN, Foghlam Alba, Riaghaltas na h-Alba, CnamP agus chaidh frèama airson iomairt shanasachd a lìbhrigeadh aontachadh. Às dèidh iomairt sanasachd agus sreath de choinneamhan, chaidh pàipear dhan Bhòrd-stiùiridh le aonta gun deasaich sinn plana airson co-chomhairleachadh poblach air an Stiùireadh Reachdail airson coinneamh a' Bhùird-stiùiridh san Ògmhios 22.	U	Stiùiriche Foghlam
Prìomh Chomharra Coileanaidh 5: Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt, "Tha mi air na sgilean Gàidhlig agam a thoirt air adhart."	**Ionnsachadh na Gàidhlig** 5.1 Cuir ri sgilean cànain tro structaran, air an lìbhrigeadh ann an com-pàirteachas, airson lìonraidhean eadar-ghinealaich agus barrachd chothroman gus Gàidhlig a chleachdadh ann an coimhearsnachdan traidiseanta agus ùra	Chaidh pròiseactan airson SpeakGaelic a thoirt air adhart air am maoineachadh le BnG. Tha tòrr bhuidhnean poblach, coimhearsnachd agus foghlaim air taic fhaighinn tro na diofar sgeamaichean aig BnG airson sgilean cànain àrdachadh. Gheibhear fianais air seo air làrach 360 Giving.	U	Manaidsear Chom-pàirteachasan is Maoineachaidh (MCM)
	5.2 Barrachd leasachaidhean air an comharrachadh tro mheasadh air goireas 'ionad uile-fhreastail' airson pàrantan a tha ag iarraidh Gàidhlig ionnsachadh agus/no a chleachdadh san t-Sultain 2021	Tha an làrach-lìn ùr ('ionad uile-fhreastail') ann a chaidh a chur air bhog san t-Samhain 2021.	U	Stiùiriche Foghlam
	5.3 Thoir seachad slighe eile gu fileantas do phroifeiseantaich foghlaim le sgeama bogaidh airson cleachdaidhean foghlaim Gàidhlig air a mhaoineachadh; agus air a lìbhrigeadh le com-pàirtichean	Maoineachas airson an Sgeama Bogaidh aontaichte (06.21) le 2 luchd-teagaisg à Dhùn Èideann a' frithealadh a' chùrsa bogaidh ann an Oilthigh Ghlaschu san t-seisein 21-22.	U	Stiùiriche Foghlaim
	5.4 Taic gus cur ri àireamhan an luchd-ionnsachaidh agus nan slighean gu fileantas le bhith a' gabhail pàirt ann an leasachaidhean SpeakGaelic, gu sònraichte tro mhaoineachadh	Chaidh SpeakGaelic a chur air bhog air 15.10.2021 leis an làraich-lìn deiseil ron àm sin. Aig coinneamh a' Bhùird-stiùiridh air 06.10.2021, dh'aontaich am Bòrd-stiùiridh taic a chumail do dh'ullachadh B1 agus B2 airson nan ath cheumannan aig SpeakGaelic.	U	Stiùiriche Foghlaim

3. A' Cur na Gàidhlig air Adhart

3. Promoting Gaelic

Prìomhachas Ro-innleachdail 3: Gum bi barrachd dhaoine ann an Alba taiceil is bàidheil dhan Ghàidhlig agus a cultar	**Strategic Priority 3:** More people in Scotland are positive about Gaelic language and culture

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 31/12/2021	Coileanadh gu 31/03/2021 Dearg/Orains/Liath/Uaine	Oifigear-stiùiridh aithris
Prìomh Chomharra Coileanaidh 6: A' dèanamh cinnteach gu bheil barrachd àite aig a' Ghàidhlig ann an aithne nàiseanta na h-Alba, aithne-dùthcha fhosgailte le iomadh taobh is cultar	**Tagradh** 6.1 Cuir freagairtean a-steach gu co-dhiù 12 cho-chomhairleachadh phoblach gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' beachdachadh air a' Ghàidhlig	Eadar an Giblean 21 agus am Màrt 22 chaidh 36 freagairtean a chur a-steach do cho-chomhairlean poblach. Rinn REC 21 dhiubh agus luchd-obrach BnG an còir.	U	Manaidsear Chom-pàirteachasan is Maoineachaidh (MCM)
	6.2 Brosnaich co-dhiù 5 buidhnean ùra gus poileasaidhean Gàidhlig a thoirt a-steach gus a' Ghàidhlig a neartachadh san obair aca	Tha coinneamhan air a bhith ann le còig buidhnean mu phoileasaidhean Gàidhlig/ùidh sa Ghàidhlig. 'S iad Highland Wildlife Park, Gaelic Athletic Association – Scotland, CHARTS, Highlife Highland, Hebridean Housing, Pròiseactan òigridh - Scottish Opera.	U	MCM
	6.3 Brosnaich 5 pròiseactan ùra gus comas a thoirt do buidhnean planaichean Gàidhlig saor-thoileach a chruthachadh gus a' Ghàidhlig a neartachadh san obair aca.	Tha còmhraidhean air a bhith ann mu dheidhinn 7 pròiseactan ùra - Coire Shalach – Urras Nàiseanta na h-Alba; Spiorad na Gàidhealtachd – Highlife na Gàidhealtachd; Fèis The Gathering; Là Mòr na Gàidhlig – Hands Up For Trad; Abair E – Stòrlann; Indylan – Heriot Watt University; Prìomh Lìg nam Ban. Chùm sinn còig bùthan-obrach poblach (air-loidhne) gu soirbheachail air "Cruthachadh is Lìbhrigeadh Pròiseactan Gàidhlig".	U	MCM
	6.4 6 Conaltraidhean le luchd-poilitigs (gu dìreach, tro fhoillseachaidhean, agus tro Bhuidheann Thar-phàrtaidh na Gàidhlig) gus tuigse agus gnìomhan a mheudachadh	Chaidh pàipear fiosrachaidh mu dheidhinn obair a' Bhùird a sgaoileadh do Bhuill Pàrlamaid na h-Alba air thoiseach air an deasbad a bha sa Phàrlamaid air 23 Ògmhios 2021 is chaidh an Aithisg Bhliadhnail is Aithisg Luchd-sgrùdaidh a sgaoileadh do BhPA san Dùbhlachd. Bha coinneamh de Bhuidheann Thar-phàrtaidh na Gàidhlig air 25.10.2021 le taisbeanadh air Dàta Foghlaim agus Plana Nàiseanta #4 air a lìbhrigidh le BnG. Chaidh coinneamhan eile a chumail air 6.12.2021 is air 9.2.2022.	U	Ceannard
	Mothachadh/Brosnachadh 6.5 Comas air a thoirt do dhaoine eile gus mothachadh a thogail mun Ghàidhlig tro bhith a' foillseachadh stiùireadh air buidhnean, tachartasan agus dualchas Gàidhlig air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig	Cha deach an làrach lìn ùr - www.cleachdi.scot air bhog ron Ghiblean 2022. Thèid i beò san Ògmhios 2022 tro phròiseact #cleachdi còmhla.	O	MCM
	6.6 Fiosrachadh nas ruigsinniche tro bhith a' cur làrach-lìn ùr air bhog ro 01 Giblean 2021.	Chaidh an làrach-lìn ùr air bhog ro 01 Giblean 2021. Eadar 01 Giblean 2021 agus 30 Ògmhios 2021 chleachd 5,971 dhaoine an làrach-lìn, suas 193% bhon aon àm ann an 2020.	U	SPCLC
	6.7 Leudaich ruigsinneachd iomairt #Cleachdi	Tha an Sgioba Conaltraidh air a bhith a' cleachdadh iomairt #cleachdi airson sgeulachdan dhaoine le Gàidhlig a bhrosnachadh air-loidhne. Tha na postaichean seo air a bhith gu math soirbheachail. Thòisich sgaoileadh bhathar #cleachdi a-rithist san Lùnastal 2021. Tha Comhairle nan Leabhraichean a' lìbhrigeadh na h-obrach seo às leth BnG. Tha iarratas mòr ann airson bathar fhaighinn.	U	MCM
	6.8 Thoir buaidh nas motha air na meadhanan sòisealta tro bhith a' toirt leudachadh de 20% air an ruigsinneachd againn (bun-loidhne luchd-chleachdaidh 20/21: 13,829 – Twitter 7,275; Facebook 4,733; Instagram 1,821)	Tha obair air na meadhanan sòisealta a' ruith gu cunbhalach. Aig deireadh na bliadhna bha 17,005 (+23%) luchd-leantainn againn (Facebook, Twitter, Instagram, LinkedIn is YouTube).	U	OC
	6.9 Thoir seachad fiosrachadh agus oideachadh mun Ghàidhlig agus a cultar le bhith a' stèidheachadh seirbheis fiosrachaidh tro sholaraiche air an taobh a-muigh	Cha deach an làrach lìn ùr - www.cleachdi.scot air bhog ron Ghiblean 2022. Thèid i beò san Ògmhios 2022 tron pròiseact #cleachdi còmhla.	O	MCM

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 31/12/2021	Coileanadh gu 31/03/2021 Dearg/Orains/Liath/Uaine	Oifigear-stiùiridh aithris
Prìomh Chomharra Coileanaidh 7: Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt, "Tha a' Ghàidhlig cudromach do dh'Alba."	**Sunnd** 7.1 Iomairt gus a' Ghàidhlig aithneachadh mar phàirt de shunnd ann an Alba air a chur an gnìomh	Tha riochdairean bho BnG a' brosnachadh a' Ghàidhlig agus a cultar air a' bhuidhinn-stiùiridh is buidheann-obrach aig bliadhna nàiseanta - Bliadhna nan Sgeul 2022. Ann am brathan-naidheachd, tha buaidh thachartasan Gàidhlig, gu sònraichte air-loidhne, air sunnd is air a bhith a' neartachadh coimhearsnachdan air ainmeachadh gu cunbhalach. Chaidh rannsachadh aig Comhairle Baile Ghlaschu a mhaoineachadh le BnG agus tha na toraidhean a' dearbhadh a' cheangail eadar sunnd agus a' Ghàidhlig.	U	Ceannard
	7.2 Barrachd cheanglaichean ann eadar Gàidhlig agus sunnd tro bhith a' cur fòcas air sunnd ann an sgeamaichean tabhartais	Chaidh lèirmheas a dhèanamh air slatan-tomhais is prìomhachasan sgeamaichean 22/23 (air fhoillseachadh ann an 21/22) agus chaidh atharrachaidhean a dhèanamh gus fòcas a chur air sunnd ann an sgeama taic TFC.	U	Ceannard
	7.3 Bithear a' coimiseanadh rannsachadh air a' cheangal eadar Gàidhlig agus sunnd gus cur ri cothroman gus togail air seo	Chaidh seo a dhèanamh le taic-airgid do phròiseict rannsachaidh air a dhèanamh le Comhairle Baile Ghlaschu a bha a' coimhead air seo a bharrachd air buaidh air an eaconamaidh, agus lèirmheas air na h-aithisgean a chaidh fhoillseachadh mar-thà air a' cheangal eadar sunnd is mion-chànanan.	U	Manaidsear Rannsachaidh is Planadh Corpais
	Plana Nàiseanta na Gàidhlig 7.5 Com-pàirteachadh nàiseanta san ath Phlana tro bhith ga chur a-mach airson co-chomhairle ro 1 Dàmhair 2021	Thòisich an obair seo a rèir a' chlàir-ama. Cha robh e comasach a sgaoileadh ro 1 Dàmhair 2021 oir bha aonta a' Bhùird-stiùiridh a dhìth air. Chaidh e dhan ath choinneimh is chaidh e a-mach gu co-chomhairle taobh a-staigh a' chlàir-ama airson an ath phlana.	N/a	SPCLC

4. Deagh Riaghladh

4. Good Governance

Prìomhachas Ro-Innleachdail 4: Gun cùm Bord na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige	**Strategic Priority 4:** Bòrd na Gàidhlig continues to develop how it works

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 31/12/2021	Coileanadh gu 31/03/2022 Dearg/Liath/Uaine	Oifigear-stiùiridh aithris
Prìomh Chomharra Coileanaidh 8: Bidh barrachd den luchd-obrach againn ag aontachadh leis an abairt, "Tha an obair agam aig Bòrd na Gàidhlig a' còrdadh rium agus tha i a' dèanamh diofar."	**Luachan** 8.1 Tha luachan na buidhne leabaichte aig cridhe gach rud a nì sinn gus cur ri com-pàirteachas agus riarachas	Tha na luachan air an cleachdadh aig tòiseach gach coinneamh mhìosail aig Dè tha Dol; tha iad mar phàirt de gach Plana Obrach Pearsanta (POP) gus cothrom a thoirt do gach neach a bhith a' beachdachadh air aon luach airson nan 6 seachdainean ri highinn.	U	Ceannard
	Conaltradh 8.2 Bidh sinn air plana gnìomh a chur an sàs gus na poileasaidhean aig Bòrd na Gàidhlig, agus an conaltradh mun deidhinn, ùrachadh gus dèanamh cinnteach gu bheilear gan tuigsinn agus gu bheilear gan leantainn	Tha clàr-ama ann leis an t-seirbheis HR gus lèirmheas a dhèanamh air na poileasaidhean uile ro dheireadh a' Mhàirt 2022. Thèid gach poileasaidh dhan Sgioba-stiùiridh; Luchd-obrach agus air ais dhan Sgioba-stiùiridh airson beachdan / molaidhean agus an uair sin thèid iad dhan Chomataidh Poileasaidh is Goireasan airson aonta. Tha cleachdadh ann far a bheil Manaidsear Gnìomhan a' bruidhinn air poileasaidh gach cola-deug aig Dè tha Dol foirmeil agus tha cothrom ann ceistean a chur. Thèid an geàrr-iomradh air a' phoileasaidh a chur ri geàrr-chunntas na coinneimh gus am faic luchd-obrach nach robh an làthair na chaidh a ràdh.	U	Manaidsear Gnìomhan
	Ùr-ghnàthachas agus Èifeachdas 8.3 Bheir sinn a-steach trì teicneòlasan ùra no trì cleachdaidhean ùra de theicneòlas - airson obair rianachd air sgeamaichean maoineachaidh, a' toirt piseach air a' bhathar-bog HR againn agus a' comasachadh	Tha siostaman airson iarrtasan trèanaidh agus measadh trèanadh air an neartachadh le foirmichean measaidh a tha rim faighinn ann an àite soilleir ann an Sharepoint agus iarrtasan air PeopleHR; tha siostam air-loidhne ann a-nise airson cosgaisean (siubhail is eile) a tha luchd-obrach a' cleachdadh; agus tha sinn a' cleachdadh Microsoft	U	Manaidsear Gnìomhan

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 31/12/2021	Coileanadh gu 31/03/2022	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Liath/Uaine	
	tagraidhean chosgaisean air-loidhne gus uallaichean obrach a lughdachadh agus a bhith nas èifeachdaiche	Planner gus siostam nas làidire a bhith againn gus sùil a chumail air adhartas le gnìomhan.		
Prìomh Chomharra Coileanaidh 9: Bidh barrachd de ar luchd-ùidhe ag aontachadh leis an abairt, "Tha Bòrd na Gàidhlig a' coileanadh a dhleastanasan gu h-èifeachdach agus tha e a' cur taic ris an obair againne."	**Leasachaidh Leantainneach** 9.1 80% den Phlana Leasachaidh againn air a chur an gnìomh ro 31 Màrt 2022 gus am bi sinn nar buidheann nas fheàrr do luchd-obrach agus luchd-ùidh	Às dèidh coinneamh a' Bhùird-stiùiridh air 06.10.2021, bha 100% den Plana Leasachaidh air a chur an gnìomh.	U	Ceannard
	9.2 Coilean no rach thairis air na targaidean san Aithris Luach as Fheàrr againn gus dèanamh cinnteach gun dèan sinn am feum as fheàrr de ghoireasan poblach	Chaidh an aithris seo a dhèanamh agus bha e a' sealltainn na h-obrach a chaidh a dhèanamh gus an Luach as Fheàrr a lìbhrigeadh. Bidh an aithisg a' dol gu Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd.	U	Ceann an Ionmhais is Chùisean Corporra
	A' Lùghdachadh Carboin 9.3 Bidh plana siubhail gnìomhachais an gnìomh againn a bhios a' cur ris na targaidean lùghdachaidh carboin againn.	Chaidh am plana seo aontachadh leis an Sgioba-stiùiridh san Fhaoilleach 2022.	U	Manaidsear Gnìomhan

Dearg Orains Uaine

Bidh aithisgean adhartais gu tric a' dèanamh feum de shiostam le 'solais trafaig' gus sealltainn dè an t-adhartas a thathar a' dèanamh le pròiseactan. Ge-tà, tha cho èifeachdach 's a tha an goireas measaidh seo gu tur an urra ris cho dìcheallach 's a tha am manaidsear le uallach air a shon agus cho fìor 's a tha an ìre-adhartais a chaidh a chomharrachadh airson a' phròiseict. Cha bu chòir siostam nan solas-trafaig a chleachdadh gus trioblaidean fhalach, agus 's e an t-amas a th' aige adhartas a chomharrachadh agus sealltainn gu soilleir nuair dh'fheumas an Sgioba-stiùiridh/am Bòrd-stiùiridh rudeigin a dhèanamh mu chion adhartais – m.e., a' tomhas adhartas, a' cur ghnìomhan an sàs gus cùisean a chur ceart, agus a' cumail fios ris an Sgioba-stiùiridh agus ris a' Bhòrd-stiùiridh.

	Adhartas sa bhliadhna seo gu ruige seo	**Ro-mheasadh air an t-suidheachadh a bhios ann aig deireadh na bliadhna ionmhais**
	• Cha do thòisich an obair seo fhathast. • Tha duilgheadasan mòra ann leis a' phròiseact seo. • Feumaidh manaidsearan cùisean a leasachadh sa bhad.	• Tha cunnart ann nach bi am pròiseact deiseil nuair a bu chòir dha a bhith • Feumar gnìomhan leasachaidh a chur an sàs airson a' phròiseict gus cinn-uidhe ghnothachais a choileanadh agus/no gus dèanamh cinnteach gun tèid an obair thoirt gu buil • [Nota: 1: Ma tha manaidsear an dùil gum bi ìre-adhartais dhearg ann aig deireadh na bliadhna, bu chòir dhaibh innse dè na goireasan is gnìomhan a tha dhìth gus an ìre-adhartais atharrachadh, agus/no carson nach gabh am pròiseact a choileanadh.] • [Nota 2: Bu chòir dhan Sgioba-stiùiridh coimhead air a' ghnìomh, còmhla ris a' mhanaidsear le uallach air a shon, gus faicinn dè as coireach gu bheil ìre-adhartais dhearg ann agus gus plana gnìomh a dhealbh airson dèanamh cinnteach nach fhàs cùisean nas miosa agus gus an cron a nì an cion adhartais air cliù na buidhne agus air a' bhuidhinn san fharsaingeachd a lùghdachadh gu ìre cho beag 's as urrainn.]
	• Chan eil e air a choileanadh, thathar a' dèanamh adhartas. • Tha obair air tòiseachadh air seo. • Tha an obair a' dol air adhart mar a bhathar an dùil.	• Thathar an dùil gum bithear air adhartas nach beag a dhèanamh air seo aig deireadh na bliadhna, ach cha bhi an gnìomh air a choileanadh gu tur. • [Nota 3: Bu chòir dhan Sgioba-stiùiridh coimhead air a' ghnìomh, còmhla ris a' mhanaidsear le uallach air a shon, gus bruidhinn air dè na gnìomhan/goireasan a dh'fhaodadh cuideachadh le bhith a' coileanadh na h-obrach gus an gabh e comharrachadh mar Uaine.]
	• Tha an gnìomh seo air a choileanadh, agus chan eil duilgheadasan ann.	• Thathar an dùil gun tèid an gnìomh a choileanadh a rèir a' chlàir-ama/plana/buidseat a chaidh aontachadh.

Sèisean Fosgailte: Open Session
Cuspair 05.2

A' freagairt ri	Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	23/06/2022
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	5.2

Tiotal a' Phàipeir	Adhartas nam Planaichean	
Moladh do Bhuill	Airson Fiosrachadh *	
Neach labhairt:	Christie NicIlleathain – Manaidsear Planaidh Jim Whannel – Stiùiriche Foghlaim	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	09/06/2022	Airson Fiosrachadh *
Pàipear-taice air a cheangal ris	Tha PT1 – Clàr-dàta 2021-2022	

1.0	**Adhbhar**
1.1	Airson fiosrachadh a thoirt do Bhuill a' Bhùird-stiùiridh mu adhartas le bhith a' cur nam planaichean Gàidhlig aontaichte an gnìomh.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Thòisich pròiseas dearcnachaidh ùr anns a' Mhàrt 2019. Thòisich an siostam seo gus cothrom a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig tomhas a dhèanamh air buaidh nam planaichean Gàidhlig, an dà chuid aig ìre gach ùghdarrais agus aig ìre nàiseanta.
2.2	Tha am Foirm Dàta Bliadhnail mar bhunait air a' phròiseas seo, le bhith a' tional dàta àireamhail (quantitative) agus dàta càileachdail (qualitative) mar a tha air a mhìneachadh anns na leanas: - • Prìomh Dhàta Measaidh le fòcas air dàta co-cheangailte ri buaidh nam planaichean aig ìre ro-innleachdail. • Prìomhachasan a' Phlana Cànain Nàiseanta Gàidhlig le fòcas air ciamar a tha a' bhuidheann a' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig, ionnsachadh na Gàidhlig agus cur air adhart na Gàidhlig. • Fiosrachadh dearcnachaidh eile co-cheangailte ri dleastanasan reachdail eile aig na buidhnean, a' gabhail a-steach dleastanasan airson foghlam Gàidhlig a bhrosnachadh fo Achd an Fhoghlaim 2016, dleastanasan mar phàrantan corporra agus dleastanasan airson co-ionannachd. • Fiosrachadh mu bhith a' cur Amasan airson Seirbheisean Corporra an gnìomh le siostam solais-trafaig mar thomhas air adhartas.
2.3	Ged a tha an siostam seo stèidhichte gu mòr air an fhiosrachadh a tha am Bòrd a' faighinn bho na h-ùghdarrasan poblach, tha an t-Oifigear Buileachaidh cuideachd a' dèanamh rannsachadh air-loidhne mar as trice, airson fianais a lorg.
2.4	Bidh an t-Oifigear Buileachaidh ag ullachadh litir gus aithisg dearcnachaidh iarraidh bho gach buidheann, a thèid a sgaoileadh do na Ceannardan aig na buidhnean poblach. Chaidh an t-siostam seo a chur air dòigh ann an 2021 gus aire air pròiseas nam planaichean a thoirt dhan ìre as àirde anns gach buidheann. Thèid na litrichean a-mach air ceann-latha aonta a' phlana agus gheibh na buidhnean 3 mìosan airson an aithisg a chur air ais thugainn.
2.5	Bidh Oifigear Buileachaidh nam Planaichean ag ullachadh litrichean mar fhreagairt airson gach aithisg dearcnachaidh, le fòcas air deagh chleachdadh far a bheil sin iomchaidh, a' toirt aire do ghnìomhan far a bheil barrachd adhartas a dhìth agus a' togail cheistean far bheil fiosrachadh a dhìth.

3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Chithear an Clàr-dàta airson 2021/22 ann am PT1 leis an fhiosrachadh àireamhail a fhuair Bòrd na Gàidhlig gu ruige seo. Chithear gu bheil Oifigear Buileachaidh nam planaichean air na leanas a chomharrachadh gus an t-eadar-dhealachadh a shealltainn eadar dàta 2020-21 agus 2021-22. • fàs ann an uaine • crìonadh ann an gorm • dubh far nach robh atharrachadh ann Fo-sgèith riaghailtean GDPR – Thathar air na h-àireamhan co-cheangailte ri luchd-obrach aig a bheil sgilean Gàidhlig a dubhadh a-mach far an robh sin iomchaidh. Tha an dàta comharraichte anns an dath freagarrach a-rèir na roinnean gu h-àrd.
3.2	Tha 59 ùghdarrasan poblach air a' chlàr uile-gu-lèir. Fhuaras aithisgean bho 46 buidhnean (77.9%). Tha crìonadh air a bhith ann an 2021-22 an taca ri 2020-2021 nuair a fhuair sinn 89.1% de na h-aithisgean dearcnachaidh. Fhuair 13 buidhnean na litrichean airson aithisg iarraidh eadar am Mart 2022 agus an Cèitean 2022, le sin tha sinn an dùil ris na h-aithisgean sin eadar an t-Ògmhios 2022 agus an t-Sultain 2022. Far a bheil dìth-conaltraidh air a bhith ann, thathar air a' chùis a thogail le Ministearan na h-Alba gus a' chùis a rèiteachadh fo sgèith Earrainn 6(4) ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 leis nach eil e comasach dhuinn tomhais a dhèanamh air adhartas a rinneadh le cur an gnìomh a' phlana.
3.3	Tha an clàr-dàta air a bhriseadh sìos ann an 5 prìomh roinnean, le ceistean a bhios a' toirt seachad gèarr-iomradh air na thachair mar na leanas: - • Fios bhon Phoball – cia mheud brath sgrìobhte anns a' Ghàidhlig a thàinig a-steach bhon phoball? • A' sgaoileadh fiosrachaidh – cia mheud pìos sa Ghàidhlig a chur an t-ùghdarras poblach a-mach air na meadhanan sòisealta agus cia mheud fios-naidheachd Gàidhlig a sgaoil iad? • Luchd-obrach – cia mheud neach-obrach a fhuair trèanadh sa Ghàidhlig, cia mheud dreuchd le Gàidhlig riatanach a th' aig an ùghdarras agus cia mheud luchd-obrach le sgilean Gàidhlig a tha ag obair dhan ùghdarras? • Foillseachaidhean – cia mheud foillseachadh dà-chànanach a sgoil an t-ùghdarras? • Inbhe – cia mheud soidhne dà-chànanach a chur an t-ùghdarras an àird?
3.4	Ged a tha beàrnan fhathast anns an dàta seo leis gu bheil fiosrachadh fhathast a dhìth bho 13 ùghdarrasan agus nach robh e comasach dhan a h-uile ùghdarras an dàta air fad a thoirt seachad, thathas den bheachd gu bheil an clàr-dàta (PT1) a' toirt seachad dealbh feumail aig ìre gach ùghdarrais agus aig ìre nàiseanta.
3.5	Thathas an dùil an siostam seo a leasachadh gus dealbh nas fheàrr fhaighinn air adhartas le planaichean. Thathar air a bhith ga chleachdadh airson 3 bliadhna a-nis agus thathas ag aithneachadh gu bheil deagh adhartas air a bhith ann agus gu bheil leasachiadhean a bharrachd a dhìth. Mar phàirt den phròiseas seo, bithear a' coimhead as ùr air na ceistean anns a' phrìomh dàta measaidh. Thèid ath-sgrùdadh a dhèanamh air mar a tha an fhoirm air an stèidheachadh agus thèid stiùireadh nas mionaidiche a cruthachadh airson taic a chumail ris na h-ughdarrasan le bhith a' lìonadh an fhoirm. Seo gèarr-iomradh air na prìomh phàtranan a nochd ann an dàta 21-22:
3.6	

Oifigearan Gàidhlig

Airson an treasamh bliadhna, thathas a' faicinn gu bheil e nas fhasa do bhuidhnean aig a bheil Oifigear Gàidhlig no Oifigear le sgilean Gàidhlig adhartas a dhèanamh le conaltradh gu sònraichte anns an dàta airson sgaoileadh fiosrachaidh dhan phoball (fios air na meadhanan sòisealta agus fiosan-naidheachd). Thathar mothachail gu bheil ùghdarrasan seo a' conaltradh leis a' phoball tro mheadhanan na Gàidhlig nas trice agus nas cunbhalaiche na buidhnean eile. Tha seo follaiseach anns an àrdachadh a chunnacas am-bliadhna le Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean, Sabhal Mòr Ostaig agus Comhairle na Gàidhealtachd.

3.7 Tha na h-àireamhan fhathast gu math àrd a thaobh conaltradh leis a' phoball aig Pàrlamaid na h-Alba, Comhairle nan Eilean Siar, Oilthigh Ghlaschu, Comhairle Pheairt is Ceann Rois agus Comhairle Baile Ghlaschu ged a tha crìonadh air a bhith ann bhon an-uiridh. Tha seo a' cur ris an fhianais gu bheil Oifigearan Gàidhlig air no Oifigearan aig a bheil sgilean Gàidhlig a' cur gu mòr ri adhartas le conaltradh.

Thathar an dùil àrdachadh fhaicinn a-rithist an ath-bhliadhna leis gu bheil cleachdadh nam meadhanan sòisealta a' fàs nas cudromaiche is cumanta.

3.8 Gàidhlig mar sgil riatanach

Chithear am fiosrachadh mu dhreuchdan far a bheil Gàidhlig air ainmeachadh mar sgil riatanach, ged a tha beagan crìonadh air a bhith aig ìre nàiseanta ann an 2021-2022, tha fàs air a bhith ann aig Comhairle Pheairt is Cheann Rois, Sabhal Mòr Ostaig, Comhairle Baile Obar Dheathain, Comhairle Siorrachd Àir an Ear, Comhairle Siorrachd Dhùn Bhreatann an Ear agus Comhairle Baile Ghlaschu. Tha e follaiseach gu bheil buaidh eaconamach leis na dreuchdan seo. Tha e follaiseach gu bheil dreuchdan teagaisg mar chnap mhòr de na h-àireamhan seo.

3.9 Trèanadh Luchd-obrach

Tha àrdachadh mòra air a bhith ann aig Riaghaltas na h-Alba, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle Fhìobha, Comhairle Baile Ghlaschu agus Comhairle Baile Dhùn Èideann ann an 2021-22, Ged a tha crìonadh air a bhith aig ìre nàiseanta anns an àireamh de luchd-obrach a fhuair trèanadh ann an Gàidhlig, Tha na h-àireamhan seo a' gabhail a-steach an dà chuid trèanadh ann an sgilean Gàidhlig agus seiseanan mothachadh Gàidhlig.

3.10 Conaltradh leis a' Phoball

Chithear am-bliadhna gu bheil fàs air a bhith ann aig ìre nàiseanta. Thathar mothachail gu bheil duilgheadasan aig cuid den na buidhnean fhathast fiosrachadh a cruinneachadh dhuinn co-cheangailte ri conaltradh sa Ghàidhlig bhon phoball ach

Bhiodh barrachd oidhirp feumail aig ìre nàiseanta gus dèanamh cinnteach gu bheil na cothroman airson Gàidhlig a cleachdadh air am brosnachadh aig gach ùghdarras poblach air-loidhne nas trice agus na cunbhalaiche.

3.11 Dùbhlain

Tha obair ri dhèanamh fhathast aig na buidhnean gus siostaman làidir a' cur air dòigh airson an dàta seo a chruinneachadh.

3.12 Tha e soilleir gu bheil Covid-19 air buaidh a thoirt air adhartas le planaichean, le tòrr bhuidhnean a' cur stad air cuid den na programan a bh' aca. Tha seo follaiseach gus sònraichte le treanadh don luchd-obrach, adhartas le soidhnichean dà-chànanach agus susbaint air na meadhanan sòisealta. Dh'fhaodadh seo air a thachairt dèiligeadh le buaidh nan galair.

A dh'aindheoin sin, thathar mothachail leis an gluasad gu teicneolas, gun tig piseach air seo, gu sònraichte le trèanadh don luchd-obrach leis gu bheil trèanadh air gluasad air-loidhne gus na seiseanan seo a chumail a' dol tron ghlasaidh-shluaigh, rud a tha air a bhith brosnachail agus rud a dh'fhaodadh a bhith gu math feumail a chumail mar chleachdadh àbhaisteach san àm ri teachd.

3.13 Tha e follaiseach gu bheil obair dearcnachaidh air na planaichean Gàidhlig a' sìor-fhàs leis gum bi 8 buidhnean ùra a tighinn a-steach dhan phròiseas seo a dh'aithghearr.

3.14 Tha e fhathast gu math follaiseach aig amannan gu bheil tòrr taic agus comhairle a dhìth aig cuid de na h-ùghdarrasan poblach airson na planaichean Gàidhlig a' cur an gnìomh. Leis gu bheil àireamh de oifigearan phlanaichean beag, tha barrachd goireasan, taic agus dòighean-obrach ùra a dhìth gus an obair seo a' coileanadh gu soirbheachail.

4.0 Moladh

Gum bi na buill a' toirt fa-near dhan fhiosrachadh anns a' phàipear seo.

5.0 Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach

5.1 Buaidhean air Ionmhas

Chan eil buaidh air ionmhas.

5.2 Buaidhean air Luchd-obrach

Leis gu bheil obair nam planaichean a' sìor-fhàs fad na h-ùine, tha e gu math cudromach gu bheil luchd-obrach gu leòr aig Bòrd na Gàidhlig gus an obair seo a choileanadh gus soirbheachail.

5.3 Buaidhean air Trèanadh

Chan eil aig an ìre seo.

5.4 Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra

A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig	A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig	A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig	Gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige
☒	☒	☒	☒

Bidh na planaichean reachdail a' cur air adhart nam prìomh amasan anns a' phlana chorporra aig Bòrd na Gàidhlig gu sònraichte mar a leanas:-
"A' dèanamh cinnteach gum bi buaidh nas motha aig Planaichean Gàidhlig air cùisean agus a' toirt taic do dh'Ùghdarrasan Poblach gus sanasachd a dhèanamh air an obair a nì iad don Ghàidhlig

5.5 Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta

AR N-ADHBHAR	AR LUACHAN
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

	AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
	Còraichean daonna	☒	Clann	☒
	Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☒
	Àrainneachd	☒	Bochdainn	☐
	Slàinte	☒	Eadar-Nàiseanta	☐
	Foghlam	☒	Eaconamaidh	☒
	Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			☒
5.6	**Buaidhean air Cliù**			
	Leis nach eil dàta coileanta 19-20, 20-21 agus 2021-2022 ann mar a bhathas an dùil, dh'fhaodadh gum biodh seo a' toirt buaidh air cliù na buidhnean aig a bheil planaichean Gàidhlig.			
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**			
	Chan eil gin ann.			
5.8	**Buaidhean Laghail**			
	Tha dleastanas dearcnachaidh aig Bòrd na Gàidhlig fo sgèith Achd na Gàidhlig (Alba) 2005			
5.9	**Buaidhean air Co-ionannas**			
	Ged nach eil fiosrachadh mu dheidhinn co-ionannas mar phàirt den aithisg seo, tha Bòrd na Gàidhlig a' trusadh fiosrachadh co-cheangailte ri co-ionannas gach bliadhna nuair a tha sinn a' tional dàta nam planaichean.			
5.10	**Buaidhean air Àrainneachd**			
	Chan eil buaidh ann.			

Ainm na Buidhne	Fiosrachadh	Aithisgean Dearcnachaidh 2021-2022 (2020-21) Priomh Dhata Measaidh							
		Fios bhon Phoball	A' sgaoileadh fiosrachadh		Luchd-obrach			Foillseachaidhean	Inbhe
		Brath sgriobhte / Written communication	Pios air na meadhanan soisealta / Posts on social media	Fios-naidheachd / News releases	Luchd-obrach a fhuair treanadh / Staff who have received training	Dreuchdan le Gaidhlig riatanach / Posts where Gaelic is essential	Luchd-obrach le sgilean Gaidhlig / Staff with Gaelic skills	Foillseachaidhean da-chananach / Bilingual publications	Soidhnichean da-chananach / Bilingual signage
PGR001 Alba Chruthachail		2	Fios ri tighinn 22/23	3	3	1	8	Fios ri tighinn 22/23	Fios ri tighinn 22/23
PGR002 Arainneachd Eachdraidheil Alba		1	12	4	1	2	Fios ri tighinn 22/23	0	21
PGR005 Coimeasan na Croitearachd		5	4	0	8	1	13	1	Fios ri tighinn 22/23
PGR007 Comhairle Aonghais		0	0	0	15	1		1	0
PGR008 Comhairle Baile Dhun Dè		0	1	0	2	0	18	1	0
PGR009 Comhairle Baile Dhun Eideann		Fios ri tighinn 22/23	42	4	150	49	49	115	Fios ri tighinn 22/23
PGR010 Comhairle Baile Ghlaschu		360	600	5	184	137	188	0	1
PGR011 Comhairle Baile Obar Dheathain		1	Fios ri tighinn 22/23	0	Fios ri tighinn 22/23	9	15	2	5
PGR013 Comahairle Dhun Phris is Ghall-Ghaidhealaibh		0	6	1	39	0	32	2	0
PGR014 Comhairle Earra-Ghaidheal is Bhoid		0	48	0	14	41	Fios ri tighinn 22/23	0	Fios ri tighinn 22/23
PGR015 Comhairle Fhiobha		0	50	0	30	1	Fios ri tighinn 22/23	0	16
PGR017 Comhairle Lodainn an Ear		0	0	0	0	0	Fios ri tighinn 22/23	1	2
PGR019 Comhairle Lodainn Mheadhanaich		0	0	0	1	0	Fios ri tighinn 22/23	1	0
PGR020 Comhairle Maoineachaidh na h-Alba		0	3	0	2	0	34	0	Fios ri tighinn 22/23
PGR021 Comhairle Mhoireibh		0	0	1	7	0	Fios ri tighinn 22/23	0	0
PGR022 Comhairle na Gàidhealtachd		16	132	36	84	212	536	248	305
PGR023 Comhairle na h-Eaglaise Brice		0	0	0	16	0	Fios ri tighinn 22/23	0	0
PGR024 Comhairle nan Eilean Siar		20	196	14	83	157	1300	Fios ri tighinn 22/23	Fios ri tighinn 22/23
PGR025 Comhairle Peairt & Ceann Rois		Fios ri tighinn 22/23	300	2	71	16	Fios ri tighinn 22/23	0	0
PGR027 Comhairle Siorrachd Àir a Deas		0	0	0	3	0	24	2	7
PGR0029 Comhairle Siorrachd Air an Ear		0	0	0	7	12	16	1	3
PGR030 Comhairle Siorrachd Chlach Mhanain		1	0	0	0	0	Fios ri tighinn 22/23	1	0
PGR031 Comhairle Siorrachd Dhun Bhreatainn an Ear		0	0	0	0	10	28	1	0
PGR032 Comhairle Siorrachd Dhun Bhreatainn an Iar		10	122	0	11	5	22	1	12
PGR033 Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas		0	0	0	275	Fios ri tighinn 22/23	Fios ri tighinn 22/23	1	0
PGR035 Comhairle Siorrachd Obar Dheathainn		0	0	0	0	0	26	0	0
PGR036 Comhairle Siorrachd Rinn Friu		0	0	0	0	0	0	0	0
PGR038 Dualchas Nadair na h-Alba		4	6	3	Fios ri tighinn 22/23	1	39	2	17
PGR039 Foghlam Alba		600	10	0	Fios ri tighinn 22/23	5	8	Fios ri tighinn 22/2	0
PGR040 Gaileiridhean Nàiseanta na h-Alba		0	0	0	1	0		0	0
PGR041 Iomairt na Gaidhealtachd is nan Eilean		2	59	11	Fios ri tighinn 22/23	2	10	11	Fios ri tighinn 22/23
PGR043 Leasachadh Sgilean h-Alba		552	34	7	5	2	39	11	0
PGR046 NHS Gàidhealtachd		0	0	0	0	0	282	0	12
PGR048 Oilthigh Ghlaschu		0	148	0	63	18	104	0	0
PGR049 Oilthigh na Gàidhealatchd is nan Eilean		9	156	24	35	2	11	3	80
PGR050 Oilthigh Obar Dheathainn		0	3	0	0	3	26	1	0
PGR052 Pàrlamaid na h-Alba buidheann Chorporra		74	553	106	2	2	49	8	Fios ri tighinn 22/23
PGR055 Riaghaltas na h-Alba		8	34	7	150	1		11	0
PGR056 Sabhal Mòr Ostaig		Fios ri tighinn 22/23	780	24	5	114	137	2	34
PGR057 Seirbheis Ambaileans na h-Alba		0	0	0	8	0	30	0	9
PGR058 Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-alba		2	1	1	36	0	98	1	0
PGR059 Spòrs Alba		0	10	1	0	0	7	6	0
PGR060 Stòras Mara Cailleanach Earranta		0	10	0	0	0		1	Fios ri tighinn 22/23
PGR061 Taighean Tasgaidh Naiseanta na h-Alba		0	0	0	1	0	6	1	0
PGR062 Ùghdarras Pairc Naiseanta a' Mhonaidh Ruaidh		0	59	2	9	1	7	4	12
PGR066 VisitAlba		0	10	10	0	0		4	1
PGR006 Colaisde a' Chaisteil	An duil ri aithisg 2020-2021 13/08/2022								
PGR016 Comhairle Inbhir Chluaidh	An duil ri aithisg 2021-2022 27/07/2022								
PGR034 Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath	An duil ri aithisg 2021-2022 17/06/2022								
PGR037 Comhairle Siorrachd Rinn Friu an Ear	An duil ri aithisg 2021-2022 17/06/2022								
PGR042Leabharlann Naiseanta na h-Alba	An duil ri aithisg 2021-2022 03/08/2022								
PGR045 NHS Eileanan Siar	An duil ri aithisg 2020-2021 05/08/2022								
PGR053 Poileas Alba	An duil ri aithisg 2020-2021 30/06/2022								
PGR054 HIAL	An duil ri aithisg 2020-2022 21/09/2022								
PGR063 Ùghdarras Pairc Naiseanata Loch Laomainn	An dùil ri aithisg 2020-2021 16/06/2022								
PGR064 Ùghdarras Poilis na h-Alba	An duil ri aithisg 2020-2021 30/06/2022								
PGR065 Ùghdarras Theisteanas na h-Alba	An dùil ri aithisg 2020-2021 30/06/2022								
PGR026 Comhairle Sruighlea	An duil ri aithisg 2020-2021 15/06/2022								
PGR028 Comhairle Siorrachd Àir a Tuath	Aithisg a dhìth								
Buaidh Naiseanta		1667	3389	266	1321	805	3175	445	537

Clàr-samhla Data	
	Fàs
	Crionadh
	Gun atharrachadh

Seisean Fosgailte | Open Session
Cuspair 6.1

For	Board Meeting
Date of Meeting	23/06/2022
Location:	Online
Item on Agenda	6.1

Title	Strategic Risk Register	
Request	For approval	
Spokesperson	Nicola Pearson	
Governance route for the report	**Date**	**Type of Treatment**
Audit and Assurance Committee Leadership Team	24/05/2022 10/05/2022	For Approval For Approval
Appendices	PT 1 – Strategic Risk Register	

1.0	**Purpose**
1.1	The paper presents the strategic risk register. This was reviewed and considered by the Leadership Team at their meeting on 10/05/2022 and approved by the Audit and Assurance Committee at their meeting the 24/05/2022. This paper is in English to assist understanding by Internal and External Auditors as demonstration of competent risk management is central to their work.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh/Background**
2.1	n/a
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh / Main points**
3.1	The risk register has been redesigned to aid understanding of the key risks facing the organisation and to allow members to see the unmitigated risk rating, the mitigation and actions proposed and the revised risk rating. **Risk Register Highlights:**

Risk ↑	Risk ↓	Other
• *1.1 - from 12 to 16 Public funding for Gaelic*	• *none to report*	• *none to report*

4.0	**Moladh /Recommendation**
4.1	The Board are requested to: - Discuss the register

	- Make recommendations for changes as viewed appropriate; and - Approve the register.
5.0	**Key Strategic Impacts**
5.1	**Impact on Finance**
	No direct impact but ensures that financial risks are considered by the organisation.
5.2	**Impact on Staff**
	The strategic risk register has an impact on the work that staff deliver in terms of ameliorating risks to the organisation or utilising opportunities.
5.3	**Impact on Training**
	Apart from increasing staff understanding of the issues raised by the risk register, there is not direct impact.
5.4	**Links to Corporate Aims**
	The register contributes to the corporate aim that BnG continues to develop how it works, and to the achievement of the three other corporate aims.
5.5	**Links to the National Performance Framework**

Our Purose		**Our Values**	
To focus on creating a more successful country with opportunities for all of Scotland to flourish through increased wellbeing, and sustainable and inclusive economic growth		We are a society which treats all our people with kindness, dignity and compassion, respects the rule of law, and acts in an open and transparent way	
AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Human Rights	☐	Children & Young People	☐
Culture	☐	Communities	☐
Environment	☐	Poverty	☐
Health	☐	International	☐
Learning	☐	Economy	☐
Successful innovative businesses	☒		

5.6	**Impact on Reputation**
	Managing risk has a significant impact on the organisation. The regular review of the strategic risk registers ensure the organisation focuses on this.
5.7	**Impact on Health and Safety**
	n/a
5.8	**Legal Impact**
	n/a
5.9	**Impact on Equality**
	n/a
5.10	**Impact on Environment**
	n/a

Strategic Risk Register

	Ref	Description	Consequence	Initial risk rating	Mitigation	Risk rating post mitigation	Actions: tolerate/ treat/ transfer/ terminate/ take an opportunity	Movement	Current rating	Risk owner	Date reviewed
Covid - 19	1.1	Downturn in the economy, leading to reducing public funds and greater need for financial interventions leading to static or reduced public funding for Gaelic.	Less funding available for Gaelic development	16	Programme of awareness raising and messaging that in order to achieve ambitions for Gaelic,a positive outcome from the Strategic Spending Review is critical to growth of Gaelic.	8	Take an opportunity: Provide key messages on the opportunities and challenges for Gaelic and support SG to deliver its Programme for Government commitments for Gaelic; including normalising Gaelic within other commitments.	↑	16	Ceannard	May-22
	1.2	Loss of staff due to illness	Reduced ability to carry out BnG's work and impact on staff morale.	16	Programme of support for staff in working from home.	12	**Treat:** Review organisational priorities and/or identify alternative routes to delivering functions. Ensure wellbeing is a priority for staff and board. Implement new protocols rigorously to minimise risk of illness when allowed to return to office working.	↔	12	Ceannard	Apr-22
	1.3	Reduction in staff productivity	Reduced capacity to deliver BnG's work due to impact of continued lockdown.	16	Programme of support for staff in working from home.	8	**Treat:** Review organisational priorities. Ensure wellbeing is a priority for staff and board. **Take the Opportunity:** Ensure that those most likely to be affected are offered earliest opportunity to return to office-based working..	↔	8	Ceannard	Apr-22
More people using and benefitting from Gaelic at work, home and in the community	2.1	Ageing and declining traditional Gaelic-speaking communities	Absence of economically active workforce will reduce ability for intergenerational transmission and usage	12	Ensuring that policies affecting Gaelic-speaking communities aim to retain and attract young people	9	**Treat:** Include Gaelic language in development of policies and contribute to public consultations. **Take the Opportunity:** Support initiatives aimed at retaining and attracting people to Gaelic speaking communities inluding encourage organisations to see current home-working as an opportunity for young people to live in the islands. Use existing consultations and particularly for NGLP#4 to engage further with traditional communities. Continue to emphasise the messages of the current National Plan on the impact of socio-economic issues.	↔	9	Ceannard	Apr-22
	2.2	Scotland's Census 2022	Continued deline of Gaelic speakers will negatively impact the view of the public and politicians	12	Encouraging Gaelic speakers to acknowledge their Gaelic skills in the census	6	**Tolerate:** Communication strategy to enourage people to acknowledge their Gaelic skills in Scotland's Census 2022. Communication strategy in place to prior to publication of census results **Take an Opportunity:** Encourage anyone who has Gaelic skills to participate in the census process. Build on SG campaign around Census awareness.	↔	6	Interim Director of Development	Apr-22
	2.3	Economy	Reduced funding for public bodies will result in less spending on Gaelic	16	Cooperating with public bodies to encourage maintainance of support for Gaelic	12	**Treat:** Make the case for Gaelic as an economic asset. Develop Gaelic Plans which progress essential priorities Use Gaelic Plans to encourage public bodies to normalise Gaelic spending in key areas such as education **Take the Opportunity:** Continue to make the case that was made at CoHI that Gaelic be part of its work. Continue working on the Faster Rate of Progress delivery and explore expansion opportunities. Maximise the positive message on adult learning and the economy. Participate in short-life working group on economy and Gaelic.	↔	12	Ceannard	Apr-22

Strategic Risk Register

	Ref	Description	Consequence	Initial risk rating	Mitigation	Risk rating post mitigation	Actions: tolerate/ treat/ transfer/ terminate/ take an opportunity	Movement	Current rating	Risk owner	Date reviewed
Opportunities to develop Gaelic skills at any age increased and more accessible	3.1	As consequence of budgetary pressures resulting from Covid-19 LAs do not prioritise extending Gaelic Education.	Number of children with Gaelic skills is insufficient to maintain speaker numbers	20	Ensuring that there is enough people and financial resources to meet demand	16	**Transfer:** Working with local authorities to ensure that staff are available where they are needed. Working with colleges, universities, and training providers to ensure that their courses are delivering enough staff to meet demand. Providing professional advice and support for the teacher recruitment workstream in Faster Rate of Progress. **Treat:** Continuing support for LAs on Gaelic Plan commitments and through engagement with national networks (GLAN, ADES etc.) **Take the Opportunity:** Use the work underway to review the implementation of the Statutory Guidance to increase understanding of it and its use. Provide advice for the development of the SG manifesto commitments for education.	↔	16	Director of Gaelic Education	Apr-22
	3.2	Local authorities unwilling to grow Gaelic Education	Number of children with Gaelic skills is insufficient to maintain speaker numbers	20	Making the case (financial, economic and educational) for Gaelic education.	12	**Treat:** Working with Scottish Government and local authorities to ensure there is robust supporting information for a strong case. Continuing support for LAs on Gaelic Plan commitments and through engagement with national networks (GLAN, ADES etc.) and the developing work with the Gaelic teacher recruitment officer e.g. projects such as Dèandiofar. In addition, working with a variety of LAs on developing GME services Statutory Guidance. **Take the opportunity:** Continue to promote the positive news about research into bilingualism. Provide advice for the development of the SG commitments for education.	↔	12	Director of Gaelic Education	Apr-22
	3.3	Learning needs of individuals not met	People do not feel confident in their Gaelic skills, leading to reduced use	15	Ensuring that Gaelic education remains a choice. Ensuring that all children starting Gaelic education can follow it through to secondary level. Ensuring that all adults who aim to develop their Gaelic skills have the opportunity to do so.	16	**Transfer:** Continuing support for LAs on Gaelic Plan commitments and through engagement with national networks (GLAN, ADES, CLAD etc.) Education team have agreed education priorities with planning team which are now impacting upon planning assessments. Continuing partnership work with LearnGaelic, SpeakGaelic and national organisations such as Education Scotland and the SQA. Dialogue with local authorities to ensure that as many young people as possible who learn Gaelic at primary school can continue this at secondary school. Maximise the opportunities for GME in Professor Muir report. Ensure that there is strategic lead to ensure that learning resources are in place to fulfil needs and ambitions. **Take the Opportunity:** Work with all partners to promote access to online resources for all stages and types of learning needs.and support resource expansion to ensure continued growth on online learning for all types of learning needs, particularly SpeakGaelic. Make use of data provided by LearnGaelic.scot monthly	↔	16	Director of Gaelic Education	Apr-22

Strategic Risk Register

	Ref	Description	Consequence	Initial risk rating	Mitigation	Risk rating post mitigation	Actions: tolerate/ treat/ transfer/ terminate/ take an opportunity	Movement	Current rating	Risk owner	Date reviewed
More people in Scotland positive about Gaelic	4.1	Gaelic does not maintain a positive image	People less inclined to be involved with or learn the language	20	Ensuring the success of Gaelic in Scotland's towns and cities is highlighted. Highlighting the value of the language to traditional Gaelic-speaking communities. Countering negative messages and misinformation.	12	**Treat:** Having an active communication strategy to publicise the successes and counter misinformation. **Transfer:** Encourage others to maximise good news stories about Gaelic **Take the Opportunity:** Continue to promote the statistics from Duolingo, LearnGaelic, SpeakGaelic and online activities. Provide leadership on the interdependence of all Gaelic communities and the importance of collaboration and mutual support.	↔	12	Ceannard	Apr-22
	4.2	Politicisation of the language	Maximise the impact of the commitments for Gaelic in the main political parties' manifestos.	16	Continuing dialogue with all political parties on a non-partisan basis.	12	**Take the Opportunity:** Continue communication with MSPs who are involved with and supportive of Gaelic to support national developments.	↔	12	Ceannard	Apr-22
	4.3	Gaelic not seen as important	Public and political support for Gaelic eroded	16	Normalising Gaelic within Scottish life	12	**Treat:** Emphasise the social and economic worth of Gaelic to the whole of Scotland.	↔	12	Ceannard	Apr-22
Developing how BnaG works	5.1	Insufficient staff capacity	Bòrd na Gàidhlig is unable to fulfil its commitments and staff morale is reduced.	20	Business case for more staff. Implement interim measures to increase SMT and other teams' capacity	16	**Treat:** Continue to make a business case to Scottish Government Attention given in the workforce plan to ensure that enough staff resource is in place to successfully deliver	↔	16	Ceannard	Apr-22
	5.2	Reputation	Negative aspects of reputation affect Bòrd na Gàidhlig's ability to deliver its role.	25	Communications Strategy to highlight Bòrd na Gàidhlig's role in promoting and funding Gaelic development	8	**Treat:** Utilising all media channels to tell our story **Take the Opportunity:** Increase communication through the work in developing the 4th National Gaelic Language Plan.	↔	8	Ceannard	Apr-22

Seisean Fosgailte : Open Session
Cuspair 7.1

A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	23/06/2022
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	7.1

Tiotal a' Phàipeir	Slàinte is Sàbhailteachd	
Moladh do Bhuill	Airson Fiosrachadh*	
Neach labhairt:	Louise NicIlleathain	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Comataidh Poileasaidh is Goireasan	10/05/2022	Airson Fiosrachadh*
Pàipear-taice air a cheangal ris	Chan eil	

1.0	**Adhbhar**
1.1	Tha am pàipear seo airson fios a chumail ris Am Bòrd-stiùiridh air slàinte is sàbhailteachd aig Bòrd na Gàidhlig thairis air a' bhliadhna 2021/22.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Tha dleastanas air buill a' Bhùird-stiùiridh a dhearbhadh gu tèid a h-uile oidhirp a dhèanamh gus dìon a thoirt dhan luchd-obrach tro phoileasaidh is siostaman airson slàinte is sàbhailteachd aig an ìre as àirde.
2.2	Tha a' bhuidheann a' cleachdadh companaidh Peninsula gus taic a chumail rithe airson nan dleastanasan seo a choileanadh.
2.3	Tha a' mhòr chuid de luchd-obrach Bòrd na Gàidhlig ag obair aig an taigh fhathast.
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Cha robh tubaist aig ìre 'reportable' aig Bòrd na Gàidhlig ann an 21/22.
3.2	Cha deach tubaist sam bith a chlàradh aig Bòrd na Gàidhlig ann an 21/22.
3.3	Tron bhliadhna 21/22, chùm sinn a' dol le measaidhean slàinte 's sàbhailteachd airson luchd-obrach ag obair aig an taigh agus thèid measadh a dhèanamh air gach neach-obrach ùr mar phàirt den phròiseas inntrigidh.
3.4	**COVID-19** Bho Mhàrt 2020, tha an sgioba air fad air a bhith ag obair bhon taigh làn ùine. s On uair sin, tha a' bhuidheann air a bhith trang le taic eadar-dhealaichte gus slàinte is sàbhailteachd dhaoine a dhìon.
3.5	'S e iad seo cuid de na gnìomhan: • Stiùireadh – a' cleachdadh stiùireadh bhon Riaghaltas agus NHSInform;

	• Conaltradh cunbhalach – an dà chuid, foirmeil – m.e. Dè tha Dol gach seachdain, pasgan sònraichte air SharePoint le fios, co-labhairt luchd-obrach - is neo-fhoirmeil – Cupa Tì còmhla dà thuras gach seachdain; • Taic le uidheamachd, m.e sgrìon mhòr, luch shònraichte, cathair; • Taic le slàinte inntinn – fiosrachadh air goireasan taic, m.e. seirbhisean Employee Assistance Program; seiseanan air a lìbhrigeadh leis an Dr Rachel Allan; • Stiùireadh gus dèanamh cinnteach gun gabh an luchd-obrach na saor-làithean aca; • Stiùireadh air ùine a ghabhail air falbh bhon sgrìn; • Ceisteachan air uairean obrach agus aonta a bhith a' gabhail ris na h-iarrtasan thairis air a' bhuidheann air fad.
4.0	**Moladh**
	Aire a thoirt don fiosrachadh sa phàipear seo.
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Bidh buaidh air ionmhas le ceannach uidheamachd is taic a bharrachd is thèid clàr a chumail air dè chaidh a chosg air sgath Covid-19. Tha na cosgaisean eile sa bhuidseat co-dhiù.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Leis na ceumannan a thathas a' gabhail, thathar an dòchas nach bi buaidh air an luchd-obrach.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Tha na ceumannan seo a' toirt buaidh air trèanadh agus thèid trèanadh sam bith a tha a dhìth a thabhainn.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**
	Tha am fiosrachadh seo a' cur ris an amas chorporra gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige.
5.5	**Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR	AR LUACHAN
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☒	Clann	☐
Cultar	☐	Coimhearsnachdan	☐
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☒	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☐	Eaconamaidh	☐
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☒		

5.6	**Buaidhean air Cliù**
	Mur robh a' bhuidheann a' dèanamh na h-obrach seo, thigeadh droch chliù air a' bhuidhinn.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Iomradh sa phàipear

5.8	**Buaidhean Laghail**
	Tron obair seo, tha a' bhuidheann a' cumail ris an lagh.
5.9	**Buaidhean air Co-ionannas**
	Cha bhi buaidh air co-ionannas.
5.10	**Buaidhean air an àrainneachd**
	Cha bhi buaidh air an àrainneachd.

*Fosgailte airson deasbad aig a choinneamh

Seisean Fosgailte
Cuspair 07.2

A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	23.06.2021
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	07.2

Tiotal a' Phàipeir	Gnàth-riaghailtean a' Bhùird-stiùiridh	
Moladh do Bhuill	Ri Aontachadh	
Neach labhairt:	Shona C NicIllinnein, Ceannard	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
-	-	-
Pàipear-taice air a cheangal ris	Tha PT 1 – Gnàth-riaghailtean	

1.0	**Adhbhar**	
1.1	'S e as adhbhar don aithisg seo, cothrom a thoirt do Bhuill a' Bhùird-Stiùiridh beachdachadh air atharrachadh ann an Gnàth-riaghailtean a' Bhùird-stiùiridh, agus molaidhean a thoirt seachad ma tha atharraichean sam bith a dhìth gus cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi siostaman-riaghlaidh èifeachdach ann fhathast	
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**	
2.1		
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**	
3.1	Thathar den bheachd, ma thèid gabhail ris na Gnàth-riaghailtean ùra gum bi sin a' cuideachadh fosgailteachd na buidhne.	
4.0	**Moladh**	
4.1	Thathar ag iarraidh air Buill a' Bhùird-stiùiridh: • Beachdachadh air na Gnàth-riaghailtean agus molaidhean a thoirt seachad, ma tha atharraichean a dhìth; agus • an aonta a chur ris na Gnàth-riaghailtean.	
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**	
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**	
	Chan eil buaidh ionmhasail dhìreach sam bith aig an aithisg seo.	
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**	
	Bidh buaidhean air dòighean-obrach sa bhuidhinn air sgàth seo.	
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**	
	Bidh trèanadh a dhìth sna dòighean-obrach ùra.	
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachdail agus Corporra**	
	Tha na gnàth-riaghailtean a' cur ris an amas chorporra gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige.	
5.5	**Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**	
	AR N-ADHBHAR	**AR LUACHAN**
	Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag

			obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach	
	AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
	Còraichean daonna	☐	Clann	☐
	Cultar	☐	Coimhearsnachdan	☐
	Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
	Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
	Foghlam	☐	Eaconamaidh	☐
	Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☒		
5.6	**Buaidhean air Cliù**			
	Bidh seo a’ cur ri cliù na buidhne le a bhith nas fhosgailte.			
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**			
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air Slàinte is Sàbhailteachd.			
5.8	**Buaidhean Laghail**			
	Chan eil buaidh laghail dhìreach sam bith aig an aithisg seo.			
5.9	**Buaidhean air Co-ionannachd**			
	Chan eil buaidh sam bith a bharrachd aig an aithisg seo air co-ionannachd.			
5.10	**Buaidhean air an Àrainneachd**			
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith air an àrainneachd.			

GNÀTH-RIAGHAILTEAN

AIRSON COINNEAMHAN FOIRMEIL

BÒRD-STIÙIRIDH BHÒRD NA GÀIDHLIG

STANDING ORDERS

FOR FORMAL MEETINGS OF

BÒRD NA GAIDHLIG'S BOARD

+A
ir aontachadh le/Approved by: **Am Bòrd-stiùiridh – The Board**

Air aontachadh air/Approved on: **2020-09-08**

Ath-nuadhachadh a dhìth/Review due on: 06-2022

A' Ghàidhlig is Beurla co-ionnan: OND

Clàr-innse/ Contents

Ro-ràdh	Preamble	3
Ballrachd a' Bhùird-stiùiridh	Board Membership	3
Cuòram	Quorum	4
Cleachdadh na Gàidhlig	Use of Gaelic	5
Tiomnadh cumhachdan	Delegation	5
Clàr nan Coinneamhan	Schedule of Meetings	5
Clàr-gnothaich agus Pàipearan a' Bhùird-stiùiridh	Board Agenda and Papers	6
Pàipearan a' Bhùird-stiùiridh ann an Seiseanan Dùinte	Board Papers dealt with in Closed Session	8
Òrdugh nan Gnothaichean	Order of Business	9
Làthaireachd aig coinneamhan	Attendance at Meetings	9
Ceistean Bùird	Board Questions	9
A' stiùireadh choinneamhan	Chairing of meetings	10
Co-dhùnaidhean a' Bhùird-stiùiridh	Board Decisions	11
A' bhòtadh	Voting	12
Co-dhùnaidhean air an cur dheth	Deferred Decisions	13
Comhairle dhan bhòrd-stiùiridh	Advice to the Board	13
Clàr nan com-pàirtean - A' clàradh com-pàirt	Declarations of Interest - Making a Declaration	14
A' bhuaidh aig nochdadh com-pàirt	Effect of Declaration	14
Ceadan sònraichte	Dispensations	15
Geàrr-chunntasan a' Bhùird-stiùiridh	Board Minutes	15
A' cur bhall à dreuchd rè ùine	Suspension of Members	16
Dìomhaireachd	Confidentiality	17
Fiachanas pearsanta buill a' bhùird-stiùiridh	Personal liability of Board Members	17
A' cur stad sealach air no ag atharrachadh nan Gnàth-riaghailtean	Suspension and amendments of Standing Orders	18

	(Tha seo an sàs cuideachd airson coinneamhan Comataidh Bhòrd na Gàidhlig cuideachd mur a tèid an caochladh a ràdh ann am Bun-riaghailtean na Comataidh)	(Applies also to Bòrd na Gàidhlig's Committees unless stated otherwise in Committee Terms of Reference)
	Ro-ràdh	**Preamble**
1	Chaidh Bòrd na Gàidhlig a stèidheachadh gus dleastanasan Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 ("An Achd") a choileanadh	Bòrd na Gàidhlig was established to carry out the functions stated in the Gaelic Language (Scotland) Act 2005 ("the Act").
2	Tha am pàipear seo a' mìneachadh nan dòighean-obrach mionaideach airson a bhith a' ruith choinneamhan Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig. Tha na dòighean-obrach an seo an sàs airson coinneamhan comataidhean a' Bhùird cuideachd mar a bhios iomchaidh, ach a-mhàin ma bhios Comataidh a' cur a ghnàth riaghailtean fhèin air dòigh. Ma nithear seo, feumaidh iad a bhith air an aontachadh leis a' Bhòrd.	This paper sets out the detailed procedures that apply to the conduct of meetings of Bòrd na Gàidhlig's Board. The procedures also apply to meetings of the Committees of the Board as appropriate unless a Committee adopts its own standing orders, in which case they must be endorsed by the Board.
3	Tha na Gnàth Riaghailtean seo a bharrachd air na riatanasan a tha air am mìneachadh ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus na h-ullachaidhean anns na sgrìobhainnean a leanas: • Còd-giùlain airson Buill Bhòrd na Gàidhlig (2022) • Achd Inbhean Eiticeil sa Bheatha Phoblach is msaa (Alba) (2000) • Riaghailtean Fiosrachadh Àrainneachdail (Alba) (2004) • Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) (2002) • Achd an Dìon Dàta (2018)	These Standing Orders are in addition to the requirements as set out in the Gaelic Language (Scotland) Act 2005 and the provisions set out in the following documents: • Code of Conduct for Members of Bòrd na Gàidhlig (2022) • The Ethical Standards in Public Life etc. (Scotland) Act (2000) • Environmental Information (Scotland) Regulations (2004) • The Freedom of Information (Scotland) Act (2002) • The Date Protection Act (2018)
4	Thèid Buill Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig a chur an dreuchd leis a' Mhinistear air a bheil Uallach agus bi ballrachd gun a bhith nas lugha na 5, no nas motha na 11, buill àbhaisteach. Thèid aon bhall a bharrachd a thaghadh leis a' Mhinistear air a bheil Uallach airson a bhith na C(h)athraiche.	Bòrd na Gàidhlig's Board members are appointed by the Responsible Minister, and the Board will consist of no fewer than 5, nor more than 11, ordinary members. An additional member is appointed by the Responsible Minister to be the Cathraiche (Chair).
	Ballrachd a' Bhùird-stiùiridh	**Board Membership**
5	Nuair a bhios oifis a' Chathraiche bàn, feumaidh buill àbhaisteach a' bhùird-stiùiridh cuideigin ainmeachadh airson a bhith ann an cathair a' Bhùird gus an tèid cuideigin fhastadh fo fho-pharagraf (1)(b) de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.	Where the office of Cathraiche is vacant, the ordinary members must elect from amongst themselves a person to chair the Board until an appointment is made under sub-paragraph (1)(b) of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005.

Faodaidh an Cathraiche iar-chathraiche ainmeachadh bho bhuill a' bhùird gus a bhith na c(h)athraiche mas e is nach urrainn don Chathraiche an dreuchd a choileanadh fad ùine ghoirid. 'S e dreuchd pro-tem a tha seo agus cha tèid e an àite an ullachaidh gu h-àrd.

The Cathraiche can nominate a vice-chair from amongst the board members to act as chair in the event that the Cathraiche is unable to carry out the role for a limited term. This is a pro-tem role and will not replace the provision above.

6 Tha buill Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig uile air an taghadh mar dhaoine fa leth agus chan ann mar riochdairean aig buidheann. Tha cho fad 's a bhios neach nam ball den bhòrd air a mhìneachadh ann an litir fastaidh a' bhuill.

All Bòrd na Gàidhlig Board members are appointed on an individual basis and not as representatives of organisations. Duration of appointments is as set out in a member's letter of appointment.

Cuòram

7 Is e cuòram Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig mòr-chuid de bhuill làithreach a' Bhùird a tha comasach air co-dhùnadh a dhèanamh is aig nach robh ris a' choinneamh fhàgail mar thoradh air com-pàirt a nochdadh, a' gabhail a-steach an neach a tha na c(h)athraiche air a' choinneimh. Cha tèid co-dhùnadh sam bith a dhèanamh aig coinneamh aig bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig mur eil cuòram ann. Thèid na daoine a tha an làthair agus nach robh an làthair a chlàradh ann an geàrr-chunntas gach coinneimh.

Quorum

The quorum of Bòrd na Gàidhlig Board is a majority of members able to make the decision, having not been obliged to withdraw as a result of declaring an interest, including the person chairing the meeting. No decisions will be made at a meeting of Bòrd na Gàidhlig's Board unless a quorum is present. All attendances and absences will be recorded in the minutes of any meeting.

8 Ann an cuid de shuidheachaidhean, thèid coinneamhan slàn a chumail air-loidhne no air a' fòn, tro ghairmean co-labhairt no co-labhairt bhidio agus thèid am fòrmat aontachadh leis a' Chathraiche.

In some circumstances complete meetings will be held online or through telephone, conference call or video conference facilities and the format shall be decided by the Chair.

Anns na suidheachaidhean seo, bhiodh na Buill sin air am meas gu bheil iad an làthair agus mar phàirt den chuòram airson na coinneimh sin cho fad 's gu bheil e comasach dhaibh pàirt a ghabhail ann an deasbadan (eg nach eil trioblaidhean teicnigich a' cur bacadh orra). Anns a h-uile suidheachadh, bhiodh an t-ùghdarras deireannach aig a' Chathraiche agus bhiodh e an urra ris a' Bhall rabhadh iomchaidh a thoirt seachad agus an teicneòlas iomchaidh a bhith ri fhaighinn aig àite na coinneimh. Ma tha Ball, gun adhbhar reusanta, air a bhith neo-làthaireach bho choinneamhan Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig airson ùine nas fhaide na 4 mìosan an dèidh a chèile no airson 3 coinneamhan an dèidh a chèile agus nach deach cead a thoirt seachad leis a' Chathraiche airson seo, bheir an Cathraiche comhairle dhan Mhinistear.

In these circumstances, Members would be deemed to be present and to constitute part of the quorum for the purposes of that meeting so long as they are able to participate in discussions (eg unaffected by technical problems). In all circumstances, the Cathraiche would have the final authority and would be dependent on the Member providing suitable notice and the availability of the appropriate technology at the meeting location. If a Member, without reasonable justification, has been absent from meetings of Bòrd na Gàidhlig's Board for a period longer than 4 consecutive months or for 3 consecutive meetings and has not been given leave by the Cathraiche, the Cathraiche will advise the Minister.

9 Faodar cuireadh a thoirt do bhuill Comataidhean nach eil nam buill de Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig, le toil a' Chathraiche, a bhith an làthair aig pàirt no aig làn choinneamh de Bhòrd Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig no taisbeanaidhean a thoirt seachad dhan Bhòrd-stiùiridh. Cha bhi còir bhòtaidh aca ge-tà.

Members of Committees who are not members of Bòrd na Gàidhlig's Board may, at the discretion of the Cathraiche, be invited to attend part or all of Bòrd na Gàidhlig Board meetings or to make presentations to Bòrd na Gàidhlig's Board. They will not however be entitled to vote.

Cleachdadh na Gàidhlig

10 Thèid na h-ullachaidhean uile aig coinneamhan a' Bhùird-stiùiridh agus a chomataidhean a chumail sa Ghàidhlig mura h-aontaich am Bòrd-stiùiridh an caochladh. Bidh Bòrd na Gàidhlig a' cur ullachaidhean iomchaidh air dòigh mar as trice airson a bhith ag eadar-theangachadh ghnothaichean dhan Bheurla agus cànanan sam bith eile a tha iad a' meas iomchaidh (ma tha e practaigeach gu teicnigeach a chur air dòigh) bho àm gu àm ann an coileanadh an obair.

Use of Gaelic

All proceedings of meetings of the Board and its committees shall be carried on in Gaelic unless the Board agrees otherwise. Bòrd na Gàidhlig shall normally make available (if technically possible) appropriate arrangements for the translation of any proceedings into English and such other languages they may from time to time consider appropriate in the conduct of its business.

Tiomnadh cumhachdan

11 Dh'fhaodte gun tiomnaich Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig cumhachdan do chomataidhean a' Bhùird, do bhuidhnean eile, no do dhaoine fa leth mar a bhios e a' meas iomchaidh. Co-dhùnaidh Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig an raon-ùghdarrais, ullachaidhean a thaobh na Cathrach aig coinneamhan, ballrachd, ìre nan cumhachdan tiomnaichte, agus riaghailt sam bith eile a tha a' dol leis an tiomnadh chumhachdan. Mur a tèid an caochladh a chur an cèill, bidh buidhnean agus daoine fa leth eile ag aithris gu dìreach gu Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig.

Delegation

Bòrd na Gàidhlig's Board may delegate powers to Board Committees, other groups or individuals as it considers necessary. Bòrd na Gàidhlig's board shall decide the remit, Chair arrangements and membership, level of delegated authority, and any other rules which accompany the delegation. Unless otherwise directed, Committees, other groups and individuals will report direct to Bòrd na Gàidhlig's Cathraiche.

Clàr nan Coinneamhan

12 Mus tòisich a' bhliadhna, aontaichidh Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig cinn-latha agus àiteachan airson nan coinneamhan aca airson na bliadhna air thoiseach. Ruithidh an clàr-ama bhon Ghiblean gus am Màrt le coinneamh ann timcheall air aon uair gach trì mìosan. Thèid an clàr-ama airson coinneamhan a' Bhùird-stiùiridh fhoillseachadh air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig agus thèid an clàr-gnothaich agus na pàipearan a sgaoileadh do bhuill co-dhiù 10 làithean ro gach coinneimh (ach a-mhàin ma tha an Cathraiche den bheachd gum biodh e na b' fheàrr a bhith a'

Schedule of Meetings

Bòrd na Gàidhlig's Board will approve in advance of each calendar year, dates and venues for its meetings for the following year. The schedule will be from April to March with a meeting frequency of approximately once every three months. The forward schedule of Board meetings is published on Bòrd na Gàidhlig's website, and the agenda and papers will be issued to members at least 10 calendar days in advance of each meeting (unless a later circulation is considered preferential by the Cathraiche for one or all of the papers).

sgaoileadh fear de na pàipearan no na pàipearan uile nas fhaisg air latha na coinneimh).

13 Faodaidh an Cathraiche coinneamh shònraichte de Bhòrd na Gàidhlig a chur air dòigh nuair a tha e coltach gu bheil feum air beachdachadh air cuspair gu luath. Faodaidh Ball sam bith iarraidh gun tèid coinneamh shònraichte a chumail. Bidh an co-dhùnadh mu dheireadh am bu chòir seo a dhol air adhart leis a' Chathraiche, no mur eile iad ri fhaighinn, bho Chathraiche a' Chomataidh Sgrùdaidh agus Dearbhaidh, a bhios cuideachd a' dearbhadh cò an luchd-obrach a bu chòir a bhith an làthair.

The Cathraiche may convene a special meeting of Bòrd na Gàidhlig's Board when it appears that an item of business requires urgent consideration. Any Member may request that a special meeting be convened. The final decision on whether this proceeds rests with the Cathraiche or, in their absence, the Chair of the Audit and Assurance Committee, who will also determine which members of staff should attend.

Clàr-gnothaich agus Pàipearan a' Bhùird-stiùiridh

14 Tha an clàr-gnothaich airson gach coinneamh de Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig air ullachadh agus air aontachadh leis an Sgioba Stiùiridh airson a dhol air adhart dhan Chathraiche airson aonta. Thèid clàr-gnothaich a' Bhùird-stiùiridh a phostadh air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig às aonais nì sam bith airson seisean dùinte, seachdain ro choinneimh a' Bhùird-stiùiridh. Dh'fhaodte gun atharraich nithean air a' chlàr ron choinneimh, agus nochdaidh atharrachaidhean air a' chlàr-ghnothaich air an làraich-lìn.

Board Agenda and Papers

The agenda for each Bòrd na Gàidhlig Board meeting is prepared and cleared by the Leadership Team for approval by the Cathraiche. The Board agenda is posted on Bòrd na Gàidhlig's website minus any closed session items, one week prior to the Board meeting. Agenda items may change prior to the meeting, with any changes reflected on the website agenda.

15 Bu chòir àiteachan agus amannan nan coinneamhan feuchainn ris na rudan a leanas a lùghdachadh (far a bheil sin reusanta):

- cosgaisean dìreach dhan sporan phoblach.
- an tìde a bheir e (agus mar sin cosgaisean neo-dhìreach) do na daoine a bhios a' gabhail pàirt sa choinneimh.
- a' bhuaidh a bheireadh e air lorg àrainneachdail Bhòrd na Gàidhlig, gu sònraichte an lorg càrboin aige.
- agus bu chòir dhaibh cuideachd ruigsinneachd don phoball a mheudachadh.

Timings and locations of meetings should seek to minimise (within reason) the following:

- the direct financial costs to the public purse.
- the time commitment (and so indirect financial cost) involved for all participants.
- the impact on Bòrd na Gàidhlig's environmental footprint, and in particular its carbon footprint.
- and maximise accessibility to the public.

16 Bidh Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig ag amas air co-dhiù aon tadhal coimhearsnachd a chumail gach bliadhna. Thèid seo a thoirt fa-near air a' chlàr-ama airson coinneamhan ri teachd.

Bòrd na Gàidhlig's Board will aim to have at least one community visit a year. This will be noted on the forward schedule.

17 Thèid òrdugh nan nithean air clàr-gnothaich a' Bhùird-stiùiridh aontachadh leis a'

The running order of items on the Board agenda will be agreed with the

	Chathraiche/Ceannard agus bheir iad aire do na h-ullachaidhean siubhail airson luchd-obrach agus buill a tha an dùil a bhith an làthair cho fad ’s a ghabhas seo dèanamh.	Cathraiche/Ceannard and as far as possible will take into account the travel arrangements for staff and members who plan to attend.
18	Bidh an Sgioba Stiùiridh a’ beachdachadh air agus ag aontachadh phàipearan dhan Bhòrd mus tèid an cur gu Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig ach a-mhàin ma tha pròiseasan riaghlaidh an sàs.	Board papers are considered and approved by the Leadership Team prior to submission to Bòrd na Gàidhlig’s Board unless other governance processes are in place.
19	Bidh sgioba rùnaireachd a’ Bhùird-stiùiridh a’ cur ri chèile, a’ sgaoileadh, agus far a bheil sin a dhìth, a sgrìobhadh phàipearan airson nan nithean a chaidh aontachadh airson Clàr na coinneimh, ach a-mhàin ma chaidh aontachadh le Cathraiche na coinneimh nach eil pàipear sam bith a dhìth.	The Board secretariat team will electronically collate, circulate and, where necessary, provide papers for the agreed Agenda items at a meeting, unless it has been previously agreed with the Chair of the meeting that no paper is required.
20	Thèid pàipearan a chur gu na daoine a tha gu bhith an làthair aig a’ choinneimh gu h-eileagtronaigeach co-dhiù 10 latha ron choinneimh.	Papers will be electronically sent to the meeting attendees at least 10 days prior to the meeting.
21	Mur eil na pàipeirean deiseil airson sgaoileadh 10 làithean ron choinneimh, as dèidh co-chomhairle le Cathraiche na Coinneimh agus leis a’ Cheannard, dh’fhaodte gum post sgioba rianachd a’ Bhùird-stiùiridh na pàipearan nas anmoiche, gun tèid am pàipear no na pàipearan a chur sìos aig a’ choinneimh fhèin, no gun tèid an nì/na nithean a thoirt far Clàr-gnothaich na coinneimh. Dh’fhaodte nach tèid cumail ris na clàran-ama sin ma thèid coinneamhan sònraichte aontachadh le rabhadh goirid, ach thèid a h-uile oidhirp a dhèanamh gus pàipearan a chur a-mach ron choinneimh	If papers are not available for dispatch 10 days prior to the meeting, the Board secretariat team may, after consultation with the Chair of the meeting and the Ceannard, make a late posting, or table the paper(s) at the meeting, or withdraw the item(s) from the Agenda of the meeting. Occasions when these timescales may not be adhered to are if Special meetings are agreed at short notice, every attempt however will be made to dispatch papers in advance of the meeting
22	Faodar nithean air clàr-gnothaichean a bhith air an comharrachadh mar Fhosgailte, Dùinte no Prìobhaideach. Mar as trice, thèid coinneamhan a’ Bhùird-stiùiridh a chumail ann an seisean Fosgailte. Ach dh’fhaodte gum bi nithean air a’ chlàr a tha air an comharrachadh mar Dùinte no Prìobhaideach. Dh’fhaodte gun tèid nithean seisean Fosgailte a chumail gu poblach. Chan fhaod am poball a bhith an làthair aig nithean seisean Dùinte agus dh’fhaodte gum bi farsaingeachd de dh’oifigearan air an riochdachadh cuideachd. Bidh an Ceannard an làthair an dà chuid aig seiseanan fosgailte agus	Board meeting agenda items may be categorised Open, Closed or Private. Board meetings will normally be held in Open session. However, there may be agenda items categorised as Closed or Private. Open session items may be considered in public. Closed session items will exclude the public and may also have a range of executive representation. The Ceannard will attend both open and closed sessions unless absence is agreed with the Chair. Private session items will be board members only and where necessary, include a nominated scribe.

dùinte ach a-mhàin ma thèid aontachadh leis a' Chathraiche nach bi i/e an làthair. Bidh buill a' bhùird-stiùiridh a-mhàin an làthair airson seiseanan prìobhaideach agus far a bheil seo a dhìth, thèid ball ainmeachadh mar sgrìobhaiche.

23 Thèid an clàr foirmeil de choinneamh Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig fhoillseachadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla, air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig taobh a-staigh 10 latha bho chaidh clàr-gnothaich a' Bhùird- stiùiridh aontachadh taobh a-staigh 8 seachdainean bhon choinneimh ~~aig an ath-choinneimh aig a' Bhòrd-stiùiridh~~.

The formal record of Bòrd na Gàidhlig's Board meeting will be published, in Gaelic and English, on Bòrd na Gàidhlig's website within 10 days following approval of the Board minute within 8 weeks of the meeting~~at the following Board meeting~~.

24 Faodaidh buill a' bhùird-stiùiridh iarraidh gun tèid nì sam bith a dheasbad ann an seisean dùinte; thèid seo a dheasbad leis a' Chathraiche agus bidh e a rèir toil a' Chathraiche. Mas e is gun tèid nì a ghabhail ann an seisean dùinte, feumaidh adhbhar iomchaidh a bhith air a thoirt seachad air a shon. Cha tèid geàrr-chunntasan seiseanan dùinte fhoillseachadh air-loidhne.

Board members are permitted to request any item to be discussed in closed session; this will be discussed in conjunction with the Cathraiche and at their discretion. Should an item of business be taken in closed session, then a valid reason must be given. Closed session minutes will not be published to the website.

Pàipearan a' Bhùird-stiùiridh ann an Seiseanan Dùinte

Board Papers dealt with in Closed Session

25 Thathar a' gabhail ris gun tèid beachdachadh air pàipearan airson Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig ann an Seisean Fosgailte ach a-mhàin ma tha adhbhar làidir ann airson dìomhaireachd. Gheibhear stiùireadh bho Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002, Riaghailtean Fiosrachaidh Àrainneachdail 1994 agus Achd Dìon Dàta 2018 a thaobh dè na pàipearan ris am bu chòir dèiligeadh ann an seisean dùinte. Nì an Cathraiche co-dhùnaidh air seo ann an conaltradh leis a' Cheannard.

There is a presumption that Bòrd na Gàidhlig's Board papers will be considered in Open Session unless there are strong grounds for confidentiality. The Freedom of Information (Scotland) Act 2002 is used, along with the Environmental Information Regulations 1994 and the Data Protection Act 2018, to guide which papers should be dealt with in closed session. Decisions on this are made by the Cathraiche in consultation with the Ceannard.

26 Am measg pàipearan a' Bhùird-stiùiridh a dh'fhaodadh a bhith air an deasbad ann an seiseanan dùinte (umhail do bheachdan a' Chathraiche agus a' Cheannaird) tha pàipearan a thaobh ceistean sgiobachd agus luchd-obrach. Bidh na h-adhbharan airson a bhith a' dèiligeadh ri pàipearan anns an dòigh seo air a mhìneachadh anns a' phàipear-aghaidh airson a' phàipeir sin.

Board papers which may be dealt with in closed session (subject to the views of the Cathraiche and Ceannard) include papers relating to personnel and staffing issues. The reasons for papers being dealt with in this way will be included in the cover page of the appropriate paper.

27 Ron choinneimh, faodaidh an Cathraiche no Ball eile de Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig moladh gun tèid beachdachadh air nì no pàirt de nì air a'

Prior to the meeting the Cathraiche or other Bòrd na Gàidhlig Board member(s) can move that an item, or part of an item, should be

chlàr aig Seisean Dùinte den choinneimh. Tha seo a rèir toil a' Chathraiche agus cha ghabh a cheadachadh ach a-mhàin ann an suidheachaidhean air leth.

considered in Closed Session of the meeting. This is at the discretion of the Cathraiche and will only be permitted in exceptional circumstances.

Òrdugh nan Gnothaichean

28 Thèid gnothach a' Bhùird-stìuridh aig a h-uile coinneamh air adhart a rèir a' chlàir-ghnothaich a chaidh a thoirt a-mach airson na coinneimh sin ach a-mhàin ma tha an Cathraiche air an caochladh a chur an cèill; faodaidh an Cathraiche òrdugh nan gnothaichean atharrachadh aig àm sam bith a rèir a thoil fhèin no às dèidh iarrtais bho bhall/bhuill.

Order of Business

The business of the Board at all meetings will proceed in accordance with the agenda issued for that meeting unless otherwise directed by the Cathraiche who may at his/her discretion or at the request of a member(s), alter the order of business at any stage.

29 Aig a h-uile coinneamh àbhaisteach no sònraichte, cha tèid beachdachadh air gnothach sam bith ach a-mhàin gnothaichean air a' chlàr-ghnothaich ach a-mhàin far a bheil an Cathraiche den beachd gum bu chòir beachdachadh air nì aig a' choinneimh mar thoradh air suidheachadh sònraichte.

At all ordinary or special meetings, no business other than that on the agenda will be considered except where by reason of special circumstances, the Cathraiche is of the opinion that the item should be considered at the meeting.

Làthaireachd aig coinneamhan

30 Bidh a' chòir aig a' Cheannard a bhith an làthair aig a h-uile coinneamh aig Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig agus aig coinneamhan de na Comataidhean, ach a-mhàin airson pàirtean de choinneamhan nuair a thèid aontachadh le buill Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig gum bu chòir a' chùis a bhith air a deasbad le buill a-mhàin, mar eisimpleir far am bithear a' bruidhinn air tuarastal no coileanadh a' Cheannard.

Attendance at Meetings

The Ceannard shall have the right to attend all Bòrd na Gàidhlig Board meetings and meetings of the Committees, except for parts of meetings when agreed by Bòrd na Gàidhlig's Board members that the matter under discussion should involve members only, for example where the Ceannard's remuneration or performance is being discussed.

31 A bharrachd air a' Cheannard, bidh gach ball den Sgioba Stiùiridh a' frithealadh coinneamhan Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig ach a-mhàin ma thèid iarraidh orra gun a bhith an làthair no ma thèid an leisgeulan a ghabhail. Bidh luchd-obrach eile an làthair airson nithean sònraichte air a' chlàr-ghnothaich nuair a bhios seo iomchaidh.

In addition to the Ceannard, all members of the Leadership Team will, except when requested or excused by the Cathraiche, attend Bòrd na Gàidhlig's Board meetings. Other members of staff will attend for particular agenda items as necessary.

32 Faodaidh Ministearan Albannach no an riochdairean a bhith an làthair aig coinneamhan Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig no a chomataidhean agus pàirt a ghabhail annta, ach chan fhaod iad bhòtadh.

Scottish Ministers or their representatives may attend and take part in either full Board or committee meetings of Bòrd na Gàidhlig, but such representative is not entitled to vote.

Ceistean Bùird

33 Faodaidh ball sam bith ceist a chur air a' Chathraiche aig coinneamh sam bith de Bhòrd-

Board Questions

Any member may put a question to the Cathraiche at any meeting of Bòrd na

stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig mu ghnothach buntainneach agus iomchaidh sam bith a tha ag èirigh bhon chlàr-ghnothaich.

Gàidhlig's Board concerning any relevant and competent business arising from the agenda.

34 Faodaidh buill fios a thoirt chun a' Chathraiche ron choinneimh mu cheistean a tha iad ag iarraidh a thogail nach eil co-cheangailte ri ceistean air a' chlàr-ghnothaich. Bu chòir seo a dhèanamh ann an sgrìobhadh ma ghabhas seo dèanamh. Co-dhùnaidh an Cathraiche, ann an conaltradh leis a' Cheannard, am bu chòir dèiligeadh ris a' cheist aig a' choinneimh agus bheir iad fios air ais dhan bhall mun cho-dhùnadh.

Far an gabh a dhèanamh, thèid dèiligeadh ri ceistean ann an Seisean Fosgailte. Ann an suidheachaidhean air leth, nuair a tha ceist a' dèiligeadh ri cuspair dìomhair no doirbh, dh'fhaodte gun tèid dèiligeadh ris ann an Seisean Dùinte. Bidh seo a rèir toil a' Chathraiche ann an co-chonaltradh leis a' Cheannard.

Members can also notify the Cathraiche in advance of the meeting of questions that they wish to raise other than those relevant to agenda items. Wherever possible this should be done in writing. The Cathraiche, in consultation with the Ceannard, will determine whether the question should be dealt with during the meeting, and inform the member accordingly.

Wherever possible, questions will be dealt with in the Open Session. Exceptionally, where a question deals with a sensitive or confidential issue, it may be dealt with in Closed Session. This will be at the discretion of the Cathraiche in consultation with the Ceannard.

35 Nuair a thèid puing òrdugh a thogail aig coinneamh aig Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig, 's e riaghladh a' Chathraiche an co-dhùnadh mu dheireadh.

When a question of order is raised at a meeting of Bòrd na Gàidhlig's Board, the Cathraiche's ruling on it will be final.

A' stiùireadh choinneamhan

36 Aig coinneamh a' Bhùird-stiùiridh, bidh Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig anns a' chathair mas e is gu bheil e/i an làthair. Mur eil an Cathraiche gu bhith an làthair, mar as trice, dh'innseadh e/i cò am ball eile a bhiodh anns a' chathair. Mur eil comhairle ann bhon Chathraiche, taghaidh na buill Bùird-stiùiridh a tha an làthair aon de na bhuill airson a bhith an ceann na coinneimh tro bhòtadh mòr-chuid.

Chairing of meetings

At a meeting of the Board, the Bòrd na Gàidhlig Cathraiche, if present, will preside. In the absence of the Cathraiche, he/she will normally indicate which other member should preside. If no advice from the Cathraiche is available, the Board members present will choose, by a majority vote of those present, one of their number to preside.

37 Nì an Cathraiche na leanas:

- cumar smachd agus nithear cinnteach gu bheil cothrom gu leòr aig buill a' Bhùird-stiùiridh na beachdan aca a chur an cèill mu chuspair sam bith a thathar a' deasbad;
- nthear co-dhùnaidhean air cùisean òrdugh, raon-ùghdarrais agus buntainneachd;
- co-dhùnar dè an t-òrdugh anns am bu chòir do bhuill a tha airson bruidhinn sin a dhèanamh; agus
- co-dhùnar a bheil bhòt a dhìth gus nach eil agus mar a nithear i

The Cathraiche will:

- preserve order and ensure that members of the Board have sufficient opportunity to express their views on any matter under discussion;
- determine all matters of order, competency and relevancy;
- determine in which order members wishing to speak should do so; and
- determine whether or not a vote is required and how it is to be conducted.

- leanar poileasaidhean agus dòighean-obrach iomchaidh Bhòrd na Gàidhlig

- adhere to relevant Bòrd na Gàidhlig policy and procedure

Co-dhùnaidhean a' Bhùird-stiùiridh

38 Mar as trice, thèid co-dhùnaidhean Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig a ghabhail le co-aontachd am measg nam ball a tha an làthair. Tha "ball a tha an làthair" a' ciallachadh ball a tha an làthair aig a' choinneimh fhèin no a tha a' gabhail pàirt tro cheangail fòn no co-labhairt bhideo tron deasbad air an nì air a' chlàr agus a tha cluinntinn geàrr-chunntas sam bith a rinn an Cathraiche no ball ainmichte den Sgioba Stiùiridh.

Ma dh'fhàgas ball a' choinneamh gu tràth, bidh iad air an comharrachadh mar neo-làithreach airson co-dhùnadh sam bith a chaidh a ghabhail às dèidh dhaibh falbh.

39 Tha uallach corporra air buill uile a' Bhùird-stiùiridh airson co-dhùnaidhean a ghabh am Bòrd-stiùiridh. Mar sin, feumaidh buill gabhail ri co-dhùnadh coitcheann a' Bhùird-stiùiridh (agus taic a chumail ri seo gu poblach), no feumaidh iad an t-àite air a' Bhòrd a leigeil seachad.

40 Faodaidh ball de Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig an t-eas-aonta aige/aice ri co-dhùnadh a' bhùird a chlàradh cho fad 's a bha i/e an làthair aig a' choinneimh far an deach beachdachadh air a' chùis seo agus cho fad 's a dh'iarras am ball gun tèid an t-eas-aonta aige/aice a chlàradh gun dàil às dèidh an co-dhùnadh a bhith air a dhèanamh. Ma tha ball ag iarraidh atharrachadh a mholadh air gluasad bhon Chathraiche no bho bhall/bhuill mus tèid co-dhùnadh a ghabhail, bu chòir dhaibh 1) neach-taic iarraidh airson an atharrachaidh fhoirmeil sin agus ma gheibhear sin, 2) bhòt fhaighinn bho mhòr-chuid de bhuill a' Bhùird-stiùiridh.

41 Thèid beachdan sgrìobhte mu nithean air a' chlàr-gnothaich a thèid a chur a-steach le gach ball den Bhòrd-stiùiridh aig Bòrd na Gàidhlig nach eil an làthair a chuairteachadh gu buill a' Bhùird-stiùiridh agus bidh an Cathraiche (no luchd-taic ainmichte mar eisimpleir rùnaireachd a' Bhùird-stiùiridh) a' toirt iomradh orra aig àm iomchaidh rè na coinneimh.

Board Decisions

Decisions of Bòrd na Gàidhlig's Board will usually be by consensus of attending members. An attending member is one who is either present in person or takes part by telephone or video conference link throughout the discussion of the agenda item and has heard any summing up by the Cathraiche, or a nominated member of the Leadership Team.

A member who leaves a meeting prematurely will be treated as a non-attending member for the purpose of any decision taken after the time of departure.

Board Members share corporate responsibility for decisions taken by the Board as a whole. Members must therefore either accept (and publicly support) the collective decision of the Board or resign.

A member of Bòrd na Gàidhlig's Board may have his or her dissent recorded to a decision of the Board provided that she/he has attended the meeting at which the matter was considered and provided that the member asks to record his/her dissent immediately after the decision is concluded. Any member that wants to actually propose an adjustment to the Cathraiche or member(s) motion prior to a decision being taken should 1) seek a seconder for that formal amendment and if that is secured 2) thereafter secure a majority vote of Board members.

Written comments on agenda items submitted by all non-attending Bòrd na Gàidhlig Board members will be circulated to Board members and referred to by the Cathraiche (or designated support such as the Board secretariat) at the appropriate point in the meeting.

42 Ann an suidheachaidhean air leth, nuair a tha co-dhùnadh a dhìth bho Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig ann an cabhag agus far nach gabhadh coinneamh a chur air dòigh, thèid dèiligeadh ris a' chùis tro chonaltradh sgrìobhte. Thèid an co-dhùnadh gus seo a dhèanamh a ghabhail leis a' Chathraiche. Ann an suidheachaidhean mar seo, cuiridh na buill an cuid bheachdan chun a' Chathraiche ann an sgrìobhadh. Thèid an co-dhùnadh a dhaingneachadh aig an ath choinneimh de Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig agus thèid a chlàradh anns a' gheàrr-chunntas.

Exceptionally, when a Bòrd na Gàidhlig Board decision is required urgently and it would not be feasible to convene a meeting, the matter will be dealt with by correspondence. The decision to do this will be made by the Cathraiche. In such circumstances, members will send their views to the Cathraiche in writing. The decision will be ratified at the next Bòrd na Gàidhlig Board meeting and recorded in the minutes.

A' bhòtadh

43 Thèid co-dhùnadh a dhèanamh tro bhòt anns na suidheachaidhean a leanas:

- Nuair a tha an Cathraiche a' faicinn gu bheil cuid de na buill ag eas-aontachadh ri moladh no a tha air draghan a nochdadh mu dheidhinn agus nach eil co-aonta ann.
- Nuair a dh'iarras ball gun tèid bhòt a chumail agus nuair a bheir co-dhiù aon bhall eile taic ris a' mholadh seo.
- Ann an suidheachadh sam bith eile, far a bheilear den bheachd, a rèir toil a' Chathraiche, gum bu chòir bhòt a bhith ann mus tèid co-dhùnadh a ghabhail.

Voting

Decisions will be reached by vote on the following occasions:

- When the Cathraiche detects that there is a body of opinion among the members who either disagree with a proposal or have expressed reservations about it and no clear consensus has emerged.
- When a member requests a vote to be taken and this is supported by at least one other member in attendance.
- Any other circumstance where, at the Cathraiche's discretion, it is felt that a decision should be preceded by a vote.

44 Cha bhi còir bhòtaidh ach aig buill a tha an làthair, mar a tha air a mhìneachadh ann an Co-dhùnaidhean a' Bhùird-stiùiridh. Bidh aon bhòt aig gach Ball, a' gabhail a-staigh a' Chathraiche, ach a-mhàin ann an suidheachadh far a bheil bhòt co-ionnan ann. Bidh bhòt-sheulachaidh a bharrachd aig a' Chathraiche anns an t-suidheachadh sin.

Only attending members, as defined in Board Decisions, will be eligible to vote. Each Member, including the Cathraiche, will be entitled to one vote except in the case of an equality of votes when the Cathraiche will have an additional casting vote.

45 Mar as trice, bithear a' bhòtadh tro bhòt làimhe. Le cead a' Chathraiche, no ma tha ball sam bith a a' togail gearan mu bhòt a bhith air a ghabhail tro bhòt làimhe, agus ma tha mòr-chuid de na buill a tha an làthair a' toirt taic don ghearan, thèid a' bhòt a chumail tro bhaileat dìomhair. Anns na suidheachaidhean far an tèid baileat dìomhair a chumail, bidh am Manaidsear Gnìomhan a' cur a-mach agus a' cruinneachadh phàipearan baileat, a' cunntadh nam bhòtaichean agus às dèidh dhaibh sin a bhith air an dearbhadh le Ceann an Ionmhais, no mur eil iad an làthair, de bhall eile den Sgioba Stiùiridh, an toradh dhan Bhòrd-stiùiridh.

Votes will normally be taken by show of hands. At the discretion of the Cathraiche, or in the event of any member objecting to a vote being taken by a show of hands and a majority of attending members supporting the objection, the vote will be taken by secret ballot. In the circumstances where a secret ballot is to be held, the Operations Manager will issue and collect ballot papers, count the votes and after these have been confirmed by the Head of Finance, or in their absence another attending member of Leadership Team, announce the result to the Board.

46 Clàraidh geàrr-chunntas na coinneimh toraidhean a' bhòt, a' toirt fa-near àireamh agus ainmean nam ball a tha a' bhòtadh airson agus an aghaidh a' mholaidh agus ball sam bith nach do bhòt. Mas e is gun tèid baileit a chumail gu dìomhair, cha tèid na h-ainmean a chlàradh anns a' chlàr-gnothaich.

The minutes of the meeting will record the results of voting, noting the number and names of members voting for and against the proposal and any abstentions. The minutes will not record the names in the event that a ballot is held in secret.

Co-dhùnaidhean air an cur dheth

47 Faodaidh am Bòrd-stiùiridh co-dhùnadh a chur dheth air nì air a' chlàr-gnothaich gus am faigh e barrachd fiosrachaidh, roghainnean eile airson co-dhùnaidhean, no airson adhbhar sam bith eile. Thèid an t-aonta gus dàil a chur air co-dhùnadh a chlàradh ann an geàrr-chunntas na coinneimh cho math ris an adhbhar airson seo, agus bidh dreachd clàr-ama ann airson a bhith a' toirt na cùise air ais dhan bhòrd-stiùiridh airson deasbad a bharrachd agus airson co-dhùnadh.

Deferred Decisions

The Board may decide to defer a decision on an agenda item so that it can be provided with more information, additional decision options or for any other reason. The decision to defer, with the reasons, will be recorded in the minutes of the meeting along with the indicative timescale for returning the matter to the Board for further discussion and decision.

Comhairle dhan bhòrd-stiùiridh

48 Gus co-dhùnaidhean a ghabhail aig coinneamhan, gabhaidh am Bòrd comhairle mar a bhios iomchaidh. Mar as trice, bidh seo bhon Cheannard bho bhuill eile den Sgioba Stiùiridh no den luchd-obrach a tha an làthair. Anns an dreuchd aca mar an t-Oifigear Cunntachail aig Bòrd na Gàidhlig, tha dleastanas sònraichte aig a' Cheannard a bhith a' toirt comhairle dhan Bhòrd-stiùiridh air ceistean iomchaidheachd, eaconamaidh, tàbhachd agus èifeachdas. Faodaidh am Bòrd-stiùiridh comhairle a shireadh bho a chomataidhean, no bho thùs sam bith eile air an taobh a-staigh no an taobh a-muigh mar a bhios e a' meas iomchaidh.

Advice to the Board

In reaching decisions at meetings, the Board will take advice as appropriate. This will generally be from the Ceannard or such other serving member of the Leadership Team or staff present. The Ceannard in their capacity as Bòrd na Gàidhlig's Accountable Officer has a specific role in advising the Board on matters of propriety, economy, effectiveness and efficiency. The Board may also seek advice from its Committees, or any other internal or external source as it regards necessary.

49 Ann an suidheachaidhean nuair a bhòtas am Bòrd-stiùiridh an aghaidh comhairle bhon Cheannard, a' gabhail a-steach comhairle bhon Cheannard na d(h)reachd mar Oifigear Cunntachail, agus far a bheil an Ceannard a' faireachdainn nach gabhadh an co-dhùnadh air a bheil a' beachdachadh a dhìon air beulaibh Riaghaltas na h-Alba agus/no Pàrlamaid na h-Alba, dh'fhaodte gun toir an Ceannard air a' Chathraiche stiùireadh sgrìobhte a thoirt dha/dhi air a' chuspair. Thèid stiùireadh mar seo a thoirt gu aire Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba agus an t-Oifigear Cunntachail Roinneil ann an Riaghaltas na h-Alba.

In circumstances where advice from the Ceannard is overruled by the Board, or in their formal capacity as Accountable Officer, where the Ceannard feels that the action contemplated could not be defended before the Scottish Government and/or Scottish Parliament, the Ceannard may require the Cathraiche to give him/her a written instruction on the matter. Such an instruction will be drawn to the attention of the Auditor General for Scotland and the Departmental Accountable Officer in the Scottish Government.

Clàr nan com-pàirtean - A' clàradh com-pàirt

50 Feumaidh buill fa leth beachdachadh aig an ìre as tràithe a bheil com-pàirt aca ri nochdadh ann an cùis sam bith a tha gu bhith air a dheasbad.

Bu chòir dhaibh beachdachadh air a bheil clàran-gnothaichean airson coinneamhan a' togail ceist sam bith a thaobh nochdadh chom-pàirtean, agus mur eil iad cinnteach, faodaidh iad bruidhinn ri Oifigear nan Inbhean, no le Coimisean nan Inbhean. Feumar nochdadh com-pàirt a dhèanamh cho luath 's a ghabhas aig coinneamh nuair a tha a' chom-pàirt sin ag èirigh. Mas e is gum mothachair gu bheil feum air com-pàirt a nochdadh nuair a thathar a' deasbad cùis, feumaidh am ball a' chom-pàirt aca a nochdadh cho luath is a bheir iad am aire gum feum iad sin a dhèanamh.

Declarations of Interest - Making a Declaration

Individual members must consider at the earliest stage possible whether they have an interest to declare in relation to any matter that is to be considered.

They should consider whether agendas for meetings raise any issue of declaration of interest, and if in doubt may consult with Standards Officer, or with the Standards Commission. A declaration of interest must be made as soon as practicable at a meeting where that interest arises. If the need for a declaration of interest is identified only when a particular matter is being discussed the member must declare the interest as soon as they realise it is necessary to do so.

51 Bu chòir an aithris bheòil a tha a' nochdadh com-pàirt a bhith a' comharrachadh de an nì air a' chlàr-ghnothaich ris a bheil e ceangailte. Bu chòir dhan aithris tòiseachadh leis na faclan "tha mi a' nochdadh com-pàirt". Feumaidh an aithris a bhith fiosrachail gu leòr gus an tuig na daoine an làthair aig a' choinneimh dè seòrsa com-pàirt a th' ann, ach chan fheumar cunntas mionaideach a thoirt seachad den chom-pàirt.

The oral statement of declaration of interest should identify the item or items of business to which it relates. The statement should begin with the words "I declare an interest". The statement must be sufficiently informative to enable those at the meeting to understand the nature of the interest but need not give a detailed description of the interest.

A' bhuaidh aig nochdadh com-pàirt

52 Le bhith a' foillseachadh com-pàirt ionmhasail tha e a' toirmeasg com-pàirteachadh sam bith ann an deasbad agus bhòtadh. Ann a bhith a' nochdadh com-pàirt neo-ionmhasail tha feum air breithneachadh a bharrachd leis a' bhall bhuntainneach. Feumaidh iad beachdachadh air a' cheangal eadar na com-pàirtean a chaidh ainmeachadh agus a' chùis shònraichte air a bheilear a' beachdachadh agus air suidheachaidhean fa leth mun chùis shònraichte a tha buntainneach.

Effect of Declaration

Declaring a financial interest has the effect of prohibiting any participation in discussion and voting. A declaration of a non-financial interest involves a further exercise of judgement by the member concerned. They must consider the relationship between the interests that have been declared and the particular matter to be considered and relevant individual circumstances surrounding the particular matter.

53 Aig a' cheann thall, 's e an deuchainn as dearbhachaile, am biodh ball den phoball agus iad reusanta, le fios aca air an t-suidheachadh shònraichte agus air an fhiosrachadh bhuntainneach uile aca, den bheachd gum faodadh com-pàirt a' bhuill buaidh a thoirt air an

In the final analysis the conclusive test is whether, in the particular circumstances of the item of business, and knowing all the relevant facts, a member of the public acting reasonably would consider that the member might be influenced by the interest in their

dreuchd aca mar bhall de Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig agus mar sin gum biodh e ceàrr pàirt a ghabhail ann an deasbad no co-dhùnadh sam bith. Ma tha ball, le cogais, den bheachd nach biodh an làthaireachd leantainneach aca a' fàiligeadh na deuchainn seo, chan fheumadh nochdadh com-pàirt neo-ionmhasail stad a chur orra bho bhith an sàs ann an deasbad no bhòtadh. Mur eil iad cinnteach gun gabh an slat-tomhais neo-chlaon seo a chur an sàs, cha bu chòir dhaibh pàirt sam bith a ghabhail san deasbad agus bu chòir dhaibh an seòmair-coinneachaidh fhàgail gus am bi deasbad air an nì sin deiseil.

role as a member of Bòrd na Gàidhlig and that it would therefore be wrong to take part in any discussion or decision-making. If a member, in conscience, believes that their continued presence would not fall foul of this test, then declaring a non-financial interest need not preclude their involvement in discussion or voting. If they are not confident about the application of this objective yardstick, they must play no part in the discussion and must leave the meeting room until discussion of the particular item is concluded.

Ceadan sònraichte

54 Ann an glè bheag de shuidheachaidhean, gabhaidh cead sònraichte a thoirt seachad le Coimisean nan Inbhean a thaobh com-pàirtean ionmhasail no neo-ionmhasail a bhiodh a' cur casg air ball bho bhith a' gabhail pàirt air cùisean a' tighinn air beulaibh Bòrd-stiùiridh agus a Chomataidhean, mur a robh an cead sònraichte seo. Beachdaichidh Coimisean nan Inbhean air iarrtasan airson ceadan sònraichte agus bu chòir iarrtasan a dhèanamh cho luath 's a ghabhas gus am bi tìde gu leòr beachdachadh gu ceart air an iarrtas ron choinneimh far a bheilear ag iarraidh cead sònraichte. Cha bu chòir ball pàirt a ghabhail ann am beachdachadh air a' cheist sin gus an tèid an t-iarrtas aontachadh.

Dispensations

In very limited circumstances dispensations can be granted by the Standards Commission in relation to the existence of financial and non-financial interests which would otherwise prohibit a member from taking part and voting on matters coming before Bòrd na Gàidhlig's Board and its Committees. Applications for dispensations will be considered by the Standards Commission and should be made as soon as possible in order to allow proper consideration of the application in advance of meetings where dispensation is sought. A member should not take part in the consideration of the matter in question until the application has been granted.

Geàrr-chunntasan a' Bhùird-stiùiridh

55 Thèid na geàrr-chunntasan a ghabhail le rùnaireachd air a stiùireadh leis a' Mhanaidsear Gnìomhan; ach a-mhàin airson seiseanan PrìobhaideachDùinte, thèid geàrr-chunntasan fa leth a ghabhail le neach iomchaidh air a thaghadh leis a' Chathraiche. Leis na pàipearan a chaidh a thoirt dhan choinneimh, bu chòir na geàrr-chunntasan a bhith na chlàr fìrinneach den choinneamh, le fiosrachadh gu leòr gus a bhith mar phàirt den t-slighe sgrùdaidh a thaobh nan cùisean air an deach beachdachadh agus na co-dhùnaidhean a rinn Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig.

Bidh uallach air an neach a tha na chathraiche air a' choinneimh dèanamh cinnteach gun tèid gnìomhan a chaidh aontachadh aig a' choinneimh

Board Minutes

Minutes of all meetings will be taken by a secretariat organised by the Operations Manager; the exception will be ClosedPrivate Sessions that will be minuted separately by an appropriate individual determined by the Cathraiche. Taken in conjunction with the papers presented to the meeting, the minutes should provide a correct record of the meeting, in sufficient detail to comprise an audit trail of issues discussed and decisions taken by Bòrd na Gàidhlig's Board.

The person chairing the meeting will be responsible for ensuring that actions agreed at the Closed meeting are passed on to the secretariat within five working days of the

Dùinte a thoirt dhan rùnaireachd taobh a-staigh còig latha obrach bhon choinneimh gus an tèid an clàradh mar phàirt den t-Seisean Phriobhaidich ~~Dhùinte~~ (geàrr-chunntasan àbhaisteach).

meeting so that they will be recorded as part of the Private ~~Closed~~ Session (standard minutes).

56 Thèid dreachd geàrr-chunntas na coinneimh aontachadh airson chuairteachadh do bhuill mar 'Geàrr-chunntasan neo-dhearbhaichte' leis a' Chathraiche is Ceannard taobh a-staigh 3 sheachdain bhon latha a chaidh coinneamh a' Bhùird-stiùiridh a chumail. Faodaidh Buill atharrachaidhean a mholadh ann an sgrìobhadh taobh a-staigh 10 làithean obrach. Bidh an Cathraiche agus an Ceannard ag eadar-bhreithneachadh air cùisean far a bheil eas-aonta ann.

The draft minutes of a meeting shall be approved for circulation as 'Unconfirmed Minutes' to members by the Cathraiche and Ceannard within 3 weeks of the date of the Board meeting. Members can propose amendments in writing within 10 working days. The Cathraiche and Ceannard will arbitrate over matters of dissent.

57 Thèid an geàrr-chunntas a 'Dhearbhadh' gu foirmeil leis a' Chathraiche, thèid a chuairteachadh do na buill, agus bidh geàrr-chunntas bhon t-Seisean Phoblach air làrach-lìn BnG taobh a-staigh 8 seachdainean às dèidh na coinneimh.

Minutes will be formally 'Confirmed' by the Cathraiche, circulated to members and minutes for the Open Session lodged on BnG website within 8 weeks of the meeting.

58 Foillsichidh Bòrd na Gàidhlig Geàrr-chunntasan anns a' Ghàidhlig, anns a' Bheurla agus ann an cànan sam bith eile a chuidicheadh le bhith a' coileanadh a obair gu h-èifeachdach.

Bòrd na Gàidhlig shall publish Minutes in Gaelic, English and such other languages as would assist in the efficient conduct of its business.

A' cur bhall à dreuchd rè ùine

59 Ma 's e is gun dèan ball sam bith de Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig dìmeas air òrdugh no ùghdarras a' Chathraiche aig coinneamh sam bith, no ma bhios e/i ri dol a-mach a bhios oilbheumach no a chuireas bacadh air a' choinneimh, agus ma bheir an Cathraiche seo gu aire na coinneimh, faodaidh am Bòrd-stiùiridh am ball a chur a-mach airson a' chòrr den choinneimh, às dèidh gluasad bho bhall sam bith, a gheibh neach-taic agus le taic bhon mhòr-chuid de na buill a tha an làthair.

Suspension of Members

In the event of any member of Bòrd na Gàidhlig's Board disregarding the order or authority of the Cathraiche at any meeting, or being guilty of obstructive or offensive conduct at any meeting, and the Cathraiche calling the attention of the meeting to the same, the Board, may on the motion of any member, duly seconded and supported by the vote of a majority of the members present and voting, suspend such member so offending for the remainder of the sitting.

Cha bhi deasbad ceadaichte air gluasad den t-seòrsa seo.

No debate shall be allowed on such a motion.

Dìomhaireachd

60 Faodaidh buill an roghainn fhèin a chleachdadh mu bhith a' beachdachadh air gnothaichean bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig le pàrtaidhean eile às dèidh na coinneimh.

Confidentiality

Members may use their discretion in discussing items of Bòrd na Gàidhlig Board business with other parties following the meeting.

61 Airson cùisean ris an tèid dèiligeadh ann an Seisean Dùinte chan fhaodar nàdar agus susbaint a' ghnothaich fhoillseachadh, no a dheasbad le, neach sam bith ach buill eile de Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig agus luchd-obrach an bha an làthair gus an cur an Cathraiche an caochladh an cèill.

For issues dealt with in Closed Session, the nature and content of the business must not be divulged to, or discussed with, anyone other than fellow Bòrd na Gàidhlig Board members and staff in attendance until the Cathraiche states otherwise.

62 Bu chòir buill aonta fhaighinn bhon Chathraiche, no mur eil iad ri fhaighinn, bhon Cheannard mus dèan iad aithris phoblach sam bith (a' gabhail a-steach aithrisean do na meadhanan no agallamhan a thèid a chraoladh) às leth Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig.

Members should get the prior approval of the Cathraiche, or in their absence, the Ceannard, before making public statements (including statements to the Press and broadcast interviews) on behalf of Bòrd na Gàidhlig's Board.

Fiachanas pearsanta buill a' bhùird-stiùiridh

63 Nan rachadh cùisean laghail a togail le treas-phàrtaidh tha e buailteach gum biodh seo air a thogail an aghaidh Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig gu h-iomlan, ach ann an suidheachaidhean neo-àbhaisteach, dh'fhaodte gun rachadh cùisean a thogail an aghaidh a' Chathraiche no buill fa leth eile den Bhòrd-stiùiridh. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh ball de Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig a bhith cunntachail gu pearsanta ma nì e no i aithris mheallta no dhearmadach a dh'adhbharaicheas call do threas-phàrtaidh.

Personal liability of Board Members

While any legal proceedings initiated by a third party are most likely to be brought against Bòrd na Gàidhlig's Board as a whole, in exceptional cases proceedings may be brought against the Cathraiche or other individual Board members. For example, a Bòrd na Gàidhlig Board member may be personally liable if he or she makes a fraudulent or negligent statement that results in loss to a third party.

64 Ach, a rèir a' bharantais-dìona choitchinn a tha an Riaghaltas a' moladh do bhuill NDPB, cha bhi aig ball de Bhòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig a tha air a bhith ag obair gu h-onarach agus le deagh rùn ri pàigheadh airson buailteachd chatharra phearsanta sam bith a thig orra ann a bhith a' dèanamh obair a' Bhùird-stiùiridh, no aithris gun robh iad a' dèanamh obair a' bhùird-stiùiridh, bho na stòrasan pearsanta aice/aige fhèin, ach a-mhàin far a bheil am ball air a bhith dearmadach.

However, in accordance with the standard indemnity recommended for NDPB members by the Government, a Bòrd na Gàidhlig Board member who has acted honestly and in good faith will not have to meet out of his or her own personal resources any personal civil liability which is incurred in the execution or purported execution of his or her Board function, save where the member has acted recklessly.

A' cur stad sealach air no ag atharrachadh nan Gnàth-riaghailtean

65 Dh'fhaodte gun tèid na Gnàth-riaghailtean seo atharrachadh, ais-ghairm no gun tèid cuir riutha le Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig a-mhàin agus dh'fheumadh atharrachadh sam bith den t-seòrsa seo aonta fhaighinn bhon mhòr-chuid de na buill a tha an làthair aig coinneamh.

Suspension and amendments of Standing Orders

These Standing Orders may be varied, revoked or added to by only Bòrd na Gàidhlig's Board itself and any such alterations will require the consent of the majority of members present at a meeting.

66 Feumar comharrachadh aig a’ choinneimh mu dheireadh den bhòrd-stiùiridh gu bheilear an dùil moladh gun tèid na gnàth-riaghailtean atharrachadh. A dh’aindeoin seo, chan fhaodar Gnàth-riaghailt sam bith atharrachadh no a chur dhan dàrna taobh mas e is gun rachadh seo an aghaidh ullachadh reachdail no stiùireadh sam bith bho Mhinistearan na h-Alba.

Notice of the intention to bring forward proposed amendments to standing orders must be signified at the previous board meeting. Notwithstanding this provision, no Standing Order may be suspended or amended where this would contravene any statutory provision or direction made by Scottish Ministers.

Seisean Fosgailte : Open Session
Pàipear 7.3

A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	23-06-2022
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	07.3

Tiotal a' Phàipeir	Bun-riaghailtean nan Comataidhean	
Moladh do Bhuill	Ri Aontachadh	
Neach labhairt:	Shona C NicIllinnein, Ceannard	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd	24.05.2022	Ri Aontachadh
Comataidh Poileaidh is Ghoireasan	10.05.2022	Ri Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	PT 1 – Bun-riaghailtean na Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd PT2 - Bun-riaghailtean na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan	

1.0	**Adhbhar**
1.1	'S e as adhbhar don aithisg seo, cothrom a thoirt dhan Bhòrd-stiùiridh beachdachadh air Bun-riaghailtean airson nan Comataidhean; agus molaidhean a thoirt seachad ma tha atharraichean sam bith a dhìth gus cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi siostaman-riaghlaidh èifeachdach ann fhathast.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Chan eil atharrachadh annta seach nach eil iomradh air Buidheann-stiùiridh a' Phlana Leasachaidh ann am Bun-riaghailtean Comataidh Sgrùdaidh is Poileasaidh a-nise. Chaidh am ballrachd airson an dà Chomataidh air aontachadh leis a' Bhòrd-stiùiridh mar-thà.
4.0	**Moladh**
4.1	Thathar ag iarraidh air Buill na Comataidh: • beachdachadh air na Bun-riaghailtean airson an dà Chomataidh agus molaidhean a thoirt seachad, ma tha atharraichean a dhìth; • an aonta a chur ris an dà Bhun-riaghailtean.
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Chan eil buaidh a bharrachd ann.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Chan eil seo a' bualadh air luchd-obrach ann an dòighean ùra.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Bidh buill a' faighinn trèanadh iomchaidh ann an riaghlaidh.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**
	Tha na bun-riaghailtean a' cur ris an amas chorporra gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige.
5.5	**Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

	AR N-ADHBHAR		**AR LUACHAN**	
	Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach		'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach	
	AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
	Còraichean daonna	☐	Clann	☐
	Cultar	☐	Coimhearsnachdan	☐
	Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
	Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
	Foghlam	☐	Eaconamaidh	☐
	Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach		☒	
5.6	**Buaidhean air Cliù**			
	Tha deagh riaghlaidh a' cur ri deagh chliù airson na buidhne.			
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**			
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air Slàinte is Sàbhailteachd.			
5.8	**Buaidhean Laghail**			
	Tha Bun-riaghailtean cudromach a thaobh a bhith a' cumail taic ris a' bhuidhinn ann an coileanadh dhleastanasan reachdail is laghail, agus a thaobh deagh riaghaladh.			
5.9	**Buaidhean air Co-ionannachd** Chan eil buaidh sam bith a bharrachd aig an aithisg seo air co-ionannachd.			
5.10	**Buaidhean air an Àrainneachd**			
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air an àrainneachd.			

NA BUN-RIAGHAILTEAN

A' CHOMATAIDH SGRÙDAIDH IS DEARBHACHD

TERMS OF REFERENCE

AUDIT & ASSURANCE COMMITTEE

Air aontachadh le/Approved by: **Am Bòrd Stiùiridh – The Board**

Air aontachadh air/Approved on: **2022-XX-XX**

Ath-nuadhachadh a dhìth/Review due on: **2023-05**

A' Ghàidhlig is Beurla Co-ionnan: **OND**

A' CHOMATAIDH SGRÙDAIDH IS DEARBHACHD

NA BUN-RIAGHAILTEAN

Tha am Bòrd Stiùiridh air Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd a stèidheachadh mar Chomataidh den Bhòrd Stiùiridh gus taic a chumail ris na dleastanasan aige a thaobh chùisean co-cheangailte ri rianachd chunnartan, smachd agus riaghladh agus dearbhadh co-cheangailte ri sin tro phròiseas le sgrùdadh, ath-bhreithneachadh agus ceasnachadh cuideachail.

Ballrachd

- Tha na buill den chomataidh nam Buill Bùird: Stiubhairt MacLeòid, Jennifer Gilmour agus Seonaidh Charity
- Bidh Stiubhairt MacLeoid na chathraiche air a' chomataidh.
- Bidh Buill air an Comataidh airson teirm de 2 bhliadhna, agus 's urrainnear seo sìneadh mar a tha feum.
- Bheir Ceann an Ionmhais is Chùisean Corporra taic rùnaireachd dhan chomataidh.
- Ma bhios Ball dheth, gun leisgeul resuanta, bho choinneamhan a' chomataidh airson barrachd na 4 mìos no airson 3 coinneamhan co-leantaileachd agus chan eil iad air cead fhaighinn bhon Cathraiche, leigidh an comataidh fios don Bhòrd-stiùiridh.

Ag aithris

- Bidh a' chomataidh ag aithris gu foirmeil ann an sgrìobhadh dhan Bhòrd agus dhan Oifigear Chunntachail às dèidh gach coinneimh. Mar as trice bidh lethbhreac de gheàrr-chunntas na coinneimh mar bhunait na h-aithris.
- Bheir a' chomataidh Aithisg Bhliadhnail dhan Bhòrd agus dhan Oifigear Chunntachail, ann an ùine gu leòr gus crìoch a chur air na cunntasan agus air an aithris air riaghladh, le geàrr-chunntas air na co-dhùnaidhean aice bhon obair a rinn i tron bhliadhna.

Dleastanasan

Bheir a' chomataidh comhairle dhan Bhòrd agus dhan Oifigear Chunntachail air:

- na pròiseasan airson rianachd chunnartan, smachd agus riaghladh agus air an aithris air riaghladh;
- na poileasaidhean cunntasachd, na cunntasan, agus aithisg bhliadhnail na buidhne, a' gabhail a-steach a' phròiseas airson lèirmheas a dhèanamh air na cunntasan

AUDIT AND ASSURANCE COMMITTEE

TERMS OF REFERENCE

The Board has established an Audit and Assurance Committee as a Committee of the Board to support it in their responsibilities for issues of risk management, control and governance and associated assurance through a process of scrutiny, review and constructive challenge.

Membership

- The members of the committee are Board Members: Stewart MacLeod, Jennifer Gilmour and Seonaidh Charity
- The committee will be Chaired by Stewart MacLeod
- Members of the committee will be appointed for a term of 2-years, which can be renewed on a rolling basis.
- The committee will be provided with a secretariat function by the Head of Finance and Corporate Affairs.
- If a member is absent, without reasonable justification, from meetings of the committee for a period of longer than 4 months or for 3 consecutive meetings and has not been given leave by the chair to do so, the committee will advise the Board

Reporting

- The committee will formally report in writing to the Board and Accountable Officer after each meeting. A copy of minutes of the meeting will usually form the basis of the report.
- The committee will provide the Board and Accountable Officer with an Annual Report, timed to support finalisation of the accounts and the governance statement, summarising its conclusions from the work it has done during the year.

Responsibilities

The committee will advise the Board and Accountable Officer on:

- the strategic processes for risk management, control and governance and the governance statement;
- the accounting policies, the accounts, and the annual report of the organisation, including

mus tèid an cur chun an luchd-sgrùdaidh, na mearachdan a thèid a lorg, agus litir-dhearbhaidh an luchd-stiùiridh dhan luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh;
- na gnìomhan a tha fa-near dhan luchd in-sgrùdaidh agus dhan luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh agus toraidhean na h-obrach aca;
- iomchaidheachd freagairt an luchd-stiùiridh do chùisean a chaidh a chomharrachadh le obair sgrùdaidh, a' gabhail a-steach litir/aithisg riaghlaidh an luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh;
- èifeachdachd na h-àrainneachd smachd taobh a-staigh na buidhne;
- barantasan a thaobh riatanasan riaghladh corporra na buidhne;
- molaidhean airson seirbheisean in-sgrùdaidh a chur a-mach gu tairgse
- poileasaidhean an aghaidh foill, poileasaidhean an aghaidh brìbearachd, poileasaidh airson draghan fhoillseachadh, agus ullachaidhean airson sgrùdaidhean sònraichte.

Nì a' Chomataidh ath-bhreithneachadh agus nì e ceasnachadh air na rudan a leanas far a bheil sin a dhìth:
- cunbhalachd nam poileasaidhean cunntasachd tron bhuidhinn air fad agus atharrachadh sam bith anns na poileasaidhean cunntasachd seo;
- na dòighean a thèid a chleachdadh airson cunntas a thoirt air gnothaichean cudromach no neo-àbhaisteach far am faodadh diofar dhòighean-obrach a bhith ann;
- co-dhiù a tha a' bhuidheann air ìrean cunntasachd iomchaidh a leantainn agus air tuairmsean agus breithneachaidhean iomchaidh a dhèanamh, agus iad a' toirt fa-near do bheachdan an luchd in-sgrùdaidh agus an luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh.

Nì a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd ath-sgrùdadh gach bliadhna air an èifeachdas fhèin agus bheir iad cunntas air toraidhean an ath-sgrùdaidh sin dhan Bhòrd agus dhan Oifigear Chunntachail. Beachdaichidh Cathraiche na Comataidh air ath-sgrùdadh sam bith air Ballrachd le Cathraiche a' Bhùird.

Còraichean
Faodaidh a' chomataidh:
- buill a bharrachd a cho-thaghadh gus sgilean, fios agus eòlas sònraichte a thoirt dhan bhuidhinn;
- comhairle shònraichte fhaighinn air stèidh ad-hoc agus sin air a phàigheadh leis a' bhuidhinn, le ùmhlachd do chead buidseit bhon Bhòrd no bhon Oifigear Chunntachail.

the process for review of the accounts prior to submission for audit, levels of error identified, and management's letter of representation to the external auditors;
- the planned activity and results of both internal and external audit;
- the adequacy of management response to issues identified by audit activity, including external audit's management letter/report;
- the effectiveness of the internal control environment;
- assurances relating to the corporate governance requirements for the organisation;
- proposals for tendering for internal audit services
- anti-fraud policies, anti-bribery policies, whistleblowing policy, and arrangements for special investigations.

The Committee shall review and challenge where necessary:
- the consistency of, and any changes to, accounting policies across the organisation;
- the methods used to account for significant or unusual transactions where different approaches are possible;
- whether the organisation has followed appropriate accounting standards and made appropriate estimates and judgements, taking into account the views of the internal and external auditors.

The Audit and Assurance Committee will also annually review its own effectiveness and report the results of that review to the Board and Accountable Officer. The Chair of the Committee will consider any review of Membership with the Chair of the Board.

Rights
The committee may:
- co-opt additional members to provide specialist skills, knowledge and experience;
- procure specialist ad-hoc advice at the expense of the organisation, subject to budgetary approval by the Board or Accountable Officer.

Ruigsinneachd
Bidh cothrom aig an Neach In-sgrùdaidh agus aig riochdaire bhon luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh bruidhinn ri Cathraiche na Comataidh gu saor agus gu dìomhair

Access
The Internal Auditor and the representative of External Audit will have free and confidential access to the Chair of the Committee.

Coinneamhan
Is iad seo na dòighean-obrach airson choinneamhan:

- coinnichidh a' chomataidh co-dhiù ceithir tursan sa bhliadhna, gu h-àbhaisteach gach trì mìosan. Bidh seo a' tachairt gu àbhaisteach ro choinneamh a' bhùird-stiùiridh, le ùine gu leòr son pàipearan a dhol air adhart do choinneamh a' bhùird-stiùiridh a' leantainn air coinneamh a' chomataidh. Faodaidh Cathraiche na Comataidh coinneamhan a bharrachd a chur air dòigh nuair a bhios seo iomchaidh na b(h)eachd.
- feumaidh dithis bhall den chomataidh aig a' char as lugha a bhith an làthair aig coinneamh airson cuòram.
- mar as trice, bidh an t-Oifigear Cunntachail, Ceann an Ionmhais is Chùisean Corporra, an Neach In-sgrùdaidh, agus riochdaire bhon Luchd-sgrùdaidh bhon Taobh A-muigh an làthair aig coinneamhan comataidh.
- faodaidh a' chomataidh iarraidh air oifigear sam bith eile aig a' bhuidhinn a bhith an làthair gus cuideachadh leis na còmhraidhean aca air cùis shònraichte sam bith;
- faodaidh a' chomataidh iarraidh air duine sam bith no a h-uile duine a bhios mar as trice a' frithealadh coinneamhan na comataidh, ach nach eil nam buill, a' choinneamh fhàgail gus an gabh cùisean sònraichte a dheasbad ann an dòigh fhosgailte is fhosgarra;
- dh'fhaodte gun iarr am Bòrd no an t-Oifigear Cunntachail air a' chomataidh coinneamhan a bharrachd a chur air dòigh gus beachdachadh air cuspairean sònraichte air a bheil iad ag iarraidh beachdan na comataidh.

Meetings
The procedures for meetings are:

- the committee will meet at least four times a year, broadly every three months. This will normally precede board meetings with sufficient time intervals for papers from the committee to be presented to the following board meeting. The Chair of the Committee may convene additional meetings, as he/she deems necessary;
- a minimum of two members of the committee will be present for the meeting to be deemed quorate;
- committee meetings will normally be attended by the Accountable Officer, the Head of Finance and Corporate Affairs, the Internal Auditor, and a representative of External Audit
- the committee may ask any other officials of the organisation to attend to assist it with its discussions on any particular matter;
- the committee may ask any or all of those who normally attend but who are not members to withdraw to facilitate open and frank discussion of particular matters;
- the Board or Accountable Officer may ask the committee to convene further meetings to discuss particular issues on which they want the committee's advice.

Riatanasan fiosrachaidh
Airson gach coinneamh, thèid na leanas a thoirt dhan chomataidh:

- aithisg le geàrr-chunntas air atharrachadh susbainteach sam bith ann an Clàr-chunnartan na buidhne;
- aithisg adhartais bhon Neach In-sgrùdaidh a' toirt geàrr-chunntas air:
  - obair a rinneadh (agus coimeas ris an obair a bha air a planadh);
  - prìomh cheistean ag èirigh às an obair In-sgrùdaidh;
  - freagairt an luchd-stiùiridh do mholadh sgrùdaidh sam bith;
  - atharrachaidhean susbainteach air a' phlana sgrùdaidh;

Information requirements
For each meeting the committee will be provided with:

- a report summarising any significant changes to the organisation's Risk Register;
- a progress report from the Internal Auditor summarising:
  - work performed (and a comparison with work planned);
  - key issues emerging from Internal Audit work;
  - management response to audit recommendations;

- ceist sam bith a thaobh stòrasan a tha a' toirt buaidh air lìbhrigeadh amasan in-sgrùdaidh;
- aithisg adhartais bhon riochdaire bhon Luchd-sgrùdaidh bhon Taobh A-muigh a tha a' toirt geàrr-chunntas air obair a rinneadh agus air na co-dhùnaidhean a tha a' tighinn am bàrr.

Nuair a bhios e iomchaidh, thèid na rudan a leanas a thoirt dhan comataidh cuideachd:

- aithisgean le fios as ùr air obair na buidhne bhon Oifigear Chunntachail;
- am Plana In-sgrùdaidh bliadhnail a tha a' mìneachadh nam Bun-riaghailtean agus na Ro-innleachd
- Beachd agus Aithisg Bhliadhnail an Neach In-sgrùdaidh;
- aithisgean dearbhachd càileachd air obair In-sgrùdaidh;
- dreachd de chunntasan na buidhne;
- an dreachd den aithris air riaghladh;
- aithisg air atharrachadh sam bith air poileasaidhean cunntasachd;
- An litir/aithisg stiùiridh aig an Luchd-sgrùdaidh bhon Taobh A-muigh;
- aithisg air moladh sam bith gus seirbheisean sgrùdaidh a chur a-mach gu tairgse;
- aithisg air co-obrachadh eadar an Neach In-sgrùdaidh is an Luchd-sgrùdaidh bhon Taobh A-muigh;
- aithisg air na pròiseasan an aghaidh foill agus brìbearachd agus air mar a thathar a' coileanadh nam pròiseasan sin;
- Sgrùdadh agus Aithris Luach as Fheàrr
- aithisgean bho thùsan eile taobh a-staigh nan "trì loidhnichean dearbhachd" anns an Fhrèam Dearbhachd aig Bòrd na Gàidhlig.

- significant changes to the audit plan;
- any resourcing issues affecting the delivery of Internal Audit objectives;
- a progress report from the External Audit representative summarising work done and emerging findings.

As and when appropriate, the committee will also be provided with:

- business update reports from the Accountable Officer;
- the annual Internal Audit Plan detailing Terms of Reference and Strategy
- the Internal Auditor's Annual Opinion and Report;
- quality assurance reports on the Internal Audit function;
- the draft accounts of the organisation;
- the draft governance statement;
- a report on any changes to accounting policies;
- External Audit's management letter/report;
- a report on any proposals to tender for audit functions;
- a report on co-operation between Internal and External Audit;
- a report on the anti-fraud and anti-bribery arrangements and performance;
- a Best Value Statement and review;
- reports from other sources within the "three lines of assurance" in Bòrd na Gàidhlig's Assurance Framework

Seisean Fosgailte : Open Session
Cuspair 7.3 PT2

NA BUN-RIAGHAILTEAN

A' CHOMATAIDH POILEASAIDH IS GHOIREASAN

TERMS OF REFERENCE

POLICY AND RESOURCES COMMITTEE

Air aontachadh le/Approved by: **Am Bòrd-stiùiridh – The Board**

Air aontachadh air/Approved on: **2022-01-21**

Ath-nuadhachadh a dhìth/Review due on:

A' Ghàidhlig is Beurla Co-ionnan: **OND**

Seisean Fosgailte : Open Session
Cuspair 7.3 PT2

A' CHOMATAIDH POILEASAIDH IS GHOIREASAN NA BUN-RIAGHAILTEAN

Tha am Bòrd Stiùiridh air Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan a stèidheachadh mar Chomataidh den Bhòrd-stiùiridh gus taic a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig ann a bhith a' coileanadh an raon-dleastanais aige fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus Achd Foghlam (Alba) 2016, agus airson rianachd iomlan a thoirt air stòrasan ionmhasail is goireasan daonna na buidhne.

Ballrachd

- Is iad buill na comataidh Buill a' Bhùird-stiùiridh: Dòmhnall M MacAoidh, Nicola NicThòmais agus Màiri NicAonghais.
- Bidh Màiri NicAonghais sa chathair air a' chomataidh gu h-eadar-amail, agus an uair sin bidh Nicola NicThòmais sa chathair.
- Bidh rùnaireachd na comataidh air a sholarachadh leis a' Cheannard.

Aithriseadh

- Bidh a' chomataidh ag aithris gu foirmeil ann an sgrìobhadh chun a' Bhùird-stiùiridh an dèidh gach coinneamh. Mar is àbhaist, bi geàrr-chunntas na coinneimh na bhun-stèidh airson na h-aithris.
- Bidh a' chomataidh a' toirt Aithisg Bhliadhnail don Bhòrd-stiùiridh, ann an deagh ùine gus taic a thoirt a thaobh crìoch a chur air an aithisg bhliadhnail agus air an aithris air riaghladh, anns an toir a' chomataidh geàrr-chunntas air na co-dhùnaidhean a rinneadh bhon obair aice rè na bliadhna.

Uallaichean

Bidh a' chomataidh

- a' cumail sùil air adhartas ùghdarrasan poblach ann an cur an gnìomh an cuid phlanaichean cànain;
- a' ceadachadh Amasan aig Àrd Ìre airson Phlanaichean Cànain;
- a' cumail sùil air adhartas an aghaidh targaidean is crìochan mar a chuireadh an cèill anns na Planaichean Corporra agus Gnìomh aig Bòrd na Gàidhlig;
- a' ceadachadh ro-innleachdan air rannsachadh agus fiosrachadh;
- a' ceadachadh Plana Ionmhasail sa Mheadhan-ùine (MTFP) ceangailte ris a' phlana chorporra agus ris an Ro-innleachd Ionmhasail sa Mheadhan-ùine aig Riaghaltas na h-Alba, agus a' moladh a' Phlana ris a' Bhòrd Stiùiridh;

POLICY AND RESOURCES COMMITTEE TERMS OF REFERENCE

The Board has established a Policy and Resources Committee as a Committee of the Board to support Bòrd na Gàidhlig in fulfilling its remit under the Gaelic Language (Scotland) Act 2005, the Education (Scotland) Act 2016, and for overall management of the organisation's financial and people resources.

Membership

- The members of the committee are Board Members: Donald M MacKay, Nicola Thomson and Mary MacInnes.
- The committee will be chaired in the interim by Mairi MacInnes, and then by Nicola Thomson
- The committee will be provided with a secretariat function by the Ceannard.

Reporting

- The committee will formally report in writing to the Board after each meeting. A copy of minutes of the meeting will usually form the basis of the report.
- The committee will provide the Board with an Annual Report, timed to support finalisation of the annual report and the governance statement, summarising its conclusions from the work it has done during the year.

Responsibilities

The committee will

- monitor progress with implementation by public authorities of their Gaelic language plans;
- approve Gaelic Language Plans High Level Aims;
- monitor progress against targets and goals as set out in Bòrd na Gàidhlig's Corporate and Operational Plans;
- approve research and information strategies;
- approve the Medium-Term Financial Plan (MTFP) linked to its corporate plan and the Scottish Government Medium-Term Financial Strategy, and recommend the Plan to the Board;

- a’ ceadachadh a’ bhuidseit bhliadhnail (aig a bheil ceanglaichean soilleir ris an MTFP) agus a’ moladh buidseat na buidhne ris a’ Bhòrd-stiùiridh;
- a’ cumail sùil air teachd-a-steach agus caiteachas an aghaidh bhuidseatan ùghdarraichte;
- a’ dèanamh lèirmheas air cùisean is co-dhùnaidhean cudromach a thaobh aithriseadh ionmhasail;
- a’ leasachadh agus a’ ceadachadh poileasaidh corporra agus ro-innleachdan, nam measg air obrachadh ann an com-pàirteachas;
- a’ sgrùdadh phoileasaidhean air goireasan daonna;
- a’ dèanamh cinnteach gu bheil rianachd èifeachdach ann airson chùisean ceangailte ris an luchd-obrach taobh a-staigh na buidhne;
- a’ ceadachadh atharrachaidhean mòra ris na structaran airson luchd-obrach agus gu luchd-obrach a bharrachd mar a tha an Ceannard a’ socrachadh;
- a’ marasgladh ullachaidhean a’ Chòd Ghiùlain airson Buill Bhòrd na Gàidhlig agus mar a tha stiùireadh no atharrachaidhean poileasaidh sam bith air an toirt a-steach ann an co-rèir ri ullachaidhean a’ Chòd; agus
- a’ beachdachadh air cùisean sam bith eile a dh’fhaodar am Bòrd-stiùiridh òrdachadh no Ministearan na h-Alba a riaghladh bho àm gu àm.

Bidh a’ Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan cuideachd a’ dèanamh lèirmheas air a’ choileanadh is èifeachdas aice fhèin gach bliadhna agus ag aithris toraidhean an lèirmheis sin don Bhòrd-stiùiridh. Beachdaichidh Cathraiche na Comataidh air lèirmheas sam bith air ballrachd le Cathraiche a’ Bhùird-stiùiridh.

Còraichean
Faodaidh a’ chomataidh:
- buill a bharrachd a cho-thaghadh gus sgilean, fios agus eòlas sònraichte a thoirt dhan bhuidhinn;
- comhairle shònraichte fhaighinn air stèidh ad-hoc agus sin air a phàigheadh leis a’ bhuidhinn, le ùmhlachd do chead buidseit bhon Bhòrd-stiùiridh no bhon Oifigear Chunntachail.

Ùghdarras
Tha a’ chomataidh ùghdarraichte le Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig na leanas, às an leth, a cheadachadh:
- Planaichean Gàidhlig

- approve the annual budget (which has clear links to the MTFP) and recommend the organisation’s budget to the Board;
- monitor the income and expenditure against authorised budgets;
- review significant financial reporting issues and judgements;
- develop and approve corporate policy and strategies including partnership working;
- scrutinise HR policies;
- ensure there is effective management of people-related matters within the organisation;
- approve major changes to staffing structures and for additional staffing as determined by the Ceannard;
- oversee the provisions of the Code of Conduct for Members and the introduction of any guidance or policy changes in accordance with the provisions of the Code; and
- consider such other issues as may be prescribed by the Board or as Scottish Ministers may direct from time to time.

The Policy and Resources Committee will also annually review its own performance and effectiveness and report the results of that review to the Board. The Chair of the Committee will consider any review of membership with the Chair of the Board.

Rights
The committee may:
- co-opt additional members to provide specialist skills, knowledge and experience to the group;
- procure specialist ad-hoc advice at the expense of the organisation, subject to budgetary approval by the Board or Ceannard.

Authority
The commitee is authorised by the Board of Bòrd na Gàidhlig to approve, on their behalf:
- Gaelic Language Plans

- poileasaidhean obrachaidh
- poileasaidhean air luchd-obrach
- sgeamaichean thabhartasan is duaisean, ann an co-rèir ris an Sgeama airson Ùghdarras air a Thiomnadh

Coinneamhan

Is iad modhan na comataidh:

- bidh a' chomataidh a' coinneachadh co-dhiù ceithir tursan gach bliadhna. Faodaidh Cathraiche na Comataidh coinneamhan a bharrachd a ghairm, mar a tha e/i ga mheas riatanach;
- mar ìos-mheud, bidh dithis bhall den Chomataidh an làthair mus bi coinneamh air a meas cuòraichte;
- am bitheantas, bidh an Ceannard an làthair aig coinneamhan na Comataidh, agus far a bheil cùisean ann a tha a' buntainn ris na dreuchdan aca bidh buill eile den Sgioba-stiùiridh ~~Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd, Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig, agus Ceann Roinn an Ionmhais~~ an làthair;
- faodaidh a' Chomataidh iarraidh air oifigich sam bith eile bhon bhuidhinn a bhith an làthair gus a cuideachadh le còmhraidhean air cùis shònraichte;
- faodaidh a' Chomataidh iarraidh air a h-uile duine a tha an làthair nach eil nam buill den Chomataidh, no air feadhainn dhiùbhsan, a tharraing air ais gus deasbad fosgailte is fosgarra fhurastachadh air cùisean sònraichte;
- faodaidh am Bòrd Stiùiridh no an Ceannard iarraidh air a' Chomataidh coinneamhan a bharrachd a ghairm gus cùisean sònraichte a dheasbad air a bheil iad ag iarraidh comhairle na Comataidh.

- operational policies
- people policies
- grants schemes and awards, as per the Scheme of Delegated Authority

Meetings

The procedures for meetings are:

- the committee will meet at least four times a year. The Chair of the Committee may convene additional meetings, as he/she deems necessary;
- a minimum of two members of the Committee will be present for a meeting to be deemed quorate;
- Committee meetings will normally be attended by the Ceannard, and for matters relating to their roles by the other members of the Leadership Team. ~~Director of Language Planning and Community Developments, Director of Gaelic Education, and the Head of Finance~~.
- the Committee may ask any other officials of the organisation to attend to assist it with its discussions on any particular matter;
- the Committee may ask any or all of those who normally attend but who are not members to withdraw to facilitate open and frank discussion of particular matters;
- the Board or Ceannard may ask the Committee to convene further meetings to discuss particular issues on which they want the Committee's advice.

Seisean Fosgailte : Open Session
Cuspair 7.4

A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	23/06/2022
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	07.4

Tiotal a' Phàipeir	Plana Obrach a' Bhùird-stiùiridh	
Moladh do Bhuill	Ri Aontachadh	
Neach-labhairt:	Shona NicIllinnein, Ceannard	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
-	-	-
Pàipear-taice air a cheangal ris	Tha- Eàrr-ràdh A – Plana Obrach a' Bhùird-stiùiridh	

1.0	**Adhbhar**
1.1	Is e adhbhar na h-aithisge seo plana obrach a thoirt dhan Bhòrd-stiùiridh a tha a' mìneachadh nam prìomh nithean air am feumar beachdachadh mar phàirt den chlàr-obrach airson na bliadhna.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Tha e cudromach gum bi plana obrach aontaichte aig a' Bhòrd-stiùiridh airson na bliadhna air thoiseach. Thèid sùil a chumail air a' phlana obrach tron bhliadhna.
3.2	Airson na coinneimh seo, chaidh na h-atharrachaidhean a leanas a dhèanamh: Chaidh Prìomh Chomharran Coileanaidh (PCC) 22/23 aontachadh leis a' Bhòrd-stiùiridh sa Mhàirt agus thig aithris air adhartas leotha gu gach coinneamh. Le sin, cha bhi aithisg air a' phlana gnìomh no am plana gnìomh fhèin a' dol dhan Bhòrd-stiùiridh oir 's e rud obrachaidh a th' ann Aithisgean – Oifigear nan Inbhean, Fosgailteachd is Measadh air Modhan-obrach Choinneamhan: thèid aon aithisg a sgaoileadh tro phost-d do na buill air na cuspairean seo. Aithisg Luchd-obrach: chaidh seo do Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan sa Chèitean. Plana Feachd-obrach: bidh am Plana-Ionmhais Meadhan-teirm a' gabhail a-steach pìosan den phlana seo is thèid pìosan eile a-steach do Ro-innleachd Dhaoine a thig dhan Bhòrd-stiùiridh airson aonta còmhla ris a' Phlana Chorporra ùr. Iarrtasan taic-airgid – chan eil gin ann airson na coinneimh seo. Adhartas nas Luaithe – thig aithisg dhan ath choinneimh às dèidh coinneimh leis a' Mhinistear.
4.0	**Moladh**
4.1	Thathar ag iarraidh air Buill beachdachadh air a' phlana obrach an cois seo agus aontachadh.
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Chan eil buaidh ionmhasail dhìreach sam bith aig an aithisg seo.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air an fheachd-obrach.

5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air trèanadh.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**
	Amas Corporra 4: Gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige.
5.5	**Ceanglaichean ri Frèama-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR		AR LUACHAN	
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach		'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach	
AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☐	Clann	☐
Cultar	☐	Coimhearsnachdan	☐
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☐	Eaconamaidh	☐
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☒		

5.6	**Buaidhean air Cliù**
	Tha plana-obrach a' Bhùird-stiùiridh a' neartachadh cliù na buidhne tro bhith fosgailte agus eagraichte a thaobh obair na buidhne.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Bidh aithisg a' tighinn dhan Bhòrd-stiùiridh air Slàinte is Sàbhailteachd.
5.8	**Buaidhean Laghail**
	Tha cuid de na h-aithisgean a thig dhan Bhòrd-stiùiridh a' dèiligeadh ri rudan reachdail.
5.9	**Buaidhean air Co-ionnanachd** Bidh aithisg a' tighinn dhan Bhòrd-stiùiridh air co-ionannachd.
5.10	**Buaidhean air an Àrainneachd**
	Thig fiosrachadh dhan Bhòrd-stiùiridh air cùisean a thaobh na h-àrainneachd.

Seisean Fosgailte : Open Session
Cuspair 07.4 PT1

AM BÒRD-STIÙIRIDH Plana Obrach 2022/23

		04/22	05/22	06/22	07/22	08/22	09/22	10/22	11/22	12/22	01/23	02/23	03/23
A h-uile Coinneamh Puingean Stèidhichte	Cùisean Tòiseachaidh / Fàilte			√				√		√			√
	A' nochdadh chom-pàirtean			√				√		√			√
	Geàrr-chunntas na Coinneimh mu Dheireadh			√				√		√			√
	Clàr-ghnìomhan			√				√		√			√
	Aithisg air Plana Gnìomh			√				-		-			-
	Aithisg air Prìomh Chomharran Coileanaidh			√				√		√			√
	Aithisg Ionmhais			√				√		√			√
	Clàr Mì-chìnntean			√				√		√			√
	Geàrr-chunntasan nan comataidhean			√				√		√			√
	Aithisg a' Cheannaird			√				√		√			√
	Am Plana Obrach			√				√		√			√
	COVID-19			√				~~√~~		~~√~~			~~√~~
	Iarrtasan taic-airgid £100,000+			√				√		√			√
	Lèirmheas air a' choinneimh			√				√		√			√
Prìomhachasan Ro-innleachdail	Plana Corporra			-				-		√			√
	Am Plana Nàiseanta na Gàidhlig			√				√		√			√
	Adhartas nas Luaithe			~~√~~				√		√			√
Puingean Cunbhalach Bliadhnail	~~Plana Gnìomh~~			-				-		-			~~√~~
	Prìomh Chomharran Coileanaidh												√
	Buidseat na Bliadhna			-				-		-			√
	Plana Ionmhais Meadhan-teirm			√				-		-			√
	Aithisg Bhliadhnail na Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd			√				-		-			-
	Aithisg Bhliadhnail na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan			√				-		-			-
	Aithisg Bhliadhnail is Cunntasan			-				√		-			-
	Aithisg an Luchd-sgrùdaidh on Taobh a-Muigh			-				√		-			-
	~~Aithisg Oifigear nan Inbhean~~			~~√~~				-		-			-
	~~Aithisg Luchd-obrach~~			~~√~~				-		-			-
	Aithisg Slàinte is Sàbhailteachd			√				-		-			-
	Èifeachdas agus trèanadh a' Bhùird-stiùiridh			-				-		-			√
	~~Plana Feachd-obrach~~			~~√~~				-		-			√
	Plana Trèanaidh			√				-		-			-
	Gnàth-riaghailtean			√				-		-			-
	Bun-riaghailtean nan Comataidhean			√				-		-			-
	Pròg̀ram coinneamhan a' Bhùird-stiùiridh			-				-		√			-
	~~Fosgailteachd~~			~~√~~				-		-			-
	Maoineachadh nam Buidhnean Gàidhlig			√				-		√			√
	Aithisg air Planaichean Gàidhlig			√				-		-			-
Puingean Ad Hoc	Suirbhidh Luchd-ùidh			-				√		-			-
	~~Measadh air Modhan-obrach Choinneamhan~~			~~√~~				-		-			-

Seisean Fosgailte : Open Session
Cuspair 7.5

A' freagairt ri	Am Bòrd Stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	23/06/2022
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	7.5

Tiotal a' Phàipeir	Plana Trèanaidh 22/23	
Moladh do Bhuill	Airson Fiosrachadh	
Neach labhairt:	Louise NicIlleathain, Manaidsear Gnìomhan	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba Stiùiridh	09/06/2022	Airson aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	Tha PT1 – Plana Trèanaidh 22/23	

1.0	**Adhbhar**
1.1	Tha am pàipear seo airson na prìomhachasan airson trèanadh is leasachadh airson 2022/23 a thaisbeanadh.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
	Thairis air an dà bhliadhna a dh'fhalbh, chaidh siostaman trèanaidh is leasachaidh a neartachadh gu mòr agus is e obair leantainneach a tha seo.
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Is e am plana trèanaidh am prìomh dhòigh air dèanamh cinnteach gu bheil Bòrd na Gàidhlig a' planadh agus a' measadh trèanadh is leasachadh airson na buidhne, sgiobaidhean agus daoine fa leth. Tha am plana stèidhichte air feumalachdan aig na trì ìrean seo.
3.2	Airson gach neach fa leth, thathar ag ath-sgrùdadh feumalachdan gu foirmeil a' cleachdadh plana leasachaidh pearsanta agus airson luchd-obrach bidh ath-sgrùdaidhean cunbhalach mar phàirt den t-siostam plana obrach pearsanta. Tha feumalachdan trèanaidh buill a' bhùird agus a' Cheannaird cuideachd air an ath-sgrùdadh mar phàirt den phròiseas measaidh bhliadhnail.
3.3	Tha slighean neo-fhoirmeil ann cuideachd gus feumalachdan trèanaidh is leasachaidh a chomharrachadh, leithid atharrachaidhean ann an siostaman agus cleachdaidhean, a bharrachd air toirt a-steach poileasaidhean ùra no atharraichte agus dleastanasan atharraichte. Tha na pròiseasan sin air an gabhail a-steach sa Phoileasaidh Trèanaidh is Leasachaidh.
3.4	'S e sgrìobhainn beò a th' anns a' phlana trèanaidh a leasaicheas tron bhliadhna le bhith cur ris na riatanasan ùra.
4.0	**Moladh**
4.1	Gun toir am Bòrd-stiùiridh fa-near don fhiosrachadh anns an aithisg seo.
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Tha am plana taobh a-staigh a' bhuidseit.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Tha am plana trèanaidh air leth cudromach airson dèanamh cinnteach gum faigh luchd-obrach agus am bòrd-stiùiridh cothrom air an ionnsachadh a tha a dhìth gus an urrainn dhaibh uile an dreuchdan a choileanadh gu h-èifeachdach, agus le misneachd.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Is e seo am prìomh inneal airson trèanadh a phlanadh agus a mheasadh.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**
	Tha seo a' cur ris an t-amas gum bi Bòrd na Gàidhlig a' leasachadh na dòighean obrach aige.
5.5	**Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

Seisean Fosgailte : Open Session
Cuspair 7.5

	AR N-ADHBHAR		**AR LUACHAN**	
	Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach		'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach	
	AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
	Còraichean daonna	☐	Clann	☐
	Cultar	☐	Coimhearsnachdan	☐
	Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
	Slàinte	☐	Eadar-Nàiseanta	☐
	Foghlam	☐	Eaconamaidh	☐
	Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			☒
5.6	**Buaidhean air Cliù**			
	Tha buaidh aig a' phlana air comas na buidhne an gnìomhan a lìbhrigeadh gu h-èifeachdach, agus mar sin a' toirt buaidh air a cliù.			
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**			
	Tha gnìomhan anns a' phlana a bheir seachad deagh chleachdaidhean slàinte is sàbhailteachd agus sunnd.			
5.8	**Buaidhean Laghail**			
	Bheir cuid den trèanadh agus leasachadh comas don bhuidheann dèanamh cinnteach gu bheil i ag obair a rèir dleastanasan reachdail.			
5.9	**Buaidhean air Co-ionannas**			
	Tha trèanadh air co-ionannachd agus iomadachd mar phàirt den phlana.			
5.10	**Buaidhean air Àireannachd**			
	N/a			

Seisean Fosgailte : Open Session
Cuspair 7.5 PT1

Plana Trèanaidh 2022-23

Ro-ràdh

Is e sgrìobhainn beò a th' anns a' phlana trèanaidh a tha a' toirt còmhla feumalachdan trèanaidh na buidhne, sgiobaidhean agus daoine fa leth gus am bi pròiseas soilleir ann a tha a' leantainn bho a bhith a' comharrachadh feumalachdan trèanaidh is leasachaidh gu luachadh.

Tha am plana a' mìneachadh na prìomh chuspairean airson na bliadhna 2022/23, còmhla ri buidseat agus cosgaisean trèanaidh san amharc. Bidh na cosgaisean sin ag atharrachadh mar a thèid gnìomhan eile a chomharrachadh tron bhliadhna.

Luachan

Ann an 2019, dh'aontaich sinn còig luachan, a tha sinn ag amas air an toirt a-steach anns gach nì a nì sinn. Is iad:

1) Taic
2) Atharrachadh
3) Conaltradh
4) Earbsa
5) Spèis

Poileasaidhean, Siostaman agus Pròiseasan

Tha am plana trèanaidh stèidhichte air a' phoileasaidh ionnsachaidh is leasachaidh. Tha seo a' mìneachadh amasan trèanadh is ionnsachadh a bharrachd air na pròiseasan a thathar a' cleachdadh airson feumalachdan a chomharrachadh. Is iad na prìomh shiostaman foirmeil airson daoine fa leth:

- Planaichean leasachaidh pearsanta (luchd-obrach agus buill a' bhùird-stiùiridh)
- Planaichean obrach pearsanta (luchd-obrach)
- Measaidhean bhliadhnail (buill a' bhùird-stiùiridh)
- Measaidhean 6-mìosail (Ceannard)
- Foirmichean measaidh trèanaidh

A bharrachd orra sin, tha tachartasan ann a bhrosnaicheas feumalachdan trèanaidh is leasachaidh. Nam measg tha:

- Inntrigeadh (airson luchd-obrach ùr agus buill a' bhùird)
- Atharraichean ann an dreuchdan agus/no dleastanasan
- Ro-ràdh poileasaidhean, siostaman no reachdas ùra
- Atharraichean ann an cleachdadh teicneòlais

Prìomhachasan na Buidhne

Bidh Bòrd na Gàidhlig a' leasachadh plana gnìomh gach bliadhna a tha a' mìneachadh nan gnìomhan airson na bliadhna ri teachd gus am plana corporra 5 bliadhna aca a bhuileachadh. Is iad na riatanasan ionnsachaidh is leasachaidh a tha co-cheangailte ri lìbhrigeadh plana gnìomh na bliadhna seo:

- A' leasachadh sgilean SharePoint gus crìoch a chur air a' phròiseact airson rianachd chlàran
- Sgilean stiùireadh dhaoine, gus neartachadh sgilean taobh a-staigh na buidhne a thaobh a bhith a' libhrigeadh na h-obrach againn
- A' cruthachadh goireas trèanaidh sònraichte air am pròiseas fastaidh
- A' cleachdadh teicneòlas gus uallach obrach a lùghdachadh no siostaman a dhèanamh nas èifeachdach

A thuilleadh air na feumalachdan air an stiùireadh leis a' phlana gnìomh, tha feumalachdan leantainneach air an stiùireadh leis a' cho-theacsa obrachaidh againn. Nam measg tha:

- Leasachadh sgilean Gàidhlig
- Tèarainteachd fiosrachaidh
- Mothachadh saidhbear
- Pàrantan Corporra
- Gèilleadh ri riatanasan reachdail (Inbhean sa Bheatha Phoblaich, Saorsa an Fhiosrachaidh, Dleastanas Co-ionannachd san Roinn Phoblaich, Rianachd Chlàran, Dìon Dàta, Reachdas Cosnaidh, Slàinte is Sàbhailteachd, Aithris Bith-iomadachd, Solarachadh, Pàrantan Corporra msaa)
- A' buileachadh Riaghaltas na h-Alba, Sgrùdadh Alba agus riatanasan co-cheangailte ris (Air Bòrd, Luach as Fheàrr, Obair Chothromach, Leabhar-làimhe Ionmhais Poblach na h-Alba, Leabhar-làimhe Aithrisean Ionmhais, msaa)

Am Plana Trèanaidh

Tha an sgrìobhainn Excel seo a' clàradh liosta den trèanadh a tha san amharc don luchd-obrach agus do bhuill a' bhùird-stiùiridh air fad. Tha clàr a' sealltainn dè an trèanadh a tha a' tachairt gach mìos ann; cosgaisean trèanaidh a chaidh a chosg agus a tha rin cosg fhathast; liosta den trèanadh a chaidh a dhèanamh sna trì mìosan mu dheireadh; agus measadh air gach foirm measaidh.

Buidseat agus Cosgaisean

Is e am buidseat iomlan airson 2022/23 £17,000. Mar a thachair anns na bliadhnaichean roimhe, tha coltas ann gun tèid a' mhòr-chuid de thrèanadh a chumail air-loidhne, a' lughdachadh gach cuid cosgaisean siubhail agus ùine siubhail. Bha buaidh mhòr aig an dà chuid sna bliadhnaichean roimhe sin air a' bhuidseit trèanaidh agus buaidh air ùine luchd-obrach agus buill a' bhùird-stiùiridh.

Ùine airson Ionnsachadh is Leasachadh

Tha e riatanach dèanamh cinnteach gu bheil ùine ann airson ionnsachadh agus leasachadh a dhèanamh ma tha am plana trèanaidh gu bhith air a bhuileachadh. Tha dleastanas aig a' mhanaidsear-streatha ann a bhith a' dèanamh cinnteach nuair a thèid cothrom no tachartas trèanaidh aontachadh, gu bheil ùine ann airson an trèanadh a dhèanamh agus gu bheil seo mar phàirt den phròiseas airson aontachadh an gabh tachartas no cothrom ionnsachadh agus leasachadh a thoirt air adhart.

A bharrachd air gnìomhan foirmeil, tha grunn dhòighean neo-fhoirmeil ann a tha a' toirt a-steach ionnsachadh agus leasachadh annta, leithid am fiosrachadh cunbhalach mu phoileasaidhean aig coinneamh gach cola-deug Dè tha Dol; an riarachadh ràitheil fèin-leasachaidh ùine; agus an seisean deasbaid mìosail Dè tha Dol.

Seisean Fosgailte : Open Session
Cuspair 7.5 PT1

Sgilean Agus Eòlas Taobh A-staigh na Buidhne

Tha sinn ag aithneachadh tuilleadh is tuilleadh gu bheil goireas mòr eòlais agus sgilean againn mu thràth taobh a-staigh na buidhne agus gu bheil cothroman ann gan cleachdadh nas fheàrr gus trèanadh is taic a thoirt do dhaoine eile. Thèid co-labhairt luchd-obrach 2022 a chumail aghaidh ri aghaidh thairis air dà là san t-Sultain ann an Inbhir Nis. Thèid seiseanan a lìbhrigeadh thairis air a dà là a chuireas ri sgilean agus eòlas an luchd-obrach.

Luachadh

Is e a bhith a' leasachadh, a' dèanamh agus ag ath-sgrùdadh an siostam againn. Tha seo air fàs nas cunbhalaiche thar na bliadhnaichean a dh'fhalbh gus buaidh trèanaidh a ghlacadh, no a cheart cho cudromach, far nach deach am buaidh a dhìth a choileanadh. Tha cur-a-steach measaidh cunbhalach mar phàirt den phlana trèanaidh a' toirt cothrom don bhuidheann leasachaidh agus ionnsachaidh a leasachadh.

Louise NicIlleathain, Manaidsear Gnìomhan
1 Ògmhios 2022

Seisean Fosgailte : Open Session
Cuspair 7.6

A' freagairt ri	A' Bhòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	23/06/2022
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	7.6

Tiotal a' Phàipeir	Aithisgean Bhliadhnail nan Comataidhean	
Moladh do Bhuill	Ri Aontachadh	
Neach labhairt:	Shona NicIllinnein, Ceannard	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Comataidh Poileasaidh is Goireasan Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd	10/05/2022 24/05/2022	Airson Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	PT1 - Aithisg Bhliadhnail na Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd 2021/22 PT2 - Aithisg Bhliadhnail na Comataidh Poileasaidh is Goireasan 2021/22	

1.0	**Adhbhar**
1.1	Gus na h-aithisgean seo a chur air beulaibh a' Bhùird-stiùiridh airson an aonta
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Tha na h-aithisgean seo a' toirt fiosrachadh dhan Cheannard agus bidh iomradh orra sa Governance Statement san Aithisg Bhliadhnail 2021/22.
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Tha an aithisg bhliadhnail agus na cunntasan nam prìomh sgrìobhainnean gus sealltainn gu bheil modhan-riaghlaidh èifeachdach gan cur an sàs.
3.2	Tha **Pàipearan-taic 1 agus 2** a toirt fiosrachadh air obair a' Chomataidh Sgrùdaidh agus Dearbhachd (**PT1**) agus a' Chomataidh Poileasaidh agus Ghoireasan (**PT2**) tron bliadhna.
4.0	**Moladh**
4.1	Thathas ag iarraidh air a' Bhòrd-stiùiridh: • beachdachadh air Aithisg a' Chomataidh Sgrùdaidh agus Dearbhachd (Pàipear-taic 1) agus Aithisg a' Chomataidh Poileasaidh agus Ghoireasan (Pàipear-taic 2) • aonta foirmeil a thoirt dhaibh.
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Tha an dà chomataidh a' dèiligeadh ri ionmhas ann an dòighean eadar-dhealaichte agus tha iomraidhean air sin sna h-aithisgean.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Tha Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan a' dèiligeadh ri cùisean sgiobachd agus tha iomradh air sin san aithisg aice.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Tha Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan a' dèiligeadh ri cùisean trèanaidh is leasachaidh agus tha iomradh air sin san aithisg aice.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**
	Tha am pàipear seo a toirt taic dhan Bhòrd-stiùiridh ann an coileanadh nan uallaichean co-cheangailte ri na cunntasan agus an aithisg bhliadhnail.

5.5	**Buaidhean air Cliù**			
	AR N-ADHBHAR	**AR LUACHAN**		
	Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach		
	AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
	Còraichean daonna	☒	Clann	☒
	Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☒
	Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
	Slàinte	☒	Eadar-Nàiseanta	☒
	Foghlam	☒	Eaconamaidh	☒
	Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☒		
5.6	**Buaidhean air Cliù**			
	Tha na h-aithisgean seo a' sealltainn cho cudromach agus farsaingeachd 's a tha obair an dà chomataidh.			
5.7	**Buaidhean air Slàinte, Sàbhailteachd is Sunnd**			
	Tha Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan a' dèiligeadh ris na cuspairean seo agus tha iomradh air sin san aithisg aice.			
5.8	**Buaidhean Laghail**			
	Tha an Aithisg Bhliadhnail is Cunntasan a dhith gus na dleastanasan ann an Schedule I, Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, an coileanadh. Tha na h-aithisgean seo a' cur ris an aithisg sin.			
5.9	**Buaidhean air Co-ionannanachd**			
	Chan eil gin ann.			
5.10	**Buaidhean air an Àrainneachd**			
	'S e an aon buaidh a tha air an àrainneachd nach robh aig buill no oifigear a bhith a' siubhal airson nan coinneamhan is tha sin math a thaobh na h-àrainneachd.			

	Aithisg bhliadhnail dhan Bhòrd bhon Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd.	**Annual report to the Board from the Audit and Assurance Committee**
1.0	**Cùl-fhiosrachadh**	**Background**
	Feumaidh a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd (AAC) aithris a dhèanamh dhan làn Bhòrd gach bliadhna air na gnìomhachd aca thar na bliadhna, agus air na h-aithisgean a chuireas luchd-sgrùdaidh na buidhne on taobh a-staigh agus on taobh a-muigh dhan Chomataidh.	The Audit and Assurance Committee (AAC) is required to report annually to the full Board on its activities over the year, and on the reports presented to the Committee by the organisation's internal and external auditors.
	Tha an Aithisg Bhliadhnail seo air a thoirt seachad às leth a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd airson na h-ùine-obrach a chòmhdach bhon Ghiblean 2021 gus a' Mhàirt 2022.	This Annual Report is presented on behalf of the Audit and Assurance Committee to cover the period of its operations from April 2021 to March 2022.
2.0	**Dealbh Fharsaing**	**Overview**
	• Tha ùine na h-Aithisge Bliadhnail seo a' gabhail a-steach beachdachadh air cunntasan deireannach airson 2021/22, còmhla ri aithisgean co-cheangailte bho Deloitte LLP, luchd-sgrùdaidh na buidhne on taobh a-muigh. • Tha a' Chomataidh cuideachd air cumail orra sùil a chumail air obair luchd-sgrùdaidh na buidhne on taobh a-staigh agus a' beachdachadh air aithisgean a chuireas iad a-mach. • Choinnich a' Chomataidh ceithir tursan thar ùine na h-aithisge seo.	• The period of this Annual Report covers consideration of final accounts for 2021/22, together with associated reports from Deloitte LLP, the organisation's external auditors. • The Committee has also continued to have oversight of the work of the organisation's internal auditors and consider reports issued by them. • The Committee met four times over the period covered by this report.
3.0	**Obair na Comataidh**	**Work of the Committee**
3.1	**Coinneamhan an AAC**	**Meetings of the AAC**
	Tha Leas-phàipear A a' liostadh ballrachd na Comataidh thar na h-ùine agus an luchd-frithealaidh cunbhalach bhon Sgioba Ceannais, Deloitte LLP, agus luchd-sgrùdaidh taobh a-staigh, Wylie & Bisset.	Annex A lists the membership of the Committee over the period and the regular attendees from the Leadership Team, Deloitte LLP, and internal auditors, Wylie & Bisset.
	Chùm an AAC coinneamhan air 26 Cèitean 2021, 8 Sultain 2021, 17 Samhan 2021, agus 9 Gearran 2022. Ann an co-rèir ri deagh-chleachdadh, choinnich a' Chomataidh gu prìobhaideach ris an luchd-sgrùdaidh on taobh a-staigh agus on taobh a-muigh aig deireadh coinneamhan comataidh nuair a bha feum air. Chùm an Cathraiche coinneamhan le oifigearan agus le Cathraiche a' Bhùird rè na bliadhna agus thug e geàrr-chunntasan de gach coinneamh Comataidh dhan ath choinneamh Bùird. Bidh an Cathraiche a' toirt fiosrachadh dhan Bhòrd air aithisgean a tha air a bhith tro AAC agus an uair	The AAC held meetings on 26 May 2021, 8 September 2021, 17 November 2021, and 9 February 2022. In accordance with good practice, the Committee met privately with the internal and external auditors at the end of committee meetings when required. The Chair held meetings with officers and the Chair of the Board during the year and presented the minutes of each Committee meeting to the following Board meeting. The Chair provides information to Board on reports that have been through AAC and then presented to Board for approval or noting.

	sin gan cur air beulaibh a' Bhùird airson aonta no notachadh.	
3.2	**Prìomh Ghnìomhachdan**	**Key Activities**
	A bharrachd air aithisgean stiùiridh bho luchd-sgrùdaidh na buidhne on taobh a-staigh agus on taobh a-muigh, dha bheilear a' toirt fa-near nas mionaidiche gu h-ìosail, bheachdaich a' Chomataidh air grunn chùisean eile tron bhliadhna cuideachd:	In addition to management reports from the organisation's Internal and external auditors, considered in further detail below, the Committee also considered a number of other issues throughout the year:
	➢ Lean a' Chomataidh orra a' toirt sùil ro-innleachdail air ro-innleachd riaghladh chunnartan na buidhne agus bheachdaich iad air a' chlàr chunnartan ro-innleachdail aig a h-uile coinneamh ann an 2021/22. Thar na bliadhna, tha a' Chomataidh air beachdachadh air iomchaidheachd susbaint a' chlàr chunnartan ro-innleachdail, agus iomchaidheachd gnìomh lasachaidh, aig amannan eadar làn bheachdachadh a' Bhùird air riaghladh chunnairt.	➢ The Committee continued to take a strategic oversight of the organisation's risk management strategy and considered the strategic risk register at every meeting in 2021/22. The Committee has considered the appropriateness of coverage of the strategic risk register throughout the year, and adequacy of mitigation action, in periods between full Board considerations of risk management.
	➢ Ghabh Buill na Comataidh trèanadh Riaghladh Chunnartan os làimh ann an 2021.	➢ Members of the Committee undertook Risk Management training in 2021.
	➢ Rinn a' Chomataidh ath-sgrùdadh agus ùrachadh air na Cumhaichean Iomraidh aca, agus dh'ullaich iad agus bheachdaich iad air Plana Obrach Comataidh a chaidh ath-sgrùdadh aig a h-uile coinneamh.	➢ The Committee reviewed and updated its Terms of Reference, and prepared and considered a Committee Work Plan which was reviewed at every meeting.
	➢ Chuir a' Chomataidh aonta ri Plana Leantainneachd Gnìomhachais.	➢ The Committee approved a Business Continuity Plan.
	➢ Chuir a' Chomataidh aonta ri sgaoileadh a' Bhuidheann Stiùiridh Planaichean Leasachaidh agus cleachdadh a' Phlana Leasachaidh Leantainneach gus a h-uile moladh san àm ri teachd a ghlacadh.	➢ The Committee approved the dissolution of the Improvement Plan Steering Group and the use of the Continuous Improvement Plan to capture all future recommendations.
	➢ Chuir a' Chomataidh aonta ri mion-fhiosrachadh mun chuireadh gu tairgse airson na Seirbheis In-sgrùdaidh 2022-2025.	➢ The Committee approved the details of the invitation to tender for the Internal Audit Service for 2022-2025.
	➢ Rinn a' Chomataidh ath-sgrùdadh agus deasbad air Aithisg Seasmhachd Sìobair.	➢ The Committee reviewed and discussed a Cyber Resilience Report.
	➢ Rinn a' Chomataidh sgrùdadh air agus chuir iad aonta ris an Aithris air Riaghladh mar phàirt den bheachdachadh aca air cunntasan deireannach, mus tug iad moladh air na cunntasan dhan Bhòrd agus mus do chuir an t-Oifigear Cunntachail ainm ris.	➢ The Committee reviewed and approved the Governance Statement as part of its consideration of final accounts, prior to recommending the accounts to the Board and their signature by the Accountable Officer.
	➢ Bheachdaich a' Chomataidh agus dh'aontaich iad ri planaichean gnìomhachd sgrùdaidh a thoirt air adhart. Dh'aontaich a' Chomataidh ris a' phlana gnìomhachd in-sgrùdaidh airson 2021/22 mar phàirt den Mheasadh Feumalachdan Sgrùdaidh leis an luchd-sgrùdaidh taobh a-staigh Wylie & Bisset.	➢ The Committee gave consideration and agreement to forward audit activity plans. The Committee agreed the plan of internal audit activity for 2021/22 as part of the Audit Needs Assessment by the internal auditors Wylie & Bisset. The Committee also agreed the plan for the 2021/22

	Dh'aontaich a' Chomataidh cuideachd am plana airson an sgrùdaidh taobh a-muigh 2021/22 agus chùm iad sùil air adhartas ann an lìbhrigeadh an sgrùdaidh taobh a-muigh. ➢ Bheachdaich a' Chomataidh air an dreachd litir riochdachaidh bhon bhuidhinn gu Deloitte LLP, an neach-sgrùdaidh on taobh a-muigh, mus do chuir an t-Oifigear Cunntachail ainm ris mar dhealbh iomchaidh air suidheachadh na buidhne a thaobh ullachadh nan cunntasan ann an 2020/21 agus giùlan nam modhan-obrach ionmhais agus smachd nas fharsainge thar na bliadhna.	external audit and oversaw progress in delivery of the external audit. ➢ The Committee considered the draft letter of representation from the organisation to Deloitte LLP, the external auditor, prior to its signature by the Accountable Officer as an appropriate reflection of the organisation's position for preparation of the accounts for 2020/21 and conduct of the financial and wider control procedures over the course of the year.
3.3	**In-sgrùdadh**	**Internal Audit**
	Chaidh an t-seirbheis in-sgrùdaidh Bhòrd na Gàidhlig a thoirt seachad le Wylie & Bisset gu ruige 31d Màrt 2022, agus an dèidh tairgse soirbheachail, leanaidh an t-seirbheis airson 3 bliadhna gu ruige 31d Màrt 2025. Chuir an AAC aonta ris a' Phlana In-sgrùdaidh 21/22 aig a' choinneimh aca anns a' Chèitean 2021.	Bòrd na Gàidhlig's internal audit service up to 31 March 2022 was provided by Wylie & Bisset, and following a successful tender bid, will continue for the 3 years to 31 March 2025. The AAC approved the Internal Audit Plan 21/22 at their meeting in May 2021.
	Rè ùine na h-aithisge seo, chaidh seachd aithisgean stiùiridh a chur air beulaibh na Comataidh. Chaidh dà aithisg a bharrachd (Iar-sgrùdadh air Molaidhean In-sgrùdaidh agus Plana Leasachaidh) a ghabhail os làimh rè na h-ùine agus chaidh aithris a dhèanamh orra an dèidh deireadh na bliadhna. Tha na co-dhùnaidhean agus molaidhean airson gnìomh air an rangachadh a rèir measadh nan in-sgrùdairean air dè cho cudromach 's a tha an laigse bhunaiteach a thaobh riaghladh èifeachdach na buidhne.	Over the course of the period of this report, seven management reports were presented to the Committee. A further two reports (Internal Audit Recommendations Follow-up and Improvement Plan) were undertaken during the period and reported post year end. The findings and consequent recommendations for action are graded according to the internal auditors' assessment of the significance of the underlying weakness to the effective management of the organisation.
	'S e beachd an In-sgrùdaidh airson na bliadhna 2021/22 gun robh "pròiseasan riaghlaidh chunnartan, smachd agus riaghlaidh iomchaidh agus èifeachdach aig Bòrd na Gàidhlig gus coileanadh amasan na Buidhne a riaghladh aig àm ar n-obair sgrùdaidh. Nar beachd-ne, tha na h-ullachaidhean ceart aig a' Bhuidhinn gus luach an airgid a bhrosnachadh agus a ghlèidheadh."	The Internal Audit opinion for year 2021/22 is that "Bòrd na Gàidhlig did have adequate and effective risk management, control and governance processes to manage its achievement of the Organisation's objectives at the time of our audit work. In our opinion, the Organisation has proper arrangements to promote and secure value for money.".
	Tha Bòrd a h-Aon a' sealltainn a' cho-dhùnaidh iomlan agus geàrr-iomradh air an àireamh de mholaidhean in-sgrùdaidh, air an seòrsachadh a rèir na h-ìre de chunnart a chaidh a mheasadh leis na h-in-sgrùdairean, airson nan aithisgean a th' air an cur a-mach anns a' Phlana In-sgrùdaidh 2021/22.	Table One below presents the overall conclusion and a summary of the number of internal audit recommendations, classified according to the degree of risk assessed by the internal auditors, for the reports set out in the Internal Audit Plan 2021/22.

Bòrd a h-Aon: Geàrr-iomradh de Thoraidhean In-sgrùdaidh 2021/22

Geàrr-iomradh de Thoraidhean In-sgrùdaidh

Raon an Sgrùdaidh	Co-dhùnadh iomlan	Ìre de Mholadh			Raointean anns a bheil Deagh chleachdadh
		Àrd	Meadhanach	Ìosail	
Smachd Ionmhasail	Làidir	0	0	0	7
Coileanadh Ionmhasail	Làidir	0	0	0	7
Stiùireadh Dèanadais Luchd-obrach	Làidir	0	0	1	8
Buidhnean Tabhartasan Gàidhlig	Làidir	0	0	0	4
Riaghladh Chunnartan	Làidir	0	0	0	12
Buaidh Phoileasaidh Riaghaltais	Làidir	0	0	0	8
Stiùireadh & Sàbhailteachd	Làidir	0	0	0	12
Fiosrachaidh*	Làidir	0	0	0	6
Planaichean Gàidhlig nam Buidhnean Poblach (GLAIF)*	Làidir	0	0	0	11
Iar-sgrùdadh Bliadhnail*	Làidir	0	1	3	"Chan eil seo buntainneach"
Iomlan		0	1	4	75
Iomlan 2020/21 airson Coimeas		1	9	1	49

Toraidhean sgrùdaidh air aithris ann an 2022/23

Table One: Summary of 2021/22 Internal Audit Findings

Summary of Internal Audit Findings

Audit Area	Overall Conclusion	Recommendation grading			Areas of good practice
		High	Medium	Low	
Financial Controls	Strong	0	0	0	7
Financial Governance	Strong	0	0	0	7
Employee Performance Management	Strong	0	0	1	8
Grants to Gaelic Organisations	Strong	0	0	0	4
Risk Management	Strong	0	0	0	12
Impact of Government Policy	Strong	0	0	0	8
Information Security & Management	Strong	0	0	0	12
External Organisations Performance Management *	Strong	0	0	0	6
Public Bodies Gaelic Language Plans (GLAIF) *	Strong	0	0	0	11
Annual follow-up *	Strong	0	1	3	n/a
Total		0	1	4	75
2020/21 Total for comparison		1	9	1	49

** Audit findings reported in 2022/23*

3.4	**Seòrsaichean de dh'Èifeachdas In-smachd**	**Internal Control Effectiveness Categories**
	Ann am mòran bhuidhnean, cha bhi ach molaidhean de dh'àrd-phrìomhachas a thathar a' meas gu bheil cudrom ro-innleachdail aca air an toirt mar as trice gu aire na Comataidh. Ann an co-rèir ri follaiseachd agus cleachdadh as fheàrr tha a' Chomataidh mothachail air a h-uile moladh a nì na h-in-sgrùdairean, tro bheachdachadh air làn aithisgean riaghlaidh an dèidh gach lèirmheas sgrùdaidh.	In many organisations, only high priority recommendations which are typically considered to have strategic importance are brought to the attention of the Committee. In line with transparency and best practice the Committee is made aware of all recommendations made by the internal auditors, through consideration of full management reports following each audit review.
	Tha a' Chomataidh air freagairtean stiùiridh aontachadh ris a h-uile moladh a chaidh a dhèanamh agus iad a' leantainn orra a sgrùdadh adhartas a chaidh a dhèanamh.	The Committee has agreed management responses to all recommendations made and continues to monitor progress made.
3.5	**Sgrùdadh on Taobh a-muigh**	**External Audit**
	Bheachdaich a' Chomataidh Sgrùdaidh & Barantais air aithisg Deloitte dhan fheadhainn air a bheil uallach airson riaghladh air an sgrùdadh air cunntasan 2020/21 aig a' choinneimh aca air 8 Sultain 2021.	The Audit & Assurance Committee considered Deloitte's report to those charged with governance on the audit of the 2020/21 accounts at its meeting of 8 September 2021.
	Thug an aithisg sgrùdaidh on taobh a-muigh fa-near gu bheil "*BnG mar a tha e an-dràsta gu math dhiofraichte bhon bhuidhinn a tha fo ùmhlachd na h-aithisge sgrùdaidh 2018/19. Tha ath-thogail bunaiteach air a bhith aig structair riaghlaidh na buidhne agus an Sgioba Ceannais. Tha gluasad mòr air a bhith anns an dòigh-obrach aige a thaobh fosgailteachd agus follaiseachd. Tha barrachd fòcas air conaltradh agus planadh fad-ùine air a bhith ann. Tha a' bhuidheann a' sireadh chùisean gu gnìomhach 's iad a' sireadh dòighean gus leasachadh. Cha bu chòir gin de na h-atharrachaidhean seo a chur ann an suarachas, luaths leasachaidh - le buaidhean ri linn sin air luchd-obrach agus beachd an luchd-ùidhe, agus bu choir moladh a dhèanamh air èifeachdas riaghladih agus ceannais."*	The external audit report noted that "*the BnaG of present is substantially different to the organisation subject to the 2018/19 audit report. There has been a fundamental overhaul of the organisation's governance structure and Leadership Team. There has been a significant shift in its approach to openness and transparency. There has been an increased focus on communication and longer-term planning. The organisation actively seeks issues out while looking for ways to improve. None of these changes should be understated, the pace of improvement – with consequent impacts on staff and stakeholder perception, and the effectiveness of governance and leadership is to be commended."*
	Anns an aithisg S22 aca air a' bhliadhna ionmhais 2020/21, dh'aithris an t-Àrd-neach-sgrùdaidh gur e "'*Buidheann leasaichte a th' anns a' Bhòrd an latha an-diugh ann an coimeas ri sin na tha fo ùmhlachd na h-aithisg sgrùdaidh 2018/19. Thathar a' cur fàilte air astar leasachaidh ann a bhith ag ath-thogail structar riaghlaidh agus Sgioba Ceannais na buidhne agus a' meudachadh gu mòr a fosgailteachd agus follaiseachd. Leis an atharrachadh fad-ùine a tha a dhìth, tha e coltach nach tig làn bhuannachdan nan leasachaidhean a-mach ach thar ùine. Tha e fhathast cudromach*	In their S22 report on the financial year 2020/21, the Auditor General reported that "*The Bòrd of today is an improved organisation to the one subject to the 2018/19 audit report. The pace of improvement in overhauling the organisation's governance structure and Leadership Team and increasing significantly its openness and transparency is welcome. Given the long-term change required, it is likely that the full benefits of the improvements made will only emerge over time. It remains important for the Bòrd to monitor whether the changes are delivering long-term benefits with*

	gun dèan am Bhòrd sgrùdadh air a bheil na h-atharrachaidhean a' lìbhrigeadh buannachdan fad-ùine le buaidh a ghabhas tomhas agus gun dèan iad atharrachaidhean iomchaidh a dhèanamh far a bheil sin riatanach.	*measurable impact and make appropriate adjustments where necessary.*
	Chaidh beachdachadh air na cunntasan agus aithisg an neach-sgrùdaidh on taobh a-muigh airson 2020/21 agus chaidh an aontachadh leis a Chomataidh agus chaidh am moladh dhan Bhòrd. Chuir an t-Àrd-oifigear mar Oifigear Cunntachail agus Deloitte LLP an ainmean ris na cunntasan air 5mh Sultain 2021, chaidh an cur a-steach dhan Àrd-neach-sgrùdaidh, agus an cur air beulaibh Pàrlamaid na h-Alba air 9mh Dùbhlachd 2021.	The accounts and external auditor's report for 2020/21 were considered and approved by the Committee and recommended to the Board. The accounts were signed by the Chief Executive as Accountable Officer and Deloitte LLP on 5th November 2021, submitted to the Auditor General, and laid before the Scottish Parliament on 9th December 2021.
	Chaidh am Plana Sgrùdaidh Bhliadhnail airson 2021/22 a thaisbeanadh dhan Chomataidh leis an luchd-sgrùdaidh on taobh a-muigh aig coinneamh a' Ghearrain 2022.	The Annual Audit Plan for 2021/22 was presented to the Committee by the external auditors at the February 2022 meeting.
3.6	**Riaghladh Chunnartan Ro-innleachdail**	**Strategic Risk Management**
	Tha clàr chunnartan ro-innleachdail na buidhne air ath-sgrùdadh tron bhliadhna leis a' Chomataidh agus an làn Bhòrd, a' dèanamh cinnteach gu bheil e a' nochdadh prìomhachasan lìbhrigidh agus àrainneachd ro-innleachdail na buidhne ann a bhith a' lìbhrigeadh a' Phlana Corporra 2018-23. Tha sùil aig a' Bhòrd air a' chlàr chunnartan ro-innleachdail agus tha iad comasach air beachdan a thoirt air gach ràithe, agus iad a' toirt fa-near do dh'aithisgean coileanaidh chorporra nas fharsainge.	The organisation's strategic risk register has been reviewed during the year by the Committee and full Board, ensuring it reflects the delivery priorities and strategic environment of the organisation in its delivery of the Corporate Plan 2018-23. The Board has sight of the strategic risk register and is able to comment on it quarterly, while considering wider corporate performance reports.
	Dh'fhritheil buill chomataidh agus an sgioba àrd-cheannais uile co-labhairt air Prionnsabalan Riaghladh Chunnartan anns an Lùnastal 2021.	Committee members and senior leadership team all attended a seminar on the Principles of Risk Management in August 2021.
4.0	**Co-dhùnaidhean**	**Conclusions**
	Tha a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd a' meas gu bheil iad air a bhith soirbheachail ann a bhith ag adhartachadh prìomhachasan riaghlaidh agus in-smachd a' Bhùird rè na h-ùine a th' air a ghabhail a-steach anns an aithisg bhliadhnail.	The Audit and Assurance Committee considers that it has been successful in progressing the Board's governance and internal control priorities during the period covered by this annual report.
	Tha a' Chomataidh air a dhol an sàs tron bhliadhna leis na cùisean air an comharrachadh le luchd-sgrùdaidh taobh a-staigh agus taobh a-muigh na buidhne, agus cuideachd le oifigearan na buidhne. Tha a' Chomataidh air aithisgean fhaighinn air cùisean a chaidh a thogail, air beachdachadh air	The Committee has engaged through the year with issues identified by the organisation's internal and external auditors, and also by the organisation's officers. The Committee has received reports on issues raised, considered recommendations made, and approved responses and actions. The Committee has

	molaidhean a chaidh a dhèanamh, agus air freagairtean agus gnìomhan aontachadh. Tha a' Chomataidh air a' phlana sgrùdaidh iomlan aca a chumadh agus aontachadh, agus tha iad air seòl agus dòigh-obrach nan in-sgrùdairean agus am prògram-obrach aca a stiùireadh. Tha a' Chomataidh cuideachd air sgrùdadh a dhèanamh air lìbhrigeadh mu choinneamh planaichean gnìomh aontaichte.	shaped and approved the overall audit plan, and has guided the direction and approach of the internal auditors and their programme of work. The Committee has also monitored delivery against approved action plans.
	Leanaidh a' Chomataidh orra a' dèiligeadh ri prìomh chùisean in-smachd agus leasachadh phròiseasan iomchaidh taobh a-staigh na buidhne.	The Committee will continue to address key issues of internal control and the development of appropriate processes within the organisation.
	Leanaidh a' Chomataidh orra a' cumail sùil air dòigh-obrach na buidhne a thaobh, agus mar a dhèiligeas iad ri, riaghladh chunnartan, agus air taobhan nas fharsainge de riaghladh corporra. Gu sònraichte, bidh buill a' feuchainn a dhèanamh cinnteach gun ionnsaichear bho eòlas obrachaidh agus nuair as urrainnear, gun tig ath-sgrùdaidhean air obrachaidhean agus na ionnsaichear bhuapa gu leasachaidhean anns na siostaman aig BnG.	The Committee will continue to have oversight of the organisation's approach to and handling of risk management, and of wider aspects of corporate governance. In particular, members will seek to ensure that lessons are learned from operational experience and that wherever possible reviews of working practices and learning from them lead to improvements in BnG's systems.
	Bu mhath leam taing a thoirt dha mo cho-bhuill Bhùird a bha air a' Chomataidh airson an tabhartais, agus gu sònraichte dha Ailean Caimbeul a thàinig an dreuchd aige gu crìch anns a' Mhàirt 2022. Bu mhath leam taing a thoirt cuideachd dhan sgioba ceannais agus an sgioba rianachd airson an taic ann a bhith a' cuideachadh agus ann a bhith ag ullachadh phàipearan airson coinneamhan na Comataidh agus anns an deòin is dìcheall gus leasachaidhean a thoirt gu buil anns an dòigh anns a bheil sinn ag obair.	I would like to thank my fellow Board members who served on the Committee for their contribution, and particularly Allan Campbell whose term of office concluded in March 2022. I would also like to thank the leadership team and the administration team for their support in facilitating and in their preparation of papers for the Committee meetings and in their willingness and determination to implement improvements in the way we work.
	Bu math leam cuideachd taing a thoirt dhan luchd-sgrùdaidh againn on taobh a-staigh agus on taobh a-muigh a tha air na coinneamhan a fhrithealadh am feadh na h-ùine a th' air aithris gus aithisgean a thaisbeanadh agus comhairle èifeachdach a thoirt seachad.	I also want to thank our internal and external auditors who have attended the meetings throughout the period reported to present reports and provide effective advice.
	Stiùbhart MacLeòid **Cathraiche na Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd** **Cèitean 2022**	**Stewart MacLeod** **Audit and Assurance Committee Chair** **May 2022**

Leas-phàipear A

Buill na Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd Bòrd na Gàidhlig
An Giblean 2021 dhan Mhàrt 2022
Buill:
Ailean Caimbeul (Gu ruige 31 Màrt 2022
Jennifer Gilmour
Stiùbhart MacLeòid (Cathraiche)

Frithealadh:

Ball	Àireamh choinneamhan 2021/22	Frithealadh
Stiùbhart MacLeòid (Cathraiche)	4	4
Ailean Caimbeul		4
Jennifer Gilmour		4

Luchd-frithealaidh Bitheanta:
An Sgioba Stiùiridh
Shona C NicIllinnein – Ceannard
Mairianne Stewart, Ceannard Ionmhais & Cùisean Corporra (Eadar-amail gu ruige an Dàmhair 2021)
Mairianne Stewart, Ceannard Ionmhais & Cùisean Corporra (bhon Lùnasdal 2021)

Deloitte LLP
Conor Healy, Manaidsear (Gu ruige 31 Dùbhlachd 2021)
Karlyn Watt, Àrd-mhanaidsear Sgrùdaidh & Dearbhachd

Wylie & Bissett LLP
Scott McCready, Manaidsear In-sgrùdaidh

Luchd-frithealaidh Corra Uair:
Deloitte LLP
Pat Kenny, Stiùiriche

Annex A

Membership of the Bòrd na Gàidhlig Audit and Assurance Committee
April 2021 to March 2022
Members:
Allan Campbell (Until 31 March 2022)
Jennifer Gilmour
Stewart MacLeod (Chair)

Attendance:

Member	Number of meetings 2021/22	Attendance
Stewart MacLeod (Chair)	4	4
Allan Campbell		4
Jennifer Gilmour		4

Regular Attendees:
Leadership Team
Shona MacLennan, Ceannard
Mairianne Stewart, Head of Finance & Corporate Affairs (Interim until October 2021)
Nicola Pearson, Head of Finance & Corporate Affairs (from August 2021)

Deloitte LLP
Conor Healy, Manager (Until 31 December 2021)
Karlyn Watt, Senior Manager Audit & Assurance

Wylie & Bissett LLP
Scott McCready, Internal Audit Manager

Occasional Attendees:
Deloitte LLP
Pat Kenny, Director

AITHISG BHLIADHNAIL NA COMATAIDH POILEASAIDH IS GHOIREASAN DHAN BHÒRD-STIÙIRIDH	ANNUAL REPORT TO THE BOARD FROM THE POLICY AND RESOURCES COMMITTEE
1. CÙL-FHIOSRACHADH	**1. BACKGROUND**
1.1 Bidh a' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan (CPG) a' dèanamh aithris gach bliadhna dhan Bhòrd-stiùiridh air a h-obair thar na bliadhna, agus air na h-aithisgean a chaidh a thoirt dhan Chomataidh le luchd-rannsachaidh is eile.	1.1 The Policy and Resources Committee (PRC) reports annually to the Board on its activities over the year, and on the reports presented to the Committee by researchers and others.
1.2 Tha an Aithisg Bhliadhnail seo air a toirt seachad às leth na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan agus i a' coimhead air a h-obair eadar an Giblean 2021 agus am Màrt 2022.	1.2 This Annual Report is presented on behalf of the Policy and Resources Committee to cover the period April 2021 to March 2022.
2. TAR-SHEALLADH	**2. OVERVIEW**
2.1 Tha ùine na h-Aithisg Bliadhnail seo a' gabhail a-steach beachdachadh air na cunntasan deireannach airson 2021/22.	2.1 The period of this Annual Report covers consideration of final accounts for 2021/22.
2.2 Tha a' Chomataidh air a bhith a' cumail sùil air obair oifigearan agus luchd-rannsachaidh a chaidh a chur air bhonn leis a' bhuidhinn.	2.2 The Committee has continued to have oversight of the work of officers and external research commissioned by the organisation.
2.3 Choinnich a' Chomataidh ochd tursan rè àm na h-aithisg seo.	2.3 The Committee met eight times during the period covered by this report.
3. OBAIR NA COMATAIDH	**3. WORK OF THE COMMITTEE**
Coinneamhan CPG	**Meetings of the PRC**
3.1 Tha Leas-phàipear A a' liostadh ballrachd na Comataidh thar na h-ùine cho math ri luchd-frithealaidh cunbhalach bhon Sgioba-stiùiridh.	3.1 Annex A lists the membership of the Committee over the period and the regular attendees from the Leadership Team.
3.2 Chùm CPG coinneamhan air 6 Cèitean 2021; 18 Cèitean 2021; 21 Ògmhios 2021; 7 Iuchair 2021; 1 Sultain 2021; 9 Samhain 2021; 26 Faoilleach 2022 agus 8 Gearran 2022. Chaidh na coinneamhan uile a chraoladh beò air Teams Live. Thug Cathraiche na CPG seachad dreachd de na geàrr-chunntasan airson ochd de na coinneamhan aig CPG dhan ath choinneimh Bùird-stiùiridh, is	3.2 The PRC held meetings on 6 May 2021; 18 May 2021; 21 June 2021; 7 July 2021; 1 September 2021; 9 November 2021; 26 January 2022; and 8 February 2021. All of these meetings were broadcast live via Teams Live. The PRC Chair presented a draft of the minutes of eight meetings to the following Board meeting, and draft minutes of one meeting will be presented

thèid dreachd de na geàrr-chunntasan airson aon choinneamh aig CPG dhan ath choinneimh Bùird-stiùiridh air sgàth clàr-ama nan coinneamhan.	to a future board meeting, due to timetabling of meetings.
Prìomh ghnìomhan	**Key Activities**
4. A bharrachd air aithisgean bhon luchd-stiùiridh air adhartas air plana gnìomh 2021-22, aithisgean ionmhais is buaidh COVID-19 air BnG fhèin agus air na buidhnean is pròiseactan air am maoineachadh le BnG, bheachdaich a' Chomataidh air grunn chùisean eile tron bhliadhna.	4. In addition to management reports on progress with the operational plan 2021-22, financial reports and the impact of COVID-19 on BnG itself and the organisations and projects funded by BnG, the Committee also considered a number of other issues throughout the year.
4.1.1 Tha dleastanas air a' Chomataidh gus planaichean Gàidhlig a sgrùdadh agus aontachadh. Thèid na planaichean seo a sgrùdaidh le Pannal nam Planaichean mus tèid iad air adhart dhan Chomataidh. Tron ùine Giblean 2021 gu Màrt 2022, dh'aontaich a' Chomataidh ri Amasan Àrd-ìre aig 13 buidhnean (VisitScotland; Comhairle Dhùn Phrìs is Gall-Ghàidhealaibh; Comhairle Inbhir Chluaidh; Comhairle Shruighlea; Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean; Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean; Comhairle Siorrachd Rinn Friù; Comhairle Siorrachd Obair Dheathain; Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba; Comhairle Baile Ghlaschu; Alba Chruthachail; Comhairle Baile Dhùn Èideann; SpòrsAlba) agus ri 6 Planaichean Gàidhlig (Comhairle Baile Dhùn Dè; Puirt Adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean; Comhairle Lodainn an Iar; Coimisean Fearainn na h-Alba; Comhairle Aonghais; Comhairle Maoineachaidh na h-Alba).	4.1.1 The Committee has responsibility for scrutinising and approving Gaelic language plans. These are considered in detail by the Plans' Panel before being submitted to the Committee. During the period April 2021 – March 2022, the Committee agreed the High Level Aims for 13 organisations (VisitScotland; Dumfries and Galloway Council; Inverclyde Council; Stirling Council; Highlands & Islands Enterprise; University of the Highlands and Islands; Renfrewshire Council; Aberdeenshire Council; National Museums Scotland; Glasgow City Council; Creative Scotland; Edinburgh City Council; SportScotland) and 6 Gaelic Language Plans (Dundee City Council; Highlands & Islands Airports; West Lothian Council; Scottish Land Commission; Angus Council; Scottish Funding Council).
4.1.2 Dh'aontaich CPG ris an dreachd buidseat airson 22/23 agus ris an dreachd Plana Ionmhas Meadhan-ùine agus mhol iad dhan Bhòrd-stiùiridh iad.	4.1.2 The Committee approved the draft budget 22/23 and the draft Medium-Term Financial Plan and recommended them to the Board.
4.1.3 Dh'aontaich CPG grunn iarrtasan taic-airgid. Dh'aontaich a' Chomataidh ris na Prìomhachasan is Bun-riaghailtean aig Sgeamaichean Taic-airgid ùra 2022/23. Dh'aontaich CPG cuideachd gun tèid lèirmheas a dhèanamh air buaidh nan aontaidhean maoineachadh iomadh-bhliadhna leis na buidhnean lìbhrigidh.	4.1.3 The Committee agreed a number of funding applications. The Committee agreed the new Priorities and Rules for 2022/23 Funding Schemes. PRC also agreed that a review of the impact of multi-year funding agreements with delivery partners would be progressed.

4.1.4 Fhuair a' Chomataidh aithisg air buaidh taic BnG air obair òigridh is chuir iad fàilte air an adhartas. Fhuair iad aithisg air Buaidh COVID-19 air pròiseactan maoinichte le BnG cuideachd.	4.1.4 The Committee received a report on the impact of BnG support on youth work and welcomed the progress. They also received a report on the impact of COVID-19 on BnG-funded projects.
4.1.5. Fhuair a' Chomataidh aithisgean cunbhalach air cuspairean co-cheangailte ri ionmhas agus adhartas le Plana Ghnìomh 21/22. Fhuair iad cuideachd aithisgean air feachd-obrach, a' gabhail a-staigh aithisg bheachdan luchd-obrach, trèanadh is leasachadh agus slàinte is sàbhailteachd.	4.1.5 The Committee received regular reports on finance and progression of the Operational Plan for 21/22. They also received reports on staffing including the staff survey, training and development and health and safety.
4.1.6 Fhuair a' Chomataidh aithisgean cunbhalach air cuspairean co-cheangailte ri foghlaim, mar eisimpleir Leasachadh Ìre as Àirde, Bogadh airson Tidsearan, Leasachaidhean Foghlam Luchd-Ionnsachaidh, agus àireamhan foghlaim.	4.1.6 The Committee received regular reports on education topics, such as Senior Phase Development, Immersion for Teachers, Gaelic Learners Education developments and education data.
4.1.7 Dh'aontaich a' Chomataidh ri moladh gun tèid ath-sgrùdadh a dhèanamh air mar a tha an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig air a chleachdadh le molaidhean airson leasachadh.	4.1.7 The Committee agreed a review of how the Statutory Guidance for Gaelic Education is being used and proposals for development.
4.1.8 Bheachdaich a' Chomataidh air dreachd Stiùireadh Reachdail airson Planaichean Gàidhlig agus rinn iad molaidhean airson a thoirt air adhart.	4.1.8 The Committee considered the draft Statutory Guidance for Gaelic Language Plans and made recommendations to progress it.
4.1.9 Dh'aontaich a' Chomataidh ris na poileasaidhean a leanas: ionnsachadh is leasachadh; slàinte is sàbhailteachd; deagh shunnd agus dèiligeadh ri trom-uallach san àite-obrach; fòrladh; màthaireachd, athaireachd agus uchd-mhacachd; ag obair gu sùbailte; ùine dheth; mhì-chleachdadh stuthan.	4.1.9. The Committee agreed the following policies: learning and development; health and safety; stress management and wellbeing in the workplace; leave; maternity, paternity and adoption; flexible working; managing absence; and substance abuse.
4.1.10 Chaidh taisbeanaidhean a thoirt dhan Chomataidh bho Chomann na Gàidhlig, Stòrlann Nàiseanta agus Comhairle nan Leabhraichean mun obair aca.	4.1.10 The Committee received presentations from Comann na Gàidhlig, Stòrlann Nàiseanta and the Gaelic Books Council on their work.
4.1.11 Rinn buill na Comataidh fèin-mheasadh air èifeachdas na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan. Chaidh na freagairtean a	4.1.11 Committee members carried out a self-assessment of the effectiveness of the Policy and Resources Committee. The responses were collated and as well as identifying a number of key strengths of the Committee it also reported a number of areas for improvement. The

chruinneachadh agus a bharrachd air a bhith a' comharrachadh grunn phrìomh neartan aig a' Chomataidh thug iad cunntas cuideachd air grunn raointean airson leasachadh. Chaidh na gnìomhan a chur ri plana leasachadh leantainneach. **Co-dhùnaidhean** 5. Tha a' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan den bheachd gu bheil i air a bhith soirbheachail ann a bhith a' toirt air adhart prìomhachasan corporra a' Bhùird-stiùiridh rè ùine na h-aithisg bliadhnail seo. 6. Feuchaidh a' Chomataidh ri sùil a chumail air dòigh-obrach agus dòigh-làimhseachaidh na buidhne a thaobh prìomhachasan corporra, eadar poileasaidhean, ro-innleachdan agus goireasan a chur gu feum anns an dòigh as èifeachdaiche. 7. Bu toil leam taing a thoirt do Bhuill eile a' Bhùird-stiùiridh a bha air a' CPG. Bu mhath leam taing a thoirt dhan Sgioba-stiùiridh agus dhan Sgioba Rianachd cuideachd airson an cuid taice ann a bhith a' cur coinneamhan comataidh air dòigh agus ag ullachadh phàipearan agus airson an deòin, agus an dìcheall a bhith daonnan a' feuchainn ri piseach a thoirt air an dòigh sa bheil sinn ag obair. Màiri T NicAonghais Cathraiche (eadar-amail)	recommendations were added to the continuous improvement plan. **Conclusions** 5. The Policy and Resources Committee considers that it has been successful in progressing the Board's corporate priorities during the period covered by this annual report. 6. The Committee will seek to continue to have oversight of the organisation's corporate priorities, through strategies, policies and the most effective use of resources. 7. I would like to thank my fellow Board members who served on the PRC. I would also like to thank the Leadership Team and the Administration Team for their support in facilitating and in their preparation of papers for the Committee meetings and in their willingness, and determination, to continually strive for improving the way we work.

Eàrr-ràdh A

Ballrachd Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan aig Bòrd na Gàidhlig Giblean 2021 gu Màrt 2022

Buill:
Dòmhnall MacLeòid (Cathraiche)
Màiri T NicAonghais (Giblean-Cèitean 2021 & bho Fhaoilleach 2022)
Johan Nic a' Ghobhainn (gu Dùbhlachd 2021)
Dòmhnall MacAoidh (bho Ògmhios 2021)

Làthaireachd:

Ball	Àireamh de choinneamhan 2020-21	Làthaireachd
Dòmhnall MacLeòid (Cathraiche)	8	8
Dòmhnall MacAoidh	5	6
Màiri NicAonghais	4	4
Johan Nic a' Ghobhainn	6	6

An Làthair gu cunbhalach:
Sgioba-stiùiridh
Shona NicIllinnein
Daibhidh Boag (gu Lùnastal 2021)
Jim Whannel
Nicola Pearson (bho Sultain 2021)

An Làthair gu neo-chunbhalach:
Oifigearan
Steven Kellow
Peadar Morgan
Louise NicIlleathain
Kyle Orr
Anna Walker
Mairianne Stewart (gu Dàmhair 2021)

Taobh a-muigh
Liz Taylor, Oifigear Dìon Dàta
Stuart Pescodd, RnA

Annex A

Membership of the Bòrd na Gàidhlig Policy and Resources Committee April 2021 to March 2022

Members:
Donald MacLeod (Chair)
Mary MacInnes (Apr-May 2021; from January 2022)
Johan Smith (to December 2021)
Donald MacKay (from June 2021)

Attendance:

Member	Number of meetings 2020-21	Attendance
Donald MacLeod (Chair)	8	8
Donald MacKay	5	6
Mary MacInnes		6
Johan Smith		6

Regular Attendees:
Leadership Team
Shona MacLennan
Daibhidh Boag (to August 2021)
Jim Whannel
Nicola Pearson (from Sept 2021)

Occasional Attendees:
Officers
Steven Kellow
Peadar Morgan
Louise Maclean
Kyle Orr
Anna Walker
Mairianne Stewart (to October 2021)

External Attendees:
Liz Taylor, Data Protection Officer
Stuart Pescodd, SG

Seisean Fosgailte : Open Session
Cuspair 8.1

A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	23/06/2022
Àite:	Air-loidhne
Nì a' chlàr-ghnothaich	8.1

Tiotal a' Phàipeir	Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28	
Moladh do Bhuill	Airson fiosrachadh*	
Neach-labhairt:	Shona NicIllinnein, Ceannard	
Cùrsa Riaghlaidh airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	08/06/2022	Airson fiosrachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris		

1	**Adhbhar**
1.1	Airson fiosrachadh às ùr a thoirt do na Buill air adhartas le Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28.
2.	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, tha dleastanas air Bòrd na Gàidhlig Plana Nàiseanta na Gàidhlig (PNG) fhoillseachadh co-dhiù gach 5-bliadhna. Chaidh am fear a th' ann an-dràsta fhoillseachadh anns a' Mhàrt 2018 agus feumar an ath fhear fhoillseachadh tràth sa bhliadhna 2023.
2.2	Feumaidh Bòrd na Gàidhlig am PNG a sgrìobhadh agus an uair sin a chur gu Ministearan na h-Alba airson aonta.
2.3	Chaidh a' chiad dreachd air beulaibh a' Bhùird-stiùiridh air 15 Dùbhlachd 2021 agus chaidh aontachadh airson a dhol a-mach gu co-chomhairleachadh poblach.
3.	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Thòisich a' cho-chomhairleachadh air 27 An Giblean 2022 is bidh i a' ruith gu 26 An t-Iuchair 2022. Tha sreath de choinneamhan a' ruith an-dràsta (3 dhiubh air-loidhne is an còrr ann an àiteachan air feadh na h-Alba). A bharrachd air sin, bidh oifigearan Bhòrd na Gàidhlig a' libhrigeadh seisean air an dreachd phlana aig coinneamhan eadar-dhealaichte.
3.2	Gu ruige seo, tha 23 freagairtean air a thighinn a-steach gu AstarMedia, a' chompanaidh a tha a' ruith a' cho-chomhairleachaidh agus tha 273 air tòiseachadh.
3.3	'S e seo na coinneamhan a tha air a bhith/ a bhios ann:

11.05.2022	Air-loidhne
18.05.2022	Steòrnabhaigh
18.05.2022	Tairbeart, Na Hearadh
19.05.2022	Barabhas, Leòdhas
25.05.2022	Dùn Èideann
26.05.2022	An Lòchran, Glaschu
26.05.2022	Sgoil Gàidhlig Ghlaschu, Glaschu
31.05.2022	Slèite. An t-Eilean Sgitheanach

	31.05.2022	Port Rìgh, An t-Eilean Sgitheanach
	01.06.2022	Uibhist a Tuath
	02.06.2022	Uibhist a Deas
	11.06.2022	*Coinneamh Bhliadhnail, Comann nam Pàrant Nàiseanta*
	13.06.2022	*Lìonra Oifigearan Gàidhlig*
	13.06.2022	*Co-labhairt do Thidsearan Ùra*
	14.06.2022	Inbhir Nis
	15.06.2022	Obar Dheathain
	16.06.2022	Air-loidhne
	21.06.2022	*Buidheann Thar-phàrtaidh na Gàidhlig*
	28.06.2022	An Gearasdan
	29.06.2022	An t-Òban
	13.07.2022	Air-loidhne

4.	**Moladh**
4.1	Gum bi Buill a' Bhùird-stiùiridh a' toirt fa-near dhan fhiosrachadh anns a' phàipear seo.
5.	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Tha na cosgaisean airson na h-obrach seo uile taobh a-staigh buidseat na bliadhna.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	'S e fear de na dleastanasan as cudromaiche a th' air Bòrd na Gàidhlig a bhith a' sgrìobhadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus tha oifigearan air a bhith ag obair air seo is bidh airson nam mìosan a tha romhainn.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Chan eil aig an ìre seo ach tha e cudromach gum bi trèanadh ann dhan sgioba far a bheil sin a dhìth tron phròiseas seo.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachdail agus Corporra**
	Leis gu bheil an dleastanas seo air Bòrd na Gàidhlig fo sgèith Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, 's e pròiseact deatamach a th' ann gus an Achd seo a chur an gnìomh. Ann am Plana Corporra 2018-23 tha sinn a' cantainn gur e fear de na prìomh dhleastanasan air Bòrd na Gàidhlig a bhith "Ag ullachadh a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig agus a' co-òrdanachadh coileanadh a' Phlana sin." Bidh aig Bòrd na Gàidhlig ri Plana Corporra 2023-28 ullachadh, le ceanglaichean làidir ri PNG 2023-28 airson sealltainn mar a bhios sinn a' cur a' Phlana Nàiseanta ùir an gnìomh.
5.5	**Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR	**AR LUACHAN**
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☒	Clann	☒

Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☒
Àrainneachd	☒	Bochdainn	☒
Slàinte	☒	Eadar-nàiseanta	☒
Foghlam	☒	Eaconamaidh	☒
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☒		

5.6	**Buaidhean air Cliù**
	Mar fhear de na prìomh dhleastanasan air Bòrd na Gàidhlig fo sgèith Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 tha e cudromach airson cliù na buidhne gun ullaich sinn PNG 2023-28 a tha a' gabhail a-steach nam prìomhachasan aig luchd-labhairt na Gàidhlig agus a bhios a' toirt stiùir soilleir do leasachadh a' chànain thairis air na bliadhnaichean ri thighinn. Tha e cudromach cuideachd gum bi sinn a' coileanadh an dleastanais seo a rèir a' chlàir-ama a tha stèidhichte anns an Achd.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Chan eil gin ann.
5.8	**Buaidhean Laghail**
	Tha dleastanas reachdail air Bòrd na Gàidhlig fo sgèith Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 gus Plana Nàiseanta na Gàidhlig ullachadh.
5.9	**Buaidhean air Co-ionannachd**
	Bidh againn ri measadh a' dèanamh air a' bhuaidh air co-ionannachd aig ìre 4 – Dreachd 2.
5.10	**Buaidhean air an Àrainneachd**
	Cha bhi buaidh air an àrainneachd.